



L. 56. h.

# LIST OF GAELIC BOOKS

*And Works on the Highlands*

PUBLISHED AND SOLD BY

**MACLACHLAN & STEWART,**

BOOKSELLERS TO THE UNIVERSITY,

64 SOUTH BRIDGE, EDINBURGH.

A liberal discount allowed on orders for exportation  
or for private circulation.

	<i>s.</i>	<i>d.</i>
M'Alpine's Gaelic and English Pronouncing Dic- tionary, with Grammar, 12mo, <i>cloth</i> ,	9	0
... Ditto ditto <i>half bound calf</i> ,	10	6
... Gaelic and English, separately, <i>cloth</i> ,	5	0
... English and Gaelic, separately, <i>cloth</i> ,	5	0
M'Leod and Dewar's Gaelic Dictionary, 8vo, <i>cloth</i> ,	10	6
—		
Alleine's Alarm to the Unconverted, ... ..	1	6
... Saint's Pocket-Book, <i>cloth</i> , 1s. <i>sewed</i> ,	0	6
Almanac for 1873, in Gaelic, ... ..	0	3
Assurance of Salvation, 18mo, <i>sewed</i> ,	0	6
Baxter's Call to the Unconverted, 18mo, <i>cloth</i> ,	1	6
... Saint's Rest, translated by Rev. J. Forbes,	2	6
Beith's Catechism on Baptism, 18mo, <i>sewed</i> ...	0	1
Bible in Gaelic, 8vo, <i>strongly bound in calf</i> ,	7	6
Do. Quarto edition of 1826, <i>morocco</i> ,	25	0
Boston's Fourfold State, 12mo, <i>cloth</i> , ... ..	4	0
Bonar's (Rev. Dr H.) Christ is All, 18mo, <i>sewed</i> ,	0	3
Buchanan (Dugald) of Rannoch's Life and Con- version, with his Hymns, 18mo, <i>cloth</i> , ...	2	0
... The Hymns, separately, 18mo, <i>sewed</i> , ...	0	3
Bunyan's Come and Welcome, 18mo, <i>cloth</i> ,	2	0
... World to Come, or Visions from Hell, <i>cloth</i> ,	1	6
... Grace Abounding, 18mo, <i>cloth</i> , ... ..	2	0
... Pilgrim's Progress, ( <i>three parts</i> ) <i>cloth</i> ,	2	6
... Do. do. ( <i>two parts</i> ) 12mo, 1840.	2	0

64 South Bridge, Edinburgh.

*Gaelic Books Sold by Maclachlan and Stewart,*

	<i>s.</i>	<i>d.</i>
Bunyan's Water of Life, 18mo, <i>cloth</i> , ... ..	1	0
... Sighs from Hell, 18mo, <i>cloth</i> , ... ..	2	0
... Heavenly Footman, 18mo, <i>cloth</i> , ... ..	1	0
... Holy War, 18mo, ( <i>in the Press</i> ), ... ..	2	6
Burder's Village Sermons, 18mo, <i>cloth</i> , ... ..	1	6
Campbell (Donald) on the Language, Poetry, and Music of the Highland Clans, <i>with Music</i> ,	7	6
Catechism, Shorter, 1d. Gaelic and English,	0	2
... Mother's, 1d. Gaelic and English,	0	2
... Shorter, with Proofs, ... ..	0	1½
... Brown's Shorter, for Young Children,	0	1
Confession of Faith, fcap. 8vo, <i>cloth</i> , ... ..	2	6
Dàn an Deirg agus Tìomna Ghuill, (Dargo and Gaul) with a new Translation, Notes, and Introduc- tion, by C. S. Jerram, ... ..	2	6
Dewar's (Rev. Dr.) The Gaelic Preacher, 8vo, ...	0	4
Doctrine and Manner of the Church of Rome, ...	0	3
Doddridge's Rise and Progress, 12mo, <i>cloth</i> , ...	3	0
Dyer's Christ's Famous Titles, 18mo, <i>cloth</i> , ...	2	6
Earle's Sacramental Exercises, 18mo, <i>cloth</i> , ...	1	6
Edwards' (Rev. Jonathan) Sermon, <i>sewed</i> , ...	0	2
Elegy on Dr Macdonald of Ferrintosh, 12mo, ...	0	6
English Poems, with Gaelic Translations, arranged on opposite pages, 12mo, <i>cloth</i> , ... ..	3	6
Finlayson (Rev. R.) Brief Sketch of the Life of, by Rev. J. Macpherson, 18mo, <i>cloth</i> , ...	1	0
Flavel's Token for Mourners, 18mo, <i>cloth</i> , ...	1	0
Forbes' (Rev. J.) Baptism and the Lord's Supper,	0	4
... An Lochran: Dialogues regarding the Church,	0	6
... Long Gheal: The White Ship; a Spiritual Poem,	0	4
Gael (The), a Monthly Gaelic Magazine, 6s. a-year, or each No.	0	6
Gaelic First Book, 18mo, 2d.; Second do. ...	0	4
Gaelic Spelling-Book, 18mo, <i>cloth</i> ... ..	0	6
Gaelic Tracts, 50 different kinds, <i>sorted</i> , for ...	2	6
Grant's (Rev. Peter) Hymns, 18mo, <i>cloth</i> , ... ..	1	6
Guthrie's Christian's Great Interest, 18mo, <i>cloth</i> ,	2	0
Hall's (Newman) Come to Jesus, ... ..	0	6

National Library of Scotland



\*B000501430\*

Digitized by the Internet Archive  
in 2013

x

# GRACE ABOUNDING

TO THE

CHIEF OF SINNERS.

BY

JOHN BUNYAN.

---

“ This is a faithful saying, and worthy of all acceptance, that Jesus Christ came into the world to save sinners, of whom I am the chief.”—1 TIM. i. 15.

---

EDINBURGH :  
MACLACHLAN AND STEWART.

---

MDCCLXXIII.

+

# GRÀS AM PAILTEAS

DO

CHEANN-FEADHNA NAM PEACACH.

LE

LAIN BUINIAN.

---

“ is fìor an ràdh so, agus is airidh e air gach aon chòr air gabh-  
ail ris, gu'n tàinig Iosa Crìosd do'n t-saoghal a thearnadh  
bheacach; d'am mise an ceud-fhear ”—1 TIM. i. 15.

---



DUNÉIDEANN :  
MAC-LACHUINN AGUS STIÙBHARD.

---

MDCCCLXXIII.

*N. B.*—This Volume has been translated from “Bunyan’s Unabridged Works,” being the most correct edition that could be obtained; all the late publications of this little book abound so much in omissions, misprints, and wrong marked scripture references, that the Author’s meaning, in many instances, is often done away with. The continuation of the Author’s life, beginning at page 209, is taken from a modern revised copy.

J. M. K.

*Edinburgh, 14th June 1817.*



## ROIMH-RADH.

---

A CHLANN, Gràs gu'n robh maille ribh. Amen. Air dhomsa bhi air mo thoirt air falbh uaibh, agus air mo cheangal suas ionnas nach urrainn mi'n dleasanas sin a choilionadh, a tha dh'fhiach-an orm o Dhia d'ur taobh, a chum 'ur teagasg, 'ur togail suas, agus 'ur toirt air 'ur 'n-aghaidh ann an creideamh agus an naomhachd, &c., gidheadh a chum's gu'm faicsibh gu'm beil cùram agus iarrtas athaireil aig m' anam an deigh 'ur leas spioradail agus sìorruidh, tha mi aon uair eile, mar a rinn mi roimhe, o mhullach Sheimir agus Hermoin, agus a nis' o gharaidh nan Leòghan, agus o bheanntaibh nan Leopard, (Dàn. iv. 8), ag amharc fathast as 'ur deigh gu léir, le mòr dhéidh air 'ur faicinn tearruint' aig a' chala mhiannaichte

Tha mi toirt buidheachais do Dhia gach uair a chuimhnicheas mi oirbh ; agus tha mi dean-amh gàirdeachais, eadhon am feadh a tha mi air mo theannachadh eadar fhiaclan nan leòghan anns an fhàsach, gu'm beil gràs agus tròcair, agus eòlas Chrìosd ar Slànaighear, a bhuilich Dia oirbh le lànachd creideimh agus gaoil ; bhur cìorcas agus bhur tart an deigh tuilleadh eòlais air an Athair, anns a' Mhac ; bhur gràdh cridhe, bhur criothnachadh roi' pheacadh, mar an ceudna bhur giùlan measarra agus naomha fa chomhair araon Dhé agus dhaoine, tha iad sin 'nam mòr ath-bheothachadh dhomsa ; oir is sibhse mo ghlòir agus m'aoibhneas. 1 Tes. ii. 20.

Chuir mi d'ur 'n-ionnsaidh anns an leabhar so, boinne do'n mhil sin a thug mi á closach an leòghain, (Breith. xiv. 5—8), dh'ith mi féin d'i, agus tha mi gu mòr air mo neartachadh leatha. (Tha buaraidhean, 'nuair a thachras sinn riù air tùs, coltach ris an leòghan a bha beuchdaich ri Samson ; ach ma bheir sinn buaidh orra, gheibh sin ann ath uair a chì sinn iad, cuachan meala an

taobh steach dhiù). Cha tuig na Phillistich mi. Tha e cuir an céill ni-eigin mu thimchioll obair Dhé'nam anam, eadhon o'n dearbh thoiseachadh gus a nis', anns am faod sibh mo leagadh sìos, agus mo thogail suas fhaicinn; oir lotaidh e, agus leighisidh a làmhan. Tha e sgrìobht' anns na Sgrìobturaibh, "Foillsichibh na h-aithrichean do'n cloinn fìrinn Dé." (Isa. xxxviii. 19.) Seadh, 's ann air son so a dh'fhuirich mi cho fad' aig Sinai, (Lev. iv. 10, 11,) a dh'fhaicinn an teine, agus an neul, agus an dorchadais, a chum gu'm biodh eagal Dé orm uile laithean mo bheatha air thalamh, agus gu'n innsinn mu 'oibribh cumhachdach do m' chloinn. (Sàlm. lxxviii. 3—5.)

Sgrìobh Maois mu thurasan chloinn Israeil, o'n Eiphit gu tìr Chanaain; (Air. xxxiii. 3—5), agus dh'àithn e mar an ceudna gu'n cùimhnicheadh iad an turas ré dha fhichead bhliadhna anns an fhàsach. "Agus cuimhnichidh tu 'n t-slighe sin uile air an do threòraich an Tighearna do Dhia thu ré an dà fhichead bhliadhna so anns an fhàsach, gu t'irioslachadh, gu d' dhearbhadh, a chum gu'm biodh

fios ciod a bh' ann ad chridhe, an gleidheadh tu àintean no nach gleidheadh." (Deut. viii. 2, 3.) Uime sin, thug mi ionnsaidh air so a dheanamh ; agus cha n-e sin a mhain, ach air a chuir an céill mar an ceudna : a chum mas e sin toil Dé, gu'm bi muinntir eil' air an toirt gu cuimhneachadh air na nithibh sin a rinn e air son an anamannan le bhi leughadh obair-san orm-sa.

Tha e na ni tarbhach do Chrìosdaidhean a bhi gairm gu'n cuimhne ceud tòiseachadh gràis 'nan anmannan. " Is oidhche so gu bhi air a coimhid gu sònraichte do'n Tighearna, air son an toirt a mach a tìr na h-Eiphit. So an oidhche sin gu bhi air a coimhid do'n Tighearna le cloinn Israeil uile, 'nan ginealachaibh." (Escod. xii. 42.) " O mo Dhia," arsa Daibhidh, " leagadh m' anam sìos an taobh a stigh dhiòm ; ach cuimhnichidh mi ortsa o thìr Iordain, agus o Hermon, o shliabh Mhairsair." (Sàlm. xliii. 6.) Chuimhnich e mar an ceudna an leòghan agus am math-ghabhainn, 'nuair a chaidh e chogadh ri famhar Ghait. 1 Sam. xvii. 36. 37.

B'e gnàthachadh Phòil, eadhon, 'nuair a bha e air fheuchainn air son a bheatha, (Gnomh. xxii. xxiv.) a bhi cur an céill fa chomhair a bhreith-eamhnan cionnas a dh'iompaicheadh e: Smaointicheadh e air an latbais, agus air an uair sin, anns an d'fhuair e gràs air tùs; oir mhothaich se e deanamh còmhnaidh leis. 'Nuair a thug Dia clann Israeil tro 'n Mhuir Ruaidh, astar mhòr do'n fhàsach, gidheadh b'éigin daibh pilltinn air an ais an sin a rithist, chum gu'n cuimhnicheadh iad mar chaidh an nàimhdean a bhàthadh san àite sin, (Air. xiv. 25) oir ged shéinn iad a chliù roimhe, gidheadh dhi-chuimhnich iad air ball a ghniomharran. Sàlm. cxvi. 11, 12.

Faodaidh sibh mòran fhaicinn anns an leabhar so; mòran tha mi 'g ràdh, do ghràs Dé d'am thaobh-sa: tha mi toirt buidheachais do Dhia, 's urrainn mi mheas gu mòr, or bha e os ceann mo pheacannan agus buairidhean Shàtain. 'S urrainn mi m' eagalan agus mo theagamhan, agus mo mhìosan dubhach, a chuimhneachadh le aoibhneas; tha iad mar cheann

Gholiath 'nam làimh ; cha robh ni sam bith do Dhaibhidh coltach ri claidheamh Gholiath, eadhon an claidheamh sin a theab a bhi air a shàthadh tro innidh mar ann an truaille ; oir chuir eadhon cuimhneachadh air agus sealladh dhe an céill teasraiginn Dé da thaobh-san. O ! tha bhi cuimhneachadh air mo pheacannan mòra, air mo bhuaireidhean mòra, agus air m' eagal mòr gu'm bithinn air mo sgrios gu sìorruidh ! Tha iad sin a' toirt gu'm chuimhne as ùr, an cuideacheachadh mòr o nèamh, agus an gràs mòr a bhuilich Dia air creutair truagh mar mise.

A chlann mo ghràidh, cuimhnaichibh air na laithibh o shean, agus air bliadhnaibh na h-aimsir' céine : cuimhnichibh mar an ceudna bhur ceòl san oidhche, agus deanaibh cainnt ri bhur cridhe féin ; (Sàlm lxxiii. 5—12.) Seadh, amhaircibh gu dìchiollach, agus na fàgaibh c'ail dheth gun rannsachadh air son an ionmhas fhalaichte sin, eadhon ionmhas bhur ceud agus bhur dara féin fhiosrachaidh air gràs Dé d'ur

taobh. Cuimhnichibh, deiream, am facal a rinn air tùs gréim oirbh : cuimhnichibh 'ur 'n uabhasan coguis, agus bhur 'n-eagalan roi' an bhàs agus roi' ifrinn : mar an ceudna cuimhnichibh bhur deòir agus bhur 'n-ùrnaighean ri Dia ; seadh, mar bha sibh ag osnaich air son trècair. Am beil sliabh Mhitsair idir agaibh ri chuimhneachadh ? An do dhì-chuimhnich sibh na h-ionadan uaighneach anns an d' fhiosraich Dia bhur 'n-anmannan ? Cuimhnichibh mar an ceudna am facal, am facal, deiream, anns an tug an Tighearn oirbh air dòchus a chur ; ma pbeacaich sibh an aghaibh soluis, ma tha sibh air bhur buaireadh gu toibheum, ma tha sibh air bhur bàthadh ann an an-earbsa, ma tha sibh a' saoil sinn gu'm beil Dia a' cogadh 'n 'ur 'n-aghaidh, no ma tha na flaitheas air am falach o bhur sùilibh ; cuimhnichibh gu'n robh a' chùis mar sin maille ri bhur n-athair ; ach asda so gu léir shaor an Tighearna mise.

B'urrainn mi meudachadh gu mòr anns an leabhair so, air mo bhuaireadhean agus air m'

àmhgharaibh air son peacaidh; 's mar an ceudna air caoimhneas tràcaireach agus oibreachadh Dhé air m' anam. B' urrainn mi mar an ceudna a sgrìobhadh ann an cainnt ni bu deasbhriathraiche na rinn mi, ach cha bu dàna leam. Cha b'ann gu faoin a bhuin Dia riumsa 'nuair a dhearbhadh leis mi; ni mo mheas mise 'na ni faoin, 'nuair a chaidh mi fodha mar do'n t sloc gun iochdar, 'nuair a rinn pianntan ifrinn gréim orm; uime sin cha-n fhaod mi aithris gu faoin, ach gu so-thuigseach, aon-fhillte, agus an ni a chuir sìos mar a bha e; an neach ris an taitinn e gabhadh e ris, agus an neach ris nach taitinn, deanadh e féin ni's fearr. Soraidh leibh mo chlann ghràdbach, tha'm bainne agus a' mhill an taobh thall do'n fhàsach so. Gu'n robh Dia tràcaireach dhùibh, agus gu'n deònaich e nach bi sibh leisg gu dol a steach a shealbhachadh na tìre.

IAIN BUINIAN.



## GRÀS AM PAILTEAS

DO

### CHEANN-FEADHNA NAM PEACACH.

---

ANN a bhi 'g aithris an so oibreachadh tràd-caireach Dhé air m' anam, cha bhi e mi-iomchuidh anns a' cheud àite, ge d' bheir mi dhuibh fios air mo shinnsireachd, agus am modh air an deach mo thogail suas, chum le sin a' dheanamh gu'm bi mathas agus toirbheartas Dé do 'm thaobh air a mheudachadh an làthair chlann nan daoine.

2. Air son mo shinnsir ma ta, bha iad, mar is fiosrach iomadh neach, do ghinealach bochd agus suarach ; bha taigh m' athar de'n inbhe sin bu dìblidh, agus bu tàireile do theaghlaichean na tìre. Uime sin, cha-n urrainn mi 'san t-saoghal so mar mhuinntir eile, uaill a dheanamh á fuil uasal, no àrd-ghinmhuinn a réir na feòla, ged tha mi, le toirt gach ni fainear, a' cliùthachadh Rìgh néamh air son gun tug e mi dh'ionnsaidh an t-saoghail tràd an dorais so,

chum compàirteachadh do 'n ghràs agus do'n bheatha ta ann an Crìosd tre'n t-soisgeil.

3. Ach a dh'aindeoin dìbleachd agus suar-  
aichead mo phàrantan, thoilich an Tighearn a  
chur 'nan cridhe, mise chur do 'n sgoil, chum  
leughadh agus sgrìobhadh ionnsachadh dhomh,  
mar chlann dhaoine bochd eile, ged is nàr leam  
aideachadh, nach b' fhada bhami a' dì-chuimh  
neachadh a bheagain a dh'ionnsaidh mi, eadhon  
ach beag an t-iomlan, agus sin ùine fhada mu'n  
d'oibrich an Tighearna obair ghràs-mhor an  
iompachaidh air m' anam.

4. Air son mo bheatha nàdurrach féin rè  
na h-ùine bha mi gun Dia anns an t-saoghal,  
bha i gu dearbha, "a réir gnàtha 'n t-saoghail so  
agus an spioraid a tha nis' ag oibreachadh ann an  
cloinn na h-easumhlachd." (Eph. ii. 2.) Bu  
mhian leam a bhi air mo thabhairt an  
ciomachas leis an diabhol "chum a thoile,"  
(2 Tim. ii. 26.) air dhomh a bhi làn de na  
h-uile neo-fhèrantachd, ni a dh'oibrich mar  
an ceudna cho làidir, agus a chuir e féin a mach  
araon ann am chridhe 's 'nam ghiùlan agus  
sin o mo leanabachd air she l's nach robh  
samhail domh ach aineamh r'a fhaotainn, araon  
le mallachadh agus mionnan, breugan, agus a'  
toirt toibheum do dh' ainm naomha Dhé.

5. Seadh, bha na nithe ud air socrachadh  
agus air freumhachadh annam air dòigh is gu'n  
d' fhàs iad annam gu nàdurrach ni a thug mi  
fainear o'n uair sin, a chuir a leithid de

mhiòthlachd air an Tighearna, is eadhon aig àm mo leanabachd gun chuir e eagal orm le brudaran eagalach, agus uabhas le seallaidhean oillteil. Oir 's minig, an déigh dhomh an latha so is an latha ud eile a chaitheadh ann am peacadh, a bhithinn fo mhòr thrioblaid 'nam leabaidh an uair a chaidlinn, le smaointean air deamhnaibh agus droch spioraid, a bha 'n geall air mo tharruinn air falbh maille riù, agus nach b'urrainn mi gu bràth faighinn saor uapa.

6. Bha mi mar an ceudna anns na bliadhnaibh so, fo mhòr thrioblaid le smuaintean air mòr phiantan tein' ifrinn, le eagal gu'm b'e mo chrannchur deireannach féin a bhi maille ris na diabhoil agus ris na h-aibhistearan ifrinneach so, a ta anns an àite sin air an ceangal sios ann an slàbhraidhean 's am banntaibh dorchadais, a chum breitheanais an latha mhòir.

7. Bha na nithe so tha mi 'g ràdh, 'nuair a bha mi am leanabh, eadar naoi a's deich bliadhna, a' cur a leithid de thrioblaid air m'anam, a rinn gu tric mo thilgeadh sios le mor throm-inntinn an uair a b'airde agus bu shòlasaiche mo bhaoth-shùgradh agus m'amaideachd leanabaidh, ann am meadhon mo chòmpanach mi-naomha. Gidheadh cha b'urrainn mi mo pheacannan a chuir air chùl. Seadh, bu cho mòr a thug an-dòchas gu'n caillinn beath' agus nèamh buaidh orm, 's gu'm b' fhearr leam nach robh ifrinn idir ann; air uairean eile bha mi guidhe gu'm bu diabol mi.

féin, a' smaointeachadh nach robh annta sin ach luchd-pianaidh chum claidh na h-aiteam a rachadh a dhìth; agus a thuiteadh sìos do'n t-sloc; agus b' fhearr leamsa bhi am fhear-pianaidh chàich, na mi-féin a bhi air mo phianadh.

8. Tacan an deighe so dh' fhàg na h-aislingean so mi gu tūr, agus cha b' fhada bha cuimhne agam orra; oir rinn mo bhaoth shòlasan ìntinn an grad ghearradh air falbh o m' chuimhne mar nach biodh iad riamb ann: uime sin leig mi srian fhuasgailt le m' anamiannaibh do réir neart nàduir, agus ghabh mi tlachd ann an lagh Dhé a bhristeadh gu h-ìomlan: agus gus an robh mi ann an inbhe pòsaidh, bha mi am fhear-treòrachaidh luchd-dò-bheirt eile chum gach seòrsa dubhaile a's ain-diadhachd.

9. Seadh, bu cho mòr a bhuaidhaich anamiannan a' pheacaidh air m' anam bochd, is mar be gu'n chuir miorbhuil gràs luachmhoir stad air, cha b' ann le buile ceartais sìorruidh a rachainn a dhìth, ach le mi-féin fhàgail rùiste fo bhuile an lagha, a tha toirt cuid a chum masladh agus nàire 'm fianais an t-saoghail.

10. Anns na lathaibh ud bha smaointean air diadhachd glé shearbh leam, cha b'urrainn mi-féin da' m fulang, 's ni mò bu mhath leam gu'm fuiligeadh muinntir eil iad, air dòigh is 'nuair a chithinn cuid de mhuinntir a' leughadh leabhraicean diadhaidh, mhothaichnn mar gu'm

bithinn ann am prìosan. An sin thuirt mi ri Dia—“ Imich *uam* oir cha-n àill leam eòlas do shlighean.” (Iob xxi. 14, 15.) Bha mi falamh do gach uile dheagh smuain, chaidh nèamh agus ifrinn araon às mo shealladh, agus be sàbhaladh agus damnadh, an dà ni bu lugha bh’ air m’ airre. “ O ! Tighearn’ is aithne dhut mo bheatha agus cha’n eil mo shlighean air am falach uat.”

11. Ach tha cuimhne mhath agam air an so, ged do pheacaichinn féin leis an toil-inntinn bu mhò, aig a’ cheart àm na’m faicinn muinntir eile bha ’g aidmheil diadhachd a’ cur droch-bheairt an gnìomh, bheireadh e crith air mo spiorad ; air dhomh a bhi ann an teas mo bhaoth-shùgraidh, chuala mi duine bha air a mheas diadhaidh a’ mionnachadh, ràinig a’ chùis sin m’ inntinn le buile cho mòr is gu’n ghòn e mo chridhe.

12. Ach cha dh’ fhàg Dia mi gu buileach, ach lean e mi do ghnà, cha-n ann le dearbh-aidhean, ach le breitheanasan, air a measgeadh le trècair, oir thuit mi aon uair ann an geobha creige sa’ mhuir, agus theabadh mo bhàthadh. Air àm eile thuit mi mach á eithir ann an abhuinn Bhedford, ach, rinn trècair fathast mo chaomhnadh : osbarr bha mi air àm eile muigh sa’ mhachair, maille ri mo chòmpanaich, agus thàinig nathair-nimhe seachad air an rathad mhòr, thàrladh gu’n robh bāt agam am làimh agus bhuaill mi tarsuinn ’san druim i; agus

chaidh taimhneul oirre, an sin dh' fhosgail mi beul le mo bhata, agus spion mi an gäth äs le mo mhedirean, ni mar be tröcair Dhé do'm thaobh, a dh' fhaodadh crìoch a chuir air mo bheatha.

13. Thug mi so mar an ceudna fainear le taingealachd; 'nuair a bha mi am shaighdear, bha mi maille ri buidhean eile air m' òrduchadh a mach chum dol gu àit àraidh air son séisd a chuir ris, agus an uair a bha mi ullamh gu triall, dh'iarr a h-aon de mo chòmpanaich falbh 'nam àite, ni a cheadaich mi dha a' dheanamh, agus 'nuair a ràinig e 'n t-àite, air dha bhi 'na sheasamh air freiceadan, chaidh a' thilgeadh tro'n chlaigeann le peileir mosgaid, agus dh'eug e.

14. So, mar a thubhairt mi, far an robh breitheanasan agus tröcair. ach cha tug a h-aon diù m' anam gu fireantachd, uime sin bhuaich mi ann am pheacadh, agus dh' fhàs mi ni bu mhò 's ni bu mhò ann an ceannairc an aghaidh Dhé, agus caoin-shuarach mu dhéibhinn mo shlàinte féin.

15. Gu h-aithghearr an deigh so, phòs mi, agus bha mi cho sealbhach is gu'n d'amais mi air mnaoi a bha h-athair agus am màthair air am meas diadhaidh. Chaidh am boireannach so agus mise cuideachd cho bochd sa b'urrainn bochd a bhi, (gun urrad againn do dh'earnais taighe ri spàin no mias 'n-ar dithis,) gidheadh bha aice-san da leabhar a dh'fhàg a h-athair aic' an deigh a bhàis, da'm b'ainm "Cas-cheum a

duine threidhirich gu nèamh,” agus “Cleachdadh na Diadhachd.” Leugh mi na leabhraichean so air uairean, agus fhuair mi cuid do nithe annta bha rud-eigin taitneach leam (ach ré na h-ùine so cha do thachair mi ri aon dearbhadh) Mar an ceudna dh’innis i dhomh gu trice cia cho diadhaidh sa’ bha h-athair agus mar chronaicheadh e an t-olc le achmhasanan, araon ’na theaghlach agus a measg a choimheirsnichean, agus cia cho ceart agus cho naomha sa’ bha e ’na bheatha araon ann am facal agus an gnìomharran.

16. Uime sin, ged nach do ràinig na leabhraichean so mo chridhe, chum a dhùsgadh á mo staid thruaigh agus pheacach, dhùisg iad an taobh a staigh dhomh iarratas air mo dhroch chaithe-beatha ath-leasachadh, agus thòisich mi a cheart rìreadh air diadhachd an àma sin, ’s e sin ri ràdh dol do’n eaglais dà uair san latha, agus gu glè chràbhach theirinn a’s sheinninn mar dheanadh muinntir eile, gidheadh, bhami buanachadh ann am dhroch chaithe-beatha. Ach leis an so uile bha mi cho lom-làn de dh’inntinn an fhuar-chràbhaidh air dòigh is gun tug mi mòr urram do gach ni, (an t-àrd-ionad, an sagart, an cléireach, an deis-aoraidh, am frithealadh agus gach ni eile) bhuineadh do’n eaglais; a’ meas gach ni an taobh a staigh dh’i naomha, gu h-àraid mheas mi an sagard agus an cléireach gu ro shona; agus gu mòr air am beannachadh gu’n teagamh sam bith, a

thaobh gu'm b'iad séirbheisich Dhé, mar bha mis aig an àm sin a' saoil sinn, le iad a bhi do ghnà 'na theampull naomha, gu obair a dheanamh ann.

17. Dh'fhàs am beachd so cho laidir n'am inntinn air chòr is nam faicinn sagart, (ge be sam bith cho mi-gheamnaidh sa bha chaithe-beatha) gu'm mothaichinn mo spiorad a' tuiteam fodha, a' toirt urram a's ùmhlachd dha, seadh, air leam a thaobh a ghaoil a bh' agam do na sagartaibh, a' saoil sinn gu'm b'iad teachd-airean Dhé, gu'm b'urrainn mi laidhe sios aig an casan a chum agus gu'n saltraicheadh iad orm ; chuir an ainm, an trùsgan, agus an gnìomh, a leithid de bhoille agus de sglèò meallaidh orm.

18. Air dhomh a bhi 'san aigneadh so rè seal, thàinig smaoin eile ann am inntinn, agus be sin, cò dhiù a bha no nach robh sinn de thréibh Israeil? oir air dhom fhaotainn anns an sgriobtur gu'm b'iad aon uair pobull sònraichte Dhé, air leam n'an robh mi de'n tréibh so, gu'm b'eadar gu'm biodh m'anam sona, nise bha m'inntinn fad' air son freagairt na ceiste so fhaotainn, ach cha robh fios agam cia mar rachadh agam air sin fhaighinn: fadhedigh, dh'fheòraich mi dhe m'athair. agus thuirt e rium nach b'ann de thréibh Israeil sinn: thug so air mo spiorad tuiteam, agus dh' fhuirich mi mar bha mi.

19. Ré fad na h-uine so cha robh mi mothachail air cunnard agus olc a' pheacaidh; bha mi air mo chumail o smaointeachadh gu'n



deanadh am peacadh mo dhamnadh, cia be air bith creideamh a leanainn, mar bithinn air m' fhaotainn ann an Iosa Criosd ; seadh, cha do smaointich mi riamh air-san, no cò dhiù bha ne nach robh a leithid do neach ann. Tha'n duine, feadh sa tha dall a' dol air seacharan, oir cha n-eòl da an t-slighe gu cathair Dhé. *Ecles. x. 15.*

20. Ach air aon latha rinn am pears-eaglais againn searmoin mu'n t-sàbaid, agus chuir e'n céill cho olc sa bha'n ni an t-sàbaid a bhriseadh ; araon le gnìomh ; spòrs no ni eile, air an aobhar sin thuit mi ann am chogais fo'n t-searmoin so, a smaointinn agus a' creidsinn gu'n d' rinn e an t-searmoin chum mo dhroch ghnàs a nochdadh dhomhsa. Aig an àm sin mhothaich mi ciod e an ni ciont, ged nach do mhothaich, mi sin riamh romhe cho fad sas cùimhne leam. Ach bha mi aig an àm ud gu mòr air mo luchdach-adhd leis, agus chaidh, mi dhachaigh 'nuair a chaidh crìoch air an t-searmoin le uallach mòr air mo spiorad.

21. Dh' fhàg so na sòlasan a bh'agam roimhe searbh dhomh ach cha do mhair mo bhròn fada, oir mu'n gann a ghabh mi mo dhinneir, thoisich an trioblaid air togail de m' inntinn agus thiunndaidh mo chridhe gu sheann dòigh-ean : ach o ! cia cho éibhneach sa' bha mise chionn gu'n d' fhalbh an trioblaid so bhuam, agus gu'n deach an teine mhùchadh, chum is gu'm faodainn peacachadh gun bhacadh ! Uime sin 'nuair a chaisg mi m' acras le mo bhiadh, chrath mi air falbh an t-searmoin dhe m' inntinn, agus phill mi air m' ais a chum mo sheanna

chleachaidhean, agus bhaoth-shùgradh le éibhneas mòr.

22. Ach air a' cheart latha sin féin, air dhomh a bhi cluich air a' bhall-àire agus aon bhuille 'bhualadh air ás an toll, agus dìreach an àm dhomh a bhi dol d'a bhualadh an dara h-uair, thàinig guth obainn o nèamh a dh' ionnsaidh m' anma, agus thubhairt e;—" An tréig thu do pheacannan agus an téid thu do nèamh, no'n lean thu riù chum dol do dh' ifrinn." Chuir so mi fo mhòr amhluadh, air an aobhar sin dh' fhàg mi mo bhall air an raon agus sheall mi suas ri nèamh, agus chunnaic mi mar gu'm b'ann le sùilean mo thuigse, an Tighearn Iosa 'g amharc a nuas orm mar gu'm biodh dian chorraich air rium agus mar gu'm bagradh e gu cruaidh orm le dioghaltas trom a leagadh orm air son so agus mo chleachdaidhean ain-diadhaidh eile.

23. Cha bu luaithe tharmaich na smaointean so ann am inntinn, 'na rinn an co-dhùnadh so gréim air m' aigheadh, (oir chuir an sanus roí sin mo pheacannan a rithist ro làthair mo ghnùise), gu'n robh mi ann am pheacach mòr agus fuathasach, agus gu'n robh e nise ro anmoch dhomh shealltainn an deigh néamh, oir nach deanadh Dia tròcair orm, ni mo mhathadh e m'euceartan. An sin am feadh a bha mi smaointeach' air a so, agus eagal orm gun tachradh e, mhothaich mi mo chridhe a' sìothladh sìos le an dòchas a' co-dhùnadh gun robh e ro-ammoch, agus uime sin, chuir mi romham 'nam inntinn dol air m' aghaidh ann am pheacannan ;

oir smaointich mi, ma tha 'chùis mar so, tha mo staid gu cinnteach truagh, truagh ged to thréig mi mo pheacanna, agus gun a bhí ach truagh ged do lean mi iad, cha bhí mi ach air mo dhamnadh, agus mathàrlas sin is cò math dhomh a bhí air mo dhamnadh air son iomadh peacadh, sa bhí air mo dhamnadh air son beagain.

24. Mar so sheas mi ann am meadhon mo chluiche ann am fianais nan uile bha làthair; ach fòs cha d'innis mi ni sam bith dhaibh; ach tha mi 'g ràdh air dhomh an co-dhùnadh ud a dheanamh, phill mi gu h-anabarrach a chum mo chluich a rithist, agus tha deagh chiumhne agam gu'n do ghabh an-dòchas mar sud a leithid do shéilbh air m' anam air chòr 's gu'n robh mi a' làn-chreidsinn nach ruiginn gu bràth air sòlas sam bith eile ach na gheibhinn ann am peacadh: oir bha nèamh cheana air a chall, air chòr is nach faodainn smaointeachadh air a sin; uime sin mhothaich mi mòr dhéidh an taobh a steach dhìom air mo shàth a ghabhail do'n pheacadh, chum is gu'm faodainn blasad de mhillseachd; agus rinn mi urrad deifir sa dh' fhaod mi chum mo bhrù a lionadh deth a shòghalachd, le eagal gu'm bàsaichinn mu'm faighinn mo mhiann dheth. A thaobh 'nan nithe so tha mi cur fianais an làthair Dhé nach eil mi ri breugan, ni mò tha mi dealbh na cainnte so; bha sud da rìreadh gu laidir, agus le'm uile chridhe agus mhiann; Gu m a h-ann a mhathas an deagh 'Thighearna aig am beil a thròcair do-rannsaichte m' eu-ceartan.

25. Agus tha mi làn-chinnteach gu'm beil buaireadh so an diabhoil ni's tric a measg chreutairean bochda, na tha iomadh a' saoil sinn, fòs tha co-dhùnadh diomhair aca an taobh a steach dhaibh féin nach eil dòchas air an son; oir ghràdhaich iad peacannan, uime sin 'nan déighe théid iad, Ier. ii. 25, xviii. 12.

26. A nise uime sin chaidh mi air m' aghaidh ann am peacadh, do ghnà a' tàlach nach robh mi faighinn mo shàth dheth, bhunaich mi mar so mu thuaram mìos, no barrachd; ach aon latha, air dhomh a bhi am sheasamh aig uinneag bùth coimhearsnaich, a' mionnachadh agus a' griosad mar bu ghnà leam, agus chuala bean an taighe mi, agus ged a bha i-féin 'na truaghan amsgaidh ain-diadhaidh, gidheadh thuirt i gu'n do mhionnaich agus gu'n do mhallaich mi gu h-uabhasach, agus gu'n robh a bhi g' am éisdeachd a' toirt crith oirre; thuirt i rium osbarr, gu'm bu mhi duine b'ain-diadhaidh le mionnan a chual' i riamh 'na beatha, agus gu'n robh mise le mo dhol a mach air an t-sheòl ud, comasach air òigridh a' bhaile gu léir a thruaillleadh, na'n tigeadh iad ann am chuid-eachd.

27. Chuir an t achmhasan so ann am thòst mi, agus bha mi fo nàire dhiomhair, agus sin cuideachd, air leam ro làthair Dhé néimhe; uime sin am feadh a sheas mi san ionad ud a' cromadh mo chinn rùinich mi gu'm bithinn ann am leanabh beag a rithist, chum is gu'n ionnsaicheadh m' athair dhomh labhairt as eugmhais

a bhi mionnachadh air an dòigh aindiadhaidh ud, oir smuaintich mi, gu'n robh mi cho cleachte ris an dòigh labhairt sin, is gu'm bu ni diamhainn feuchainn ri ath-leasachadh, nach b'urrainn sin tachairt gu bràth.

28. Ach cia mar a thachair e cha-n aithne dhomh, chuir mì o'n uair sin suas, cùl rì mo mhionnan, air chòr is gu'n robh e 'na iongantais mòr leam-féin a thoirt fainear, 'nuair nach robh fios agam roimhe sin cia mar a labhrainn, mar a cuirinn bòid air thoiseach agus bòid air deireadh gach facail, chum mo bhriathran a dhaingneachadh, a nise b'urrainn mi labhairt as an eughmais ni b'fherr, agus ni bu taitniche na b'urrainn mi dheanamh riamh roimhe. Agus am feadh so fathast cha robh aithne agam air Iosa Criosd, ni mò thréig mi m' àbhach no mo chliuthean.

29. Ach goirid an deigh so thuit mi ann an cuideachd aon duine bochd, a bha 'g aidmheil na diadhachd : a bha, mar a shaoil mis' aig an àm sin, a' labhairt gu taitneach mu thimchioll nan sgriobturan, agus mu chreideamh, uime sin le spéis do na labhair e thug mi mi-féin a dh'ionnsaidh mo Bhìobaill, agus thèisich mi air gabhail mòr thoil-inntinn ann a bhi leughadh nan earrannan eachdraidheach dheth, oir a thaobh litrichean Phòil agus Sgriobturan eile mar sin, cha deannainn a bheag dhiù, air bhi dhomh fathast a dh'aon chuid aineolach, air mo nàdur féin, no air feum agus luach Iosa Criosd a chum ar tearnaidh.

30. Uime sin thòisich mi air cuid do dh'ath-leasachadh a dheanamh o'n leth a muigh, araon ann an cainnt 'san giùlan, agus chuir mi na h-àintean romham mar an t-slighe gu nèamh; agus thug mi ionnsaidh air an cumail, agus mar a shaoil mise, chùm mi gu math iad air cuid do dh'uairean, agus bha sin a' toirt sòlais domh, ach bhristinn a h-aon diù an dràst agus a rithist, agus chuireadh sin mo chogais fo dhoilghios, ach a sin dheanain aithreachas, agus theirinn, gu'n robh mi ro dhoillich da chionn, agus gheallainn do Dhia gu'n deanainn n'a b'fharr an ath uair, agus gheibhinn cobhair a rithist, agus an sin bha mi saolsinn gun robh mi a' toileachadh Dhé cho math ri aon duine ann an Sasuinn.

31. Bhunaich mi mar so mu thuaram bliadhna; agus ré 'na h-ùine sin ghabh na coimhearsnaichean mise mar dhuine ro-dhiadhaidh agus cràbhach, agus ghabhiadiongantas mòr ri leithid do dh'atharrachadh a thighinn air mo chaithe-beatha agus air mo ghiùlan, agus gu dearbha, b'iongantas e, ged an uair sin nach robh eòlas agam air Chrìosd, air gràs, air creideamh, no air dòchas; oir mar a chunnaic mi o'n uair sin, n'am bàsaichean aig an àm ud gu'm biodh mo staid anabarrach eagalach!

32. Ach tha mi 'g ràdh, bha mo choimhearsnaichean fo ioghnadh a thaobh mo mhàr iompachadh, o mhi-naomhachd uabhasach chum ni-eigin coltach ri caithe-beatha beusach agus duine stuaim, agus gu dearbha cha b' iongantach

ged a bhiodh iongantas orra, oir bha m' atharrachadh cho mòr, is ged a dh'fhàsadh Tòmas Cuthaich 'na dhuine ciallach, cùin. A nis' uime sin thòisich iad air mo chliùdhachadh, agus air mo mholadh, agus air labhairt gu math mu mo dhéibhinn, araon ann am làthair agus air mo chùl. A nise bha mi, ars iadsan, air fàs diadhaidh, a nise bha mi air fàs ann am dhuine ionnraic ceart. Ach o 'nuair a thuig mi gu'm be so am briathran agus am barail mu'm thimchioll, thaitinn e rium gu h-anabharrach math ; ged nach robh annam an trà sin ach cealgaire truagh còmhdaichte ; gidheadh bu mhath leam a bhi labhairt mu mo dhéibhinn mar neach a bha do rìreamh diadhaidh. Rinn mi uail á mo dhiadhachd, agus gu fìrinneach, rinn mi gach ni a rinn mi, araon a chum a bhi air m' fhaicinn, no gu'n labhradh daoine gu math mu'm thimchioll agus bhuan-aich mi mar so m'a thuaram bliadhna, no còrr.

33. Feumaidh fios a bhi agaibh, roi'n àm so gu'n do ghabh mi mòr thoil-inntinn ann a bhi beumadh chlag, ach a nise thòisich mo chogais air fàs maoth, agus smaointich mi nach robh a leithid do ghnothach ach 'na ni diamhainn, agus uime sin cho-éignich mi mi-féin gu thréig-sinn, gidheadh, bha m'inntinn an geall air, uime sin rachainn do thaigh-an-stiobail a dh' amharc, ged nach bu dàna leam-féin an clag a bheumadh : ach smaointich mi nach buineadh so do chreideamh nì's mo : gidheadh cho-éignichinn mi-féin agus dh'fhanainn ag amharc. Ach

tacan an déigh sin thòisich mi air smaointeachadh mar so :—“ Ciod dé ma thuiteas a h-aon de na cluig ?” An sin ròghnaich mi seasamh fo shail mhòir a bha ’na laidhe tarsuinn o thaobh gu taobh do’n stioball, ach an sin smaointich mi rithist nan tuiteadh an clag le fiaradh tulgaidh, gu’m faodadh e air tùs bualadh air a’ bhalla, agus an sin tuiteam ormsa, a dh’aindeoin dion na saile ; Thug so orm seasamh ann an dorus an stiobaill ; a nise, smuaintich mi gu’n robh mi tearainnte gu leòir, oir na’n tuiteadh clag an uair sin, gu’m faodainn leum a mach air cùl nam ballachan tuigha laidir ud, agus a bhi tearainnte a dh’aindeoin gach cùis.

34. An deigh so fathast rachainn d’an amharc san a bhiodh a’ beumadh nan clag, ach cha rachainn n’a b’fhaide na dorus an stiobaill, ach an sin thàinig so ann am cheann :—“ Ciod dé ma thuiteas an stioball féin ?” Agus chuir an smuain so, (faodaidh e sin air son na tha dh’fhios agamsa, am feadh a ta mi am sheasamh ag amharc), a leithid do chrith air m’ inntinn do ghnà, air chòr is nach bu dàna leam seasamh, aig dorus an stiobaill ’na b’fhaide, agus b’éigin domh teicheadh le eagal gu’n tuiteadh an stioball air mo cheann.

35. Be ni eile, mo dhàmhs ; bha mi làn bhliadhna mu’m b’urrainn mi mo dhàmhs a thréigsinn gu tūr. Ach ré na h-ùine sin ’nuair a smaointich ni gu’n do chùm mi an àint’ ud agus an àinte so, no gu’n d’rinn mi le facal no



gnìomh an nì a shaoil mi a bha math, bha mòr shìth agam ann am chogais ; agus smaointichinn annam féin, cha-n urrainn Dia gu'n a bhi nise buidheach orm : fòs, le innseadh dhuibh air mo sheòl féin, shaoil leam nach robh aon duine eile ann an Sasuinn a b'fhearr a b'urrainn Dia a thoileachadh na mise.

36. Ach, creutair truagh mar a bha mi, bha mi fad' na h-ùine sin gun eòlas air Iosa Crìosd, agus a' dol mu'n cuairt a chum m' fhìreantachd féin a chuir air chois, agus rachainn a dhìth innte, mar be gu'n do nochd Dia 'na thròcair dhomh tuilleadh do' mo staid a thaobh nàduir.

37. Ach air latha àraidh ghairm deagh fhreasdal Dé mi do *Bhedford* a dh' obair air mo cheaird-chosnaidh, agus air aon do shràidean a' bhaile sin thàinig mi far an robh triùir no cheathrar do mhnathan bochda 'nan suidhe aig dorus anns a' ghréin a' labhairt mu thimchioll nithibh Dhé ; agus air dhomh a bhi nise déidheil air am briathran éisdeachd, dhlùthaich mi riù a chluinntinn cìod a bha iad ag ràdh ; oir bha mi nise 'nam fhear-labhairt clis mi-féin mu nithibh diadhaidh ; ach bha iadsan cian os-ceann mo thuigse. Labhair iad mu thimchioll ùr-bhreith, obair Dhé 'nan cridheachan, agus mar an ceudna mu thimchioll mar fhuair iad dearbhadh air an staid thrugh a thaobh nàduir—labhair iad mu thimchioll mar dh fhiosraich Dia an anmannan le ghràdh tre'n Tighearn Iosa Crìosd, agus mu thimchioll nam briathran

agus nan geallaidhean leis an robh iad air an neartachadh, air an comfhurtachadh, agus air an cumail suas an aghaidh buairidhean an diabhoil : osbarr, cho-reusonaich iad mu chagarrach, agus mu bhuaireidhean Shàtain, gu sònraichte, agus dh'innis iad do chàch a chéile mu thimchioll nam meadhonnan leis an robh iad air an sàrachadh, agus mar a chùm siad iad-féin suas 'nan aghaidh. Labhair iad mar an ceudna mu dhéibhinn an truaighe cridhe féin, agus mu thimchioll am mi-chreideamh, agus mar a rinn iad dimeas agus tarhuis air am féin-fhìreantachd mar ni truallidh, agus neo-fhoghainteach a chum math sam bith a dheanamh dhaibh.

38. Agus air leam gu'n do labhair iad le leithid do thaitneachd bhriathran Sgriobtuir, agus le leithid do choltas gràis anns gach ni a' labhair iad, ionnas gu'n robh iad dhomhsa mar gu'm biodh, iad an deigh saoghal ùr fhaotainn a mach; mar gu'm biodh iad—'nam muinntir a bha gabhail còmhnaidh air leth gun a bhi air a' meas am measg an coimhearsnaichean. Air. xxiii. 9.

39. Uaithe so mhothaich mise mo chridhe féin a' tòiseachadh air crith; oir chunnaic mi ann am uile smaointeann mu thimchioll diadhachd agus slàinte, nach tàinig an nuadh bhreith riamh a dh'ionnsaidh m'inntinn; ni mò bha eòlas agam air comfhurt an fhacail agus a' gheallaidh. no air cealgaireachd agus foill mo dhroch cridhe féin. Air son smaointean diamhair, cha tug mi riamh fainear iad, ni mò thuig mi ciod bu chiall do

bhuairidhean Shàtain, no cia mar bu chòir an àicheadh, agus cur 'nan aghaidh.

40. An so, uime sin, 'nuair a chuala agus a thug mi fainear 'na labhair iad, dh' fhàg mi iad agus chaidh mi air cheann mo ghnòthaich a rithist, ach b' àill le mo chridhe fantainn maille rusan oir dhrùidh am briathran orm gu mòr, a chionn gu'n d' fhuair mi dearbhachdo na labhair iad gu'n robh comharradh fìor an fhìr-dhuine dhiadhaidh gu tìr d'am dhìth, agus mar an ceudna, thaobh gun robh dearbh chinnt agam air còr sona agus beannaicht' an duine a bha da-rìreadh mar sin.

41. Uime sin, bu ghnà leam dol a rithist 'sa rithist do chuideachd a' phobuill bhochd so, oir cha b'urrainn mi fuireach air falbh, agus mar is tric' a chaidh mi 'nam measg is ann is tric a rannsaich mi mo staid; agus mar is math a ta cuimhne agam, air ball fhuair mi da mi an taobh a steach dhìom a bha air uairibh a' cur iongantais orm; gu sònraichte, nuair a bheir mi fainear cìod an truaghan, dall, aineolach truaidh a bha mi roimhe sin; b'e aon ni dhiù se mòr thaisealachd, agus anmhuinneachd cridhe, ni a thug orm tuiteam fo dhearbhadh 'na chuir iadsan an céill leis na Sgriobturan; agus b'e 'n ni eile aomadh ann am inntinn gu bhì smaoin-teachadh air, agus air gach ni math eile a' chuala no leugh mi aig an àm sin.

42. Leis na nithibh so bha m'inntinn ar a h-iompachadh ionnas gun do laidh i coltach ri an

deal-thuill air a' chuisle “ ag éigheach, Tabhair, tabhair,” (Gnà. xxx. 15,) cho teanm snàsaichte air sìorruidheachd agus air na nithibh a bhuineadh do rìoghachd Dhé, (se sin do réir is mar b'aithne dhomh ged nach b'eòl do fathast mar is fiosrach Dia ach beagan), ionnas nach tugadh toilinntinn, buannachd, dìon-chomhairle, no maoidheadh oirre a' gréim a leigeadh às; agus ged do tha mi ga aithris le nàire, gidheadh is fìrinn chinnteach e, bhiodh e mu'n àm ud a cheart cho deacair dhomhsa m' inntinn a thoirt o nèamh gu talamh, 'sa mhothaich mi iomadh uair o'n uair sin a bhiodh e cho deacair domh a' toirt a rithist o'n talamh gu nèamh.

43. Aon rud nach faod mi dhearmad; bha òganach anns a' bhail' againn ris an robh mo chridhe air fhuaigheal ni bu dlùithe na ri neach sam bith eile, ach air dha bhi 'na fhìr dhroch dhuine le mallachadh, mionnan a's neo-ghlaine; chrath mi nis' air falbh e, agus thréig mi' chomunn. Ach m'a thuaram ràithe an deigh dhomh fhàgail thachair mi ris ann an caol-shràid àraid agus dh'fhèdraich mi dheth, cia mar a bha e. Labhair esan do réir a sheanna mbionnan agus a ghnàs cuthaich féin gu'n robh e gu math. “ Ach Eanraig,” arsa mise, “ C'arson a tha thu mionnachadh 'sa mallachadh mar sin? Ciod a dh'éireas dut ma bhàsaicheas tu anns a' chòr sin?” Dh'fhreagair e mi le corraich mhòir ag ràdh:—“ Ciod a ni 'n diabhol as eugmhais cuideachd, mar be mo leithid-sa.”

44. Mu'm àm sin thachair mi air cuid do leabhraichean a sgrìobh *ministear-boilich* a bha air am meas glé luachmhor le cuid do luchd-aidmheil : leugh mi cuid dhiù so, ach cha robh mi comasach air a bheag a bhreithneachadh mu'n timchioll ; uime sin mar a leugh mi annta agus a smuaintichinn orra, thòisichinn air ùrnaigh gu dùrachdach air a mhodh so :—" O Thighearna ! tha mis ann am amadan, agus neo-chomasach air eadar-dhealachadh a chuir eadar an fhìrinn agus a' bhreug sheacharanach : a Tighearna na fàg mi ann am dhoille-inntinn féin, a dh'aon chuid a chum gabhail ris an teagasg so no dhiùltadh ; mas ann o Dhia a tha e, na leig leam a chuir suarach, agus mas a h-ann o'n diabhol a tha e, na ceadaich dhomh a ghabhail do'm ionnsaidh. O Thighearna, tha mi leagadh m'anam sios aig do chasan a thaobh na cùiseso ; guidheam ort gu dìblidh, na leig dhomh a bhi air mo mhealladh." Bha aon chòmpanach cràbhach agam fad na h-uine so, agus be sin an duine bochd mu'n do labhair mi roimhe, ach mu'n àm sin bha esan mur an ceudna air fàs 'na *bhòiliche* deamhnaidh, agus thug se e-féin suas do gach gnè thruailleachd, gu h-àraidh do neo-ghlaine ; dh'àicheadh e mar an ceudna gu'n robh Dia, aingeal, no spiorad idir ann, agus ghàireadh e le magadh air gach achmhasan stuamachd. 'Nuair a shaoithrich mise chum a chuid aingeachd a' chruachadh, ghàireadh e ni bu ro mhò, agus chumadh e mach gu'n deach e tro gach uile sheòrsa creid-

eimh agus nach b'urrainn e riamh amais air an chreideamh cheart gus an nise. Uime sin a thaobh gu'n dh'fhuathaich mi na gnàthannan mallaichte so, thréig mi chuideachd a mach uaithe sin, agus dh'fhàs mi ann am choigreach cho mòr dha, 'sa bha mi roimhe sin ann am fhear-eòlais da

45. Cha robh an duine so 'a mhàin 'na bhuaireadh dhomh, ach mo cheaird-chosnaidh a bhi anns an dùthaich sin, thàrladh dhomh tighinn an ceann iomadh cuideachd a bha glé dhaingeann ann an creideamh roimhe sin, gidheadh a bha air an taruinn air falbh leis an luchd-bòilich so. Labhradh iad so riumsa mar an ceudna, mu thimchioll an dòighean féin, agus dhìteadh iad mise mar neach mi-laghail agus dorcha, a' cumail a mach gur iad-féin a mhain a thàinig suas ri foirfeachd; gu'n deanadh iad gach nì thogradh iad gu'n pheacachadh. O! bha na buairidhean so ro thaitneach do'm fheòil, bha mis ann am dhuine òg, agus mo nàdur ann an treun a neart; ach chùm Dia, (a shònraich mi, tha dòchas agam air son nithibh is fearr) mise 'na eagal féin, agus cha dh'fhuilig a dhomh a leithid sud do stéidh chreideimh mhallaite ghabhail do'm ionnsaidh, agus gu'm a beannaichte gu'n robh Dia, a chuir ann am chridhe gairm air-san a chum mo choimhid, agus mo stiùradh a' cur an-earbsa do ghnà ann am ghliocas féin; oir chunnaic mi o'n uair sin eadhon, éifeachd na h-ùrnaigh sin,

cha-n ann a mhaoin ann am thearnadh o mhearachdan luchd-bòilich, ach mar an ceudna uapasan a dh'éirich suas o'n uair sin. Bha 'm Bìoball luachmhor dhomhsa anns na lathaidh ud.

46. A nise thòisich mi air amharc anns a' Bhìoball le nuadh-fhradharc, agus bha litrichean an abstail Phòil gu sònraite millis agus taitneach leam ; agus an sin cha robh mi idir a' mach às a' Bhìoball, gu'n a bhi dh'aon chuid a' leughadh no smaointeachadh ; do ghnà a' guidhe air Dia gu'n b'àithne dhomh an fhìrinn, agus an t-slighe gu nèamh agus gu glòir.

47. Agus mar chaidh mi air m' aghaidh agus a leugh mi, thàinig mi chum na h-earrainn so : —“ Do dh'aon duine tha facal a' ghliocais air a thoirt leis an spiorad, agus do dhuine eile facal an eòlais leis an spiorad cheudna ; do neach eile creideamh,” &c. (1 Cor. xii.) Agus ged a chunnaic mi o'n uair sin gu'm beil an Spiorad Naomh' a' ciallachadh leis an Sgrìobtur so *nithe neo-ghnàthaichte* “ a roinn ris gach aon fa-leth,” gidheadh thuig mise le dearbhachd gu'n robh mi féin as eumhais *nithe gnàthaichte*, eadhoin an tuigse agus an gliocas a bha aig Crìosdaidhean eile. Bha mi smaointeachadh air an fhacal so, agus cha robh fios agam ciod a dheanainn, Chuir am facal so *creideamh* mi gu h-àraid ga ionnsaidh, oir cha b' urrainn mi leasachadh, ach air uairibh b'éigin domh cur an

teagamh, cò dhiù a bha creideamh agam no nach robh, ach bu leisg leam a cho-dhùnadh gu'n robh ni as eugmhais creideamh, oir ma ni mi sin, arsa mise, faodaidh mi mi-féin a mheas ann dhìobarach gu dearbh.

48. A nis', arsa mise ruim-féin, ged a tha mi ann am àmhlair aineolach agus tiodhlaicean beannaichte so an eòlais agus na tuigse ga'm dhìth, a ta aig muinntir eile, gidheadh air thuairean, cò-dhunaidh mi nach eil mi gu buil-each as eugmhais creideimh; oir chaidh a shealltainn dhomh, agus sin fòs (mar a chunnaic mi o'n uair sin,) le Sàtan, nach eil aig an aiteam sin a ta ga'n co-dhùnadh féin a bhi ann an staid gun chreideamh araon sìth no suaimhneas 'nan anmaibh; agus bha mi ain-deonach air tuiteam gu tūr an an-dòchas.

49. Uime sin, thug na smuaintean so; orm a bhi fo eagal gu'm faicinn mo chion-creideimh féin. Ach cha-n fhuiligeadh Dhia dhomh m'anam a sgrios air an dòigh so, ach thàrmaich e 'n taobh a steach dhiom an aghaidh mo cho-dhùnaidhean, truagha, dalla a leithid do theagamhan air chòr is nach b'urrainn mi a bhi toilichte, gus an tiginn a chum ni-éigin do dh' fhiosrachadh cò-dhiù a bha creideamh agam no nach robh, oir bha so do ghnà a' ruith air m'inntinn. " Ach ciod ma tha thu ás eugmhais creideimh da rìreadh? Ach cia mar is urrainn thu innseadh gu'm beil creideamh



agad ?” Agus osbarr, chunnaic mi gu fìrinn-each ma bha mi as eugmhais creideimh gu’n robh mi cinnteach á dol a dhìth gu sìorruidh.

50. Mar so ged a thug mi’n tùs ionnsaidh air sealltainn thairis air gnothaichean a’ *chreideimh* gidheadh ann an ùine ghearr, air dhomh a’ chùis a thuigsinn n’a b’fhearr, bha mi toil-each mi-féin a chur gu deuchainn, cò-dhiù a bha creideamh agam no nach robh. Ach mo thruaighe, ann am thruaghan bochd, bu cho aineolach a bha mi is nach bu mhò bha dh’fhios agam cia mar a dheannainn sin, na’s mò na bha dh’fhios agam cia mar a dheanainn am mìr ceairde sin bu teirc agus a b’iongant-aiche, agus air nach do smaointich mi riamh.

51. Uime sin am feadh a bha mi mar so a’ smaointeachadh, (oir feumaidh tu fios a bhi agad, nach do leig mi mo rùnachd ri neach sam bith fathast mu thimchioll na cùise so,) thàining am buaireadair d’ am ionnsaidh leis a’ mhealladh so;—“ Nach robh seòl sam bith air am b’urrainn mi fios fhaotainn an robh creideamh agam, ach le mi dh’fheuchainn am b’urrainn domh miorbhuill sam bith a dheanamh,” a’ nochdadh nan Sgriobturan sin, a bha coltach ri bhuaireadh a neartachadh. Fòs, air latha àraid air dhomh a bhi eadar *Elestow* agus *Bedford* thàinig am buaireadh so gu teth orm, fheuchainn an robh creideamh agam le cuid do mhiorbhuillean a dheanamh; b’éigin domh a ràdh ris na lōdannan uisg a bh’ann an lòrgan chasan nan each,

“ bithibh tioram,” agus ris na h-ionadan tiorma, “ bithibhsa air bhur tionndadh gu lödannan ;” agus gu firinneach bha mi dol a ràdh mar sud ; ach air ball, am feadh a bha mi dol a labhairt, thàinig an smaoin so a dh’ionnsaidh m’ inntinn ; “ ach rach fo sgàil’ an sgithich ud thall agus guidh air tùs gun deanadh Dia thu comasach.” Ach an uair a bha mi dol a thòiseachadh air ùrnaigh thàinig so gu teth orm ; ’nan deannainn ùrnaigh, agus tighinn a sin a dh’fheuchainn ris na miorbhuillean, agus fos nach deannainn dad air son sin ; an sin gu cinnteach bha mi as eugmhais *creideimh* agus bha mi ann am aon air a thilgeadh air falbh agus cailte. Ni h-eadh, arsa mise, ma bhios a’ chùis mar sin cha-n fheuch mi ris fathast, ach fanaidh mi beagan ni’s faide.

52. Mar sin bhunaich mi mar bha mi, gun fhios agam cia mar a rachadh dhomh, oir smuaintich mi mur an robh *creideamh* ach aca-san a mhàin a b’urrainn nithe iongantach mar sud a dheanamh, nach robh e agamsa, agus nach mò bha choltas air gu’m bitheadh e agam gu bràth. Bha mi air mo mhòr luasgadh mar so eadar an diabhol agus m’ain-eolas féin, agus ’na leithid do dh-ìomachomhairle innas nach robh fhios agam ciod a dheanainn.

53. Mu’n àm so, bha staid shona a’ phobull bhochd ud ann an *Bedford* air a nochdadh dhomh ann an gnè do thaisbeannadh mar so ;

channaic mi mar gu'm biodh iad air slios grianach beinne ro àrd g'an ùrachadh agus gu'n neartachadh féin fo ghathan taitneach na gréine ; feadh a bha mi-féin air chrith, agus a' crùbadh anns an fhuachd, air mo léireadh le sneachda, reodhadh. agus neòil dhorcha ; air leam mar an ceudna gu'm faca mi balla eadar mi-féin agus iadsan, ag iathadh mu thimchioll na beinne : a nise bha mòr dhéidh aig m'anam air faotainn air taobh a steach a' bhalla so, a' co-dhùnadh na'm faighinn thairis gu'n tugainn mar an ceudna sòlas domh féin la blàthas an gréine-san.

54. Air leam gu'n deach mi timchioll a' bhalla so a rithist, agus a rithist, a' bith-ùrnaigh mar bha mi 'g imeachd a dh'fheuchainn a' faighinn slighe no dorus air am faodainn dol a steach. Ach dorus no fosgladh cha d'fhuair mi rè ùine ; fadheòigh chunna' mi mar gu'm b'eadh, bearn chumhainn mar gu'm biodh dorus beag air a' bhalla, agus thug mi ionnsaidh air dol a steach air ; a nise bha'n dorus cumhann agus thug mi iomadh ionnsaidh air dol a steach ach b'ann gu diamhainn : fa dheireadh le mòr spàirn, air leam gu'n d'fhuair mi air tùs a steach mo cheann, agus an deighe sin le strìth air mo leath-taobh gu'n dh'fhuair mi steach mo ghuailean agus mo chollainn gu h-iomlan, an sin bha mi anabharrach aoibhneach ; agus chaidh mi agus shuidh mi sìos 'nam meadhon, agus mar

sin fhuair mi solus agus sòlas o theas an gréine-san.

55. A nise bha bheinn so agus am balla air an nochdadh a mach dhomh mar so; bha 'bheinn a' samhlachadh eaglais an Dé bheò, agus a' ghrian a dhealraich oirre, dealradh a ghnùise gràsmhoir orra-san a bha chòmhnaidh an sin; b'e 'm balla air leam an saoghal, a' cur dealachadh eadar Criosdaidhean agus sluagh an t-saoghail so; agus a' bhearn a bh' anns a' bhalla, shaoil mi gu'm b'e sin Iosa Criosd, a ta 'na shlighe a chum Dhé an t-Athair, (Eoin. xvi. 6. Mat. vii. 14.) Ach o'n a bha'n dorus iongantach chumann, air chòr is nach b'urrainn mi dol a steach air ach le cruaidh spàirn, nochd e dhomh, nach b'urrainn aon dol a chum beatha, ach iadsan a bha cheart rìreadh, agus a dh' fhàg an saoghal aingidh air an cùl; oir an so cha robh ach rùm do chorp agus do dh' anam a mhain, gun rùm idir ann do chorp, do dh' anam, agus do pheacadh.

56. Ghabh an samhla so còmhnaidh air m' inntinn fad iomadh latha, agus ré na h-ùine sin bha mi g'am fhaicinn féin ann an còr truagh, cailte, ach fòs bha mi air mo bhrosnachadh gu mòr mhiann agus dhéidh air a bhi 'nam aon do'n àireamh a bha 'nan suidhe anns na grianghathaibh; A nise dheanainn ùrnaigh ge b'e àite anns an bithinn, cò dhiù a b' ann 'sa 'n taigh no sa' mhachair, agus bu ghnà leam mar

an ceudna le éiridh suas cridhe a' chuid so do'n aon sàlm deug thar an da-fhichead a sheinn; —“ Deann tròcair orm a Dhé nan gràs,” oir fathast cha robh fhios agam c'ait' an robh mi.

57. Ni mò a b'urrainn mi fathast tighinn a chum dearbhaidh fhurtachail gu'n robh agam creideamh ann an Crìosd; ach an àite sin fhuair mi m' anam air a bhualadh le teagamhan ùra mu thimchioll mo shonais sìorruidh, gu sònraichte le smuaintean mar so—“ Cò dhiù bha no nach robh mi air mo thaghadh; Ach ciod ma tha latha nan gràs a nis' air dol seachad?”

58. Leis an da bhuaireadh so bha mi fo mhòr àmhghar agus neo-shuaimhneach, air uairibh le aon diù, agus air uair leis an aon eile. Agus air tùs, le labhairt mu thimchioll a bhi cur mo thaghaidh an theagamh, thuig mi ged a bha mi ann am lasair a chum na slighe a dh'ionnsaidh Dhé agus glòire fhaotainn a mach, agus cha bhuaileadh ni sam bith air falbh mi uaithe so, gidheadh thug a' cheist so urrad do lag-mhisneach dhomh, air chòr is gu'n robh mi, gu sònraichte aig cuid do dh'àmaibh mar gu'm biodh dearbh spionnadh mo chuirp air a bhuntain air falbh le neart agus le cumhachd-san. Bha'n Sgriobtur so ann am bheachd mar an ceudna a' saltairt sìos air m'uile mhiann; “ Cha-n ann o'n tì leis an àill, no o'n tì a ruitheas ach o Dhia a ni tròcair.” Rom. ix. 16.

59. Leis an Sgriobtur so cha b'urrainn mi

innseadh ciod a dheanainn : oir chunnaic mi gu soilleir, mar a d' rinn Dia o shaor-thoil féin mo thaghadh gu bhí ann am shoitheach tròcair, ged do dh'íarrainn agus a mhiannaich-inn, agus a dh'obraichinn gus am briseadh mo chridhe, nach tigeadh math sam bith dhomh. Uime sin leanadh so rium. “Cia mar is urrainn thu innseadh gu'm beil thu air do thaghadh ? agus ciod nar a h-eil ? Cia mar an sin *a ni thu ?*”

60. O Thighearn', arsa mise, ciod dè mar a h-eil da-rìreadh ! Theagamh nach eil thu ars am buaireadair ; faodaidh a' chùis a bhí mar sin gu deimhinn, arsa mi-féin. Ma ta, arsa Sàtan, is co math dhut leigeadh dhìot, gu'n a bhí strìth nì's faide ; oir mar a h-eil thu da-rìreadh air do thaghadh agus air do roghnachadh le Dia, cha n-eil dòchas gu'm bì thu air do thearnadh, “oir, cha n ann o'n tì leis an àill, no o'n tì a ruitheas, ach o Dhia a ni tròcair.”

61. Chuir na nithe so m' uile chiall gu dhùbhlàn, gun fhios agam ciod a theirinn, no cia mar a dh'fhreagrainn na buairidhean so, Gu dearbha bu bheag a shaoil mi gu'm b'e Sàtan a rinn mo bhualadh mar so, ach a mhain gu'm b'e mo ghliocas féin a' cheist so a chur ; oir gu'm b'e an sluagh taghte mhain a fhuair beatha shìorruidh, chreid mi so gu'n teagamh, ach gu'm bu mhi-féin a h-aon diù, b'e sin a' cheist.

62. Mar so, uime sin, ré iomadh latha, bha mi fo mhòr chàmpar, agus bha mi cho liugha

uair ullamh gu sìothladh sìos le laigse 'na m'inntinn; ach aon latha, an deigh dhomh a bhi iomadh seachduin air m'èigneachadh agus fo lag-mhisnich leo sin, mar a bha mi toirt suas deò dheireannach m'uile dhòchais gu'n riuginn gu bràth beatha, thuit an smaoin so le cud-throm air m'inntinn, "Sheall ris na linntean o shean, agus faic, an robh aon neach riamh a chuir a dhòchas ann an Dia fo amhluidh."

63. Thug so mòran misnich do'm'anam, oir bha e aig an dearbh àm air eadar-mhìneachadh dhomh: "Tòisich aig tùs Leabhar na Ginealachd, agus leugh gu deireadh Leabhar an Taisbeanaidh a dh'fheuch am faigh thu gu'n robh aon duine riamh ann a dh'earb às an Tighearn' agus a chuireadh gu amhluidh." Mar so, air dhomh dol dachaigh chaidh mi air ball a dh'ionnsaidh a' Bhìobail a dh'fheuchainn am faighinn na briathran sin, gu'n teagamh sam bith agam á faotainn, oir bha e le leithid do neart agus do chombhfhurtachd air m'inntinn, air chòr is gu'n robh mi mar gu'm biodh e 'labh-airt rium.

64. Seadh mata, dh'fheuch mi air a shon ach cha d'fhuir mi e; ach a mhain lean rium, gu'm feòraichinn do'n cheud duine math a thachradh rium, agus a rithist ris an ath fhear, an robh fhios aca c'ait' an robh e, ach cha robh fhios ac' air a leithid do dh'àite, Agus so bìoghnadh leam, gu'n tigeadh an leithid do bhriathran cho aithghearr, agus le leithid do

chomhfhurtachd agus do neart a ghlacadh mo chridhe, agus a' ghabhail còmhnaidh air; agus fathast nach b'urrainn duine fhaotainn, (oir cha robh teagamh agam nach robh e anns an Sgriobtur Naomha.)

65. Bhunaich mi air m'aghaidh mar so barrachd a's bliadhna, agus cha b'urrainn dhomh an t-àit' fhaotainn; ach fa-dhedigh air dhomh sùil a thoirt air Leabhraichean an *Apocrapha*, fhuair mi e ann an Leabhar Ecclesiasticuis, anns an dara caibidil, 'san t-seachdamh rann deug. Thug so air tùs beagan do lag-mhisnich dhomh; a chionn nach robh e anns na sgrìobhaidhean sin a bh' air a meas naomh' agus soisgeulach; fòs a thaobh gu'm be na briathran so sùim agus brìgh iomadh do na geallaidhean, be mo dhleasanas comhfhurtachd a ghabhail uapa, agus tha mi a' beannachadh Dhé air son an fhacail ud, oir b' fhacal math e. Tha'm facal ud fathast gu tric a' dealradh roi' m' aghaidh.

66. An deigh so thàinig an teagamh eile le neart orm, "Ach ciod ma tha latha nan gràs air dol seachad. Ciod ma leig thu àm na trècair seachad?" A nis' is cuimhne leam, aon latha, air dhomh a bhi falbh air feadh na dùthcha, gu'n robh mi fo mhòr smuaintean mu'n ni so, "Ach ciod ma tha latha nan gràs air dol seachad?" Agus a chum mo thrioblaid an-tromachadh, thug am buaireadair a' chuideachd mhath so ann an *Bedford* gu mo chuimhne, agus thug



e chagair so do'm ionnsaidh, A thaobh gu'n robh iad sin air an iompachadh cheana, gu'm b'iad na h-uile a thearnadh Dia anns an àite so; agus gu'n tàinig mi ro anmoch, agus gu'n d'fhuair iadsan am beannachadh mu'n tàinig mise.

67. A nise bha mi ann an àmhghar mòr, a' smaointeach gu'm faodadh a' chùis a bhi mar sin gu dearbha, uime sin, shiubhail mi sìos a's suas a' caoidh mo staid thruagh, air son seasamh air falbh cho fad' so, agus air son cho liugha bliadhna a' chaitheamh ann am peacadh sa chaith mi, do ghnà a' glaodhaich a mach! O nach ann a bha mi air tionndadh ni bu luaithe! O nach ann a bha mi air tionndadh seachd bliadhna roimhe so! Thug e orm mar an ceudna a bhi fo fhéirg rium féin, smaointeachadh mi bhi cho gòrach, le m'aimsir a' chaitheadh air falbh an diamhanas, gus an do chaill mi fa dheireadh m' anam agus mo nèamh.

68. Ach an uair a bha mi air mo shàrachadh leis an eagal so, agus gu'm bu ghann a b'urrainn mi ceum tuilleadh a dbeanamh, dìreach anns a' cheart àit anns an d'fhuair mi a' mhisneach roimhe, thàinig na facail so a' steach gu m'inn-tinn; "A Thighearna rinneadh mar a dh'òrd-uich thu, gidheadh, tha *àite falamh* ann fathast, —co-éignich iad gu teachd a steach, chum gu'm bi mo thigh air a lionadh." (Luc. xiv. 22, 23.) Bha na briathran so, "tha *àite falamh* ann fathast," nam briathran ro mhilis leamsa, oir gu f'rinneach, shaoil mi 'nuair a labhair an Tigh-

earn' Iosa na briathran so, gu'n do chuimhnich e ormsa ; agus gu'n robh fhios aige gu'n robh an t-àm a' tighinn, anns am bithinn air mo chràdh le eagal, nach robh àit' air fhàgail dhomh 'na uchd, agus gu'n do labhair e na briathran so roi' làimh, agus gu'n d' fhàg e sgrìobht' iad a chùm agus gu'm faighinn sa còmhnadh uapa, an aghaidh a bhuaireadh thruaillidh so. Chreid mi so gu deimhin aig an àm ud.

69. Ann an solus, agus ann am misneach nam briathran ud, chaidh mi greis mhath air m' aghaidh, agus bha mo chomhfhurtachd ni bu mò, 'nuair a smaointich mi gu'n do labhair an Tighearn Iosa iad a dh'aon ghnothach air mo sgàth-sa, oir shaoil mi da-rìreadh gu'n do labhair e iad a chum misneach a thoirt dhomh leo.

70. Ach cha robh mi a dh'easbhuidh mo bhuaidhridhean a chum dol air m'ais ; buaidhridhean, tha mi 'g ràdh, araon o Shàtan, o mo chridh féin, agus o luchd-eòlais feòlmhor ; ach buidheachas do Dhia, thugadh buaidh orra sin leis a bheò-mhothachadh sin a bh' agam mu thimchioll bàis, agus latha 'bhreitheanais, a dh' fhan, mar gu'm b'eadh do ghnà ann am shealladh, smaointichinn gu tric mu thimchioll Nebuchadnesair, mu'n dùbhradh ; "Thug an Dia is àirde dha rìoghachd, mòrachd, glòir, agus onair, agus air son na mòrachd a thugadh dha bha crith air na h-uile shluagh," &c. (Dan. v. 18, 19.) Gidheadh, arsa mise, ma fhuair an

duine mòr ud uile chuibrionn anns an t-saoghal so, chuireadh aon uair ann an teinifrinn gach ni dhiù sud ás a chuimhne. Bha na smaointean so 'nam mòr bhuannachd dhomh-sa.

71. Theab mi bhi air mo thoirt mu'n àm so gu rud-éigin fhaicinn mu thimchioll nan ainmhidhean a mheas Maois glan agus neo-ghlan; shaoil mi gu'm bu shamhlachan air daoine na h-ainmhidhean so, gu'n robh na h-ainmhidhean glana 'nan samhlachan air pobull Dé; agus na h-ainmhidhean neo-ghlan nan samhlachan air clann an aon-eucoraich. A nise leugh mi, "gu'n cnàmhadh na h-ainmhidhean glana an cù," se sin arsa mise, tha so a' nochdadh dhuinn, gu'm feum sinn, beathachadh air facal Dé; "roinn iad an iongha" mar an ceudna, shaoil leam gu'n robh sin a' ciallachadh gu'm feum sinn dealachadh mas a h-àill leinn a bhi air ar tearnadh ri sligheachan dhaoin' ain-diadhaidh. Agus mar an ceudna, air dhomh leughadh ni b' fhaid' air m' aghaidh mu'n timchioll, chunnaic mi, ged a chnàmhamaid a' chù mar a ni mhaigheach, na'n siùbhlamaid le spàig mar a ni'n cù, oir ged do roinneadh-maid an ionga mar a ni mhuc; gidheadh mar a cnàmhamaid a' chù mar a ni 'n chaora, gu'n robh sinn fathast a dh'aindeoin gach ni neo-ghlan: oir shaoil mi gu'n robh a' mhaigheach 'na sàmbla orrasan a labhair mu thimchioll an fhacail, gidheadh, a bha falbh ann an slighe a'

pheacaidh ; agus gu'n robh a' mhuc coltach ris an tì a bha dealachadh ri tru illeachd o'n leth a muigh, ach a bha fòs as eugmhais facal a' chreid-eimh, ni ás eugmhais nach b' urrainn seòl a bhi air slàint fhaotainn, a dh' aindeoin cho chràbhach 's d'am bi duine. (Deut. xiv.) An deigh so fhuair mi mach le leughadh an fhacail gu'm feum iadsan a bhios air an glòrachadh maille ri Crìosd ann an saoghal eile " a bhi air an gairm leis anns an t-saoghal so," air an gairm, a chum a bhi nan luchd-compairt do roinn de fhacal agus de fhìreantachd, agus a chum comfhurtachd agus ceud thoradh an spioraid, ni a ta da rìreadh ag ullachadh an anma, fa chomhair an t-suaimhneis sin, agus dachaigh na glòire, a ta anns na nèamhaibh shuas,

72. An so a rithist bha mi ann an ioma-cheist mhòir, gu'n fhios agam ciod a dheanainn le eagal nach robh mi air mo ghairm ; oir arsa mise rium-féin, mar a h-eil mi air mo ghairm ciod a ni math dhomh a nis' ? Ach O ! cia mar a ghràdhaich mi nise na briathran sin a ta labhairt mu ghairm a' Chrìosdaidh ! mar 'nuair a thuirt an Tighearna ri aon roimhe " Leau mise, agus ri aon eile." " Thig am dheigh." Agus O ! arsa mise, nach ann a theireadh e mar sin rium-sa mar an ceudna, agus bu deònach a ruithinn ás a dheigh.

73. Cha-n urrainn mi aig an àm so, an fhadachd agus a' phlogsgartaich anma leis an d'iarr, mi air Crìosd mo ghairm, a chuir an céill le

cainnt. Bhunaich mi mar so ré ùine le m'inntinn air lasadh gu bhi air m' iompachadh chum Iosa Criosda; agus chunnaic mi air an latha sin a leithid do ghlòir ann an staid iompaichte, is nach b' urrainn mi bhi toilichte gu'n mo chuibrionn féin d'i,—O! na'm b'urraim i bhi air a faotainn air son òir, ciod a bheirinn' air a son. Ged a bhiodh agams' an saoghal gu léir, rachadh e uile deic mìl' uair seachad air son so, gu'm biodh m'anam am an staid iompaichte.

74. Cia ionmhuinn a nis' a bha gach aon 'nam shealladh, a shaoil mi bhi 'nan daoine agus 'nam mnathan iompaichte! Bha iad ag amharc agus a' gluasad mar mhuinntir a bha giùlan seula leathan nèamh mu 'n timchioll, O! chunnaic mi gu'n do " thuit an roinn daibh ann an ionadaibh aoibhneach, agus gu'n robh oighreachd thaitneach aca." (Sàlm xvi.) Ach b'e 'n ni a dh' fhàg gu tinn mi, mar a rinn Criosd ann an Soisgeul Mharcuis, " Agus chaidh e suas gu beinn, agus ghairm e iadsan a b'àill leis; agus thàinig iad d'a ionnsaidh." Marc. iii. 13.

75. Dh' fhàg an Sgrìobtur so mi fann fo eagal, gidheadh bheothaich e teine 'nam anam. Be'n ni a chuir fo eagal mi so, eagal nach biodh gaol aig Criosd dhomh, oir " ghairm e iadsan a b' àill leis." Ach O! rinn a' ghlòir a chunnaic mi anns an staid sin, a leithid do ghréim air mo chridhe do ghnà, ionnus gur gann a leugh mi mu thimchioll aon sam bith a ghairm Criosd gun mhiannachadh air ball mar so; " 'S truagh nach

robh mise 'nan trusgan, 's truagh nach robh mis' air mo bhreith ann am Pheadar ; 's truagh nach robh mi air mo bhreith ann am Eoin ; oir, s truagh nach robh mi ann am sheasamh dlù dha chum a chluinntinn, 'nuair a ghairm e iad, Cia mar a dh' éighinn, O Thighearna gairm mise mar an ceudna ! Ach O ! bha eagal orna nach gairmeadh e mi."

76. Agus gu fìrinneach leig an Tighearna leam dol air m' aghaidh an urrad so do mhìosan, agus cha do nochd e aon ni dhomh ; a dh' aon chuid gu'n robh mi chean' air mo ghairm, no gu'm bithinn air mo ghairm an deighe so ; ach fa-dhèigh, an deigh dhomh mòran ùine chaithe agus iomadh gearan a dheanamh ri Dia gu'm biodh compairt agam do'n ghairm naomh' agus nèamhaidh ; thàinig am facal so do'm ionnsaidh : " Agus glanaidh mise am fuil san nach do ghlan mi ; agus gabhaidh an Tighearna còmhnaidh ann an Sion." Air leam gu'n robh na briathran so air an cur a chum misneach a thoirt dhomh gu feitheamh do ghnà air Dia ; agus a' cur an céill dhomh, mar an robh mi chean' air mo ghairm, gidheadh. gu'm faodadh, an ùin tighinn, agus gu'm faodainn a bhi da-rìreadh air mo thionndadh gu Criosd.

77. Mu'n àm so thòisich mi air leigeadh m' inntinn ris do'n mhuinntir bhochd ud ann am *Bedford*, agus air mo chòr innseadh dhaibh ; agus 'nuair a chual iad ma a bha, dh' innis iad do Mr. Gifford mu mo dhéibhinn, agus thàinig e labhairt rium, agus shaoil e gu math mu'm

thimchioll. ged air leam gu'm b'ann o fhir bheag aobhair, agus thug e cuireadh dhomh a chum a thaighe, far an cluinninn e còmhradh ri muinntir eile mu thimchioll déiligeadh Dhé r'a n-anm-annan, ni o'n dh' fhuair mi tuilleadh dearbh-aidh, agus o'n uair sin thòisich mi air faicinn ni-eigin do dhiamhanas agus do thruaighe mo dhroch cridhe féin o'n leth a' steach. A nise fhuair mi gu soilleir, gu'n robh ana-miannan agus truailleachd ga'n cur féin a mach an leth an steach dhomh, le droch smuaintean agus miann, do nach tug mi roimhe sin an aire. Thòisich mo dhéidh air nèamh agus air beatha air fàilinn; fhuair mi mar an ceudna far an robh m' anam roimhe sin a' gabhail fadachd an deigh Dhé, thòisich e nise air iarraidh an deigh gach diamhanais gòrach; seadh, cha bu chom-asach mo chridhe air ghluasad a chum cuimh-neachadh air an ni sin a bha math; thòisich e air a bhi neo-chùramach agus coma mu thimchioll m' anma agus nèamh; bhiodh e nise do ghnà a' fuireach air ais, araon a chum gach dleasanais, agus anns gach dleasanas, agus bha e mar spearrach air casan eòin a chum a chumail o itealaich.

78. Ni h eadh, shaoil mi nise gu'n d' fhàs mi ni's mios' agus ni's miosa, a nise bha mi ni's faide bho iompachadh na bha mi riamh roimhe, uime sin thòisich mi air siothladh sios gu mòr 'nam anam, agus ag altrum lag-mhisneach ann am chridhe, ni a rinn mo leagadh sios cho iosal

ri ifrinn, cha b' urrainn mi chreidsinn gu'n robh gaol aig Criosda dhomh; mo thruaighe! cha b' urrainn mi dh' aon chuid a chluinntinn no fhaicinn, no mhothachadh, no taobh a chumail ri aon ni a bhuineadh dha; bha mi air m' iom-ain mar le doinionn; bhitheadh mo chridhe neo-ghlan, agus ghabhadh na Canaanetich còmh-aidh san tìr.

79. Air uairean dh'innsinn mo chòr do phobull Dé; agus 'nuair a chluinneadh iad mar bha, ghabhadh iad truas rium, agus dh'innseadh iad dhomh mu thimchioll nan geallaidhean; ach bu cho math dhaibh innseadh dhomh gu'n ruiginn air mo mheòirean a chuir air a ghréin, ri iarradh orm gabhail ris na geallaidhean, no earbsa chuir annta; bha m' uile cheud-fath agus mhothachadh 'nan aghaidh, agus chunnaic mi gu'n robh agam cridhe gu peacachadh, agus a laidh fo lagh a dheanadh a dhìtheadh.

80. Thug na nithe so orm smaointeachadh gu tric' air an leanabh, a thug athair a dh'ionnsaidh Chrìosd; " Agus am feadh a bha e fathast a' teachd, thilg an deamhain sìos e, agus reub se e, agus thuit e air an talamh, agus *bha e 'ga aoirneagan féin agus a' cur cobhar ás a bheul.*" Luc. ix. 42. Marc. ix. 20.

81. Osbarr, anns na lathaibh so, gheibhinn mo chridhe ga dhùnadh féin suas an aghaidh an Tighearn', agus an aghaidh fhacail naomha; fhuair mi m' as-creideamh mar gu'm b'eadh a' cur a ghuaillan ris an dorus a chum a chumail



a mach. agus sin, eadhon an uair a dh'éigh mi le iomadh osna ghoirt:—"A dheagh Thighearna bris fosgailt e, a Thighearna bris na geatachan umha, agus gearr sios na croinn iaruin!" (Sàlm cviii. 16.) Fòs bheireadh am facal so lasadh sìthe do'm chridhe;—"Crioslaichidh mi thu agus tha thu aineolach orm!" Isa. xlv. 5

82 Ach rè na h-ùine so, cha robh mi riamh na b'annhainne ann an cuir peacaidh an gnìomh na bha mi 'nuair sin; bha mo chogais a nise goirt, agus bhiodh i air a ciùrradh leis gach ni bhùineadh dh'i. Cha robh fhios agam cia mar a labhrainn le eagal gu'n cuirinn mo bhriathran às an àite féin, O cia cho cùramach sa ghluais mi 'nuair sin, anns gach ni a rinn no thubhairt mi! fhuair mi mi-féin mar ann an sùil-chrithich, a' chrith n'am be's gu'n gluaisinn, agus mar gu'n bithinn air m' fhàgail ann an sin le Dia, le Criosd, leis an Spiorad, agus leis gach uile ni math.

83. Ach thug mi fainear, ged a bha mi ann am pheacach cho fuathasach roi' àm m' iompachaidh, gidheadh, nach do chuir Dia cionta peacannan m' aineolais gu mòr as mo leth, a mhain nochd e dhomh gu'n robh mi cailte, mar an robh Criosd agam, a thaobh gu'n robh mi ann am pheacach, chunnaic mi gu'n robh mi as eugmhais ionracas foirfidh chum mo thaisbeanadh gun lochd an làthair Dhé, agus nach robh an t-ionracas so r'a fhaotainn an àite sam bith eile, ach ann am pearsa Iosa Criosd a mhain.

84. Ach mo thruailleachd gine o'n leith a steach, be sin m' àmhghar agus mo dhuilichinn, gu'n do laidh a' chiont orm gu h-iongantach, uime sin, bha mi ni bu ghràineile ann am làth-air féin na mhial-mhàgach, agus shaoil leam gu'n robh mi mar sin an làthair Dhé mar an ceudna ; ghaoileadh peacadh agus truailleachd às mo chridhe (deir mise) cho nàdurach sa ghoileadh uisg' á fuaran. Shaoil mi nise gu'n robh cridhe aig gach duine n'a b'fhearr na bh'agamsa, shaoil mi nach b'urrainn do neach sam bith ach do'n diabhol féin a bhi suas rium ann an aingeachd 'san leith a steach, agus ann an truailleachd inntinn ; Thuit mi uime sin, air dhomh sealladh fhaotainn air mo thruailleachd féin, gu trom an an-dòchas, oir cho-dhùin mi, nach seasadh an còr so anns an robh mi ri staid gràis. Gu cinnteach, arsa mise, tha mi air mo thréigsinn le Dia, gu cinnteach tha mi air mo thoirt thairis do'n diabhol, agus do dh'inn-tinn mhi-chéillidh ; agus bhunaich mi mar so ùin mhòr, eadhon fad' bliadhnachan.

95. Am feadh a bha mi mar so, fo àmhghar le eagal mo dhamnaidh féin, bha dà ni a bha cuir mòr iongantais orm, b'e aon ni dhiù sin, 'nuair a chithinn seanna mhuinntir a' ruith gu dian an toir air nithibh na beatha so, mar gu'm faodadh iad a bhi beò an so do ghnà ; be'n ni eile 'nuair a chithinn luchd-aidmheil diadhachd fo mhòr chàmpar agus air an leagadh sìos, 'nuair a thàinig calldachd o'n taobh a mach 'nan

caramh, mar tha call còmpanaich mna-pòsta, no leinibh, agus mar sin sìos. A Thighearn (arsa mise) nach be 'n othail e air son nithibh feòlmhor, le cuid, agus nach ann air cuid eile tha'm bròn air son iad sin a chall! ma tha iad-san a' deanamh uibhir do shaothair an deigh nithibh na beatha so a ta làthair, agus a' sileadh na h-urraid do dhèir air an son, ciod an truas is ion a ghabhail riumsa le guidhe às mo leth! Tha m'anam a' bàsachadh, tha m'anam ga dhìtheadh. Nan biodh m'anam, ann an deagh chòr, agus n'an bithinn-sa cinnteach às. O cia cho saibhir sa mheasainn mi-féin, ged nach biodh agam le beannachadh Dhé, ach aran a's uisge, cha mheasainn iad sud ach 'nan àmhgharan beaga, agus ghiùlaininn iad mar uallaichean beaga; "Ach cò is urrainn spiorad briste a ghiùlain!"

36. Agus ged a bha mi fo mhòr thrioblaid agus àmhghar, le sealladh agus mothachadh air m'aingeachd féin, gidheadh, bha eagal orm an sealladh agus am mothachadh sin a chur gu buileach o'm inntinn, oir thuig mi mar an robh cionta cogais air a thoirt air falbh air an dòigh cheart, le fuil Chrìosd, gu'n robh an duine air fàs ni's miosa le thrioblaid inntinn a chall, agus ma dh'fhalbh i air dòigh eile, (oir tha mothachadh peacaidh air uairibh mar gu'm bàsaicheadh e agus gu'n tūr thrialladh e air fàlhbh), an sin dheanainn strìth mar an ceudna gu fhaotainn air mo chridhe a rithist, le peanas a' pheacaidh ann an tein-ifrinn a thoirt a dh'ionnsaidh m' inntinn.

agus dh'éighinn;—O Thighearna! na leig leis falbh dheth mo chridhe ach air an dòigh cheart, le fuil Chrìosd, agus co-chuir do thrì cair trid-san ri m'anan, oir dhrùigh an Sgrìobtur so gu mòr orm, “oir as eugmhais dòrtadh fala cha n eil mathanas r'a fhaotainn.” (Eabh. ix. 22.) Agus b'e 'n ni a's mò chuir do dh'eagal orm a thaobh so gu'm faca mi cuid, am feadh a bha iad fo agartas cogais, a' dheanadh gul agus ùrnaigh, gidheadh le fuasgladh o mhothachadh o 'n trioblaid aig an àm, an àite mathanais air son am peacannan, bha iad coma cia mar a chaill iad an cionta ma fhuair iad e air a chuir às an cuimhne. A nis' air dhaibh fhaotainn air falbh air an dòigh dhochair, cha robh e air a naomhachadh dhaibh; ach dh'fhàs iad ni bu chruaidhe agus ni bu doille, agus ni's ro mhiosa an deigh an trioblaid. Chuir so mi fo eagal, agus thug e orm éigheach ri Dia ni bu mhò, nach biodh a' chùis mar sin maille riumsa.

87. Agus a nise bha doilgheas orm a chionn gu'n d'rinn Dia mi am dhuine, oir bha eagal orm gu'm bu chreutair mi a chuireadh air chùl; mheas mi an duine neo-iompaichte a bhi na aon bu truaighe dhe na h-uile chreutairean. Le bi fo àmhghar mar so mu thiomchioll a' chòr mhuladaich anns an robh mi, mheas mi mi-féin ann am dhìobarach, agus neo-shona thar a chuid mhòr do dhaoine.

88. 'Seadh, shaoil mi gu'n robh a do-dheante gu'm faighinn gu bràth uibhir do dhiadhachd eridhe, ri buidheachas a thoirt do Dhia, a

chionn gu'n d'rinn e mi am dhuine. 'S e'n duine gu dearbh a thaobh cruthachaidh, is ro oirdheirc do gach uile chreutair anns an t-saoghal fhaicsinneach; ach le peacadh rinn se e-féin ni's isle na na h-uile. Bheannaich mi cõr nan ainmhidhean, nan eun, agus nan iasg, &c. oir bha iad as eugmhais nàdur peacach; agus cha robh iad buailteach do chorraich Dhé; cha robh iad gu dol do thein'-ifrinn an deigh am bàis; b'urrainn mi uime sin gairdeachas a dheanamh 'nam biodh mo chõr mar aon sam bith dhiù-san.

89. Anns an staid so chaidh mi greis mhath air m' aghaidh; ach an uair a bha àm a' chomhfhurtachaidh air tighinn, chuala mi aon a' searmonachadh air na briathran so an Dàn Sholaimh, "Feuch *is* àillidh thu a' bhean mo ghaoil; feuch *is* àillidh thu!" (Dàn iv. 1.) Ach aig an àm ud rinn e a cheann-teagaisg sònraichte dhe na facail so a *bhean mo ghaoil*, agus 'nuair a mhìnich e na b'fhaid air aghaidh, thàinig e chum nan co-dhùnaidhean so fa-leith; —(1.) Gu'm be'n eaglais agus na h-uile anam sàbhailte, *bean ghaoil* Chrìosd, 'nuair nach robh iad *àillidh*,—(2.) Gaol Chrìosd gu'n aobhar,—(3.) Gaol Chrìosd a bha air fhuathachadh leis an t-saoghal,—(4.) Gaol Chrìosd, am feadh a bha e fo bhuaireadh agus fo léirsgrios,—(5.) Gaol Chrìosd o thùs gu crìoch.

90. Ach cha d' fhuair mi ni sam bith o na labhair e aig an àm; a mhain 'nuair a thàinig e

chum co-chur a' cheathraimh ni sònraichte, b'iad so a bhriathran; "Ma tha chùis mar sin, gur e 'n t-anam sàbhailte *bean ghaoil* Chriosd, am feadh a tha e fo bhuaireadh agus fo léir-sgrios, an sin anaim bhochd, bhuairte, 'nuair a ta thu air do bhualadh le buairidhean, àmbghar, agus falach gnùise, fòs cùimhnich do ghnà air na briathran so, *a bhean mo ghaoil.*"

91. 'Nuair a bha mi dol dachaigh, thàinig na briathran so a rithist a dh'ionnsaidh m'inntinn, agus is math is cuimhne leam, mar a thàinig iad a steach gu'n tuirt mi mar so ann am chridhe, "Ciod a gheibh mis air son a bhi smaointeachadh air an dà fhacal so?" Cha bu luaithe chaidh na smaointean so seachad tro mo chridhe na thòisich na briathran so air lasadh suas ann am inntinn. "Is tu *bean mo ghaoil*, is tu *bean mo ghaoil*," fichead uair thairis, agus fòs mar a ruith iad tro m' inntinn, dh'fhàs iad ni bu treis' agus ni bu teotha, agus thug iad orm tòiseachadh air sealltainn suas; agus thuirt mi do ghnà ann am chridhe, "Ach am beil sin fìor? am beil sin fìor?" agus an sin thàinig an Sgriobtur so gu mo chùimhne, "agus cha robh fhios aige gu'n robh e fìor a ni a rinneadh leis an aingeal." Gniomh. xii. 9.

92. An sin thòisich mi air toirt àite do'n fhàcal a rinn le cumhachd, thairis, agus thairis, a leithid do dh' fhuaim an taobh a steach do m' anam, "Is tu *bean mo ghaoil*, agus cha chuir ni sam bith dealachadh eadar thus agus mo

ghaol." Agus leis a sin bha mo chridhe air a lionadh làn do chomhfhurtachd agus do dh' earbsa, agus a nise chreid mi gu 'm biodh mo pheacannan air a mathadh dhomh, seadh, bha mi nis' air mo lionadh le gràdh agus tròcair Dhé, ionnas (gu'm beil cùimhn' agam) nach robh fhios agam cia mar a chumainn orm féin gus am faighinn dhachaigh; shaoil leam gu'n innsinn mu thimchioll a ghràidh agus a thròcair do'm thaobh, eadhon do na feanagan a bha na'n laidhe air an talamh-dhearg romham, na'm biodh iad comasach air mo thuigsinn; uime sin thuirte mi ann am anam le mòr aoibhneas, ro mhath ma ta, nam biodh peann agus *inc* agam an dràsta sgrìobhainn an ni so sìos mu'n rachainn, na b' fhaid' air m' aghaidh; oir is cinnteach nach diochuimhnaich mi e fad an fhicheadh bliadhna so ri teachd; ach mo thruaighe! ann an ùine bu ghiorra na ceitheir latha deug thòisich mi air cur gach ni an teagamh a rithist, ni a thug oru tòiseachadh air rannsachadh gach cùis fathast

93. Ach bha mi fathast air mo chuideachadh gu creidsinn, gu'm b' fhiòr fhoillseachadh gràis e do 'm 'anam ged do chaill mi mòran dhe a bheò agus de 'bhlàs. A nise mu thuarann seachduin no ceithear là-deug an déigh so, bha ni gu mòr air mo leantainn leis an Sgrìobtur so, "A Shimoin, a Shimoin, feuch, dh' iarr Sàtan sibhse!" (Luc. xxii. 31.) Agus dheanadh e leithid do dh' fhuaim air cuid do dh' uairibh an taobh a steach dhìom, seadh, mar gu 'm biodh e 'g éigheach cho làidir às mo dhéigh ionnas

air aon uair thar chàch uile, gu'n thionndadh mi mo cheann thar mo ghuaile a' smaointeach da rìreadh gu'n do ghairm neach-eigin mi, o thaobh mo chùil, air dha bhi fad 'air falbh, air leam gu'n do ghairm e cho labhar; thàinig e, mar smaointich mi o'n uair sin, chum mo mhosgladh gu fair' agus ùrnaigh; thàinig e chum a leigeadh ris domh gu'n robh neòil ghruamach a's doireann gu tighinn a nuas orm; ach cha do thuig mise sin.

94. Fòs, mar is cuimhne leam, b'e 'n t-àm a dh'éigh e ruim le gairm cho labhar, an uair mu dhéireadh, a shéirm e ann am chluasan, ach air leam gu'm beil mi a' cluinntinn fathast cho ro labhar sa bha 'n guth a shéirm na briathran so;—"A Shìmoin, a Shìmoin," 'nam chluasan, shaoil leam gu deimhin mar a dh'innis mi dhuibh roimhe gu'n do dh' éigh neach-eigin air mo chùlthaobh, a bha mu leth-mhìl' as mo dhéigh; agus ged nach be Simon a b' ainm dhomh, gidheadh thug e orm sealltainn gu grad air mo chùlthaobh, a' creidsinn gu'n robh an tì a dh' éigh cho labhar ga mo chiallachadh-sa.

95. Ach bu cho gòrach agus aineolach mise, is nach b' aithne, dhomh aobhar an fhuaime so; (ni araon a chunnaic agus a mhothaich mi goirrid an deigh sin, gu'n robh e air a chuir o nèamh mar rabhadh, chum mo mhosgladh fa chomhair na bha gu tighinn,) ach a mhain bhithinn a smaointeach, le iongantas 'nam inntinn, ciod bu cheann-fath do'n Sgriobtur so, agus air an dòigh so gu'm bhiodh e cho tric agus cho labhar a' séinn



agus ri fuaim ann am chluasan; ach mar a thubhairt mi roimhe, chunnaic mi an ùine ghearr an deigh sin a' chrìoch a bh' aig Dia air a shon.

96. Mu thuaram mìos an deigh sin, thàinig stoirm ro mh'èr a nuas orm, ni a làimhsich mi fichead uair ni bu mhiosa na gach ni a thachair rium roimhe; thàinig e orm gu'n fhios, an dràsta le aon chuid, agus a rithist le cuid eile. Air tùs, bha m' uile chomhfhurtachd air a bhuntain air falbh uam, an sin ghlac dorchadas mi, an deigh sin, chaidh dìle iomlan do thoibheuman, araon an aghaidh Dhé, Chrìosd, agus nan Sgriobturan, a dhortadh air m' inntinn, a chum mo mòr thrioblaid agus amhluidh. Be toradh nan smaointean toibheumach so, teagamhan a dhùsgadh suas ann am inntinn, an aghaidh dearbh bhith Dhé, agus an aghaidh aon Mhic a ghràidh; ma, cò-dhiù a bha na nach robh da rìreadh Dia no Chrìosd ann? agus cò-dhiù a bha'n Sgriobtur 'na sgeula meallta no 'na fhacal naomha, fìorghlan Dhé?

97. Bhuaire am buaireadair mi mar an ceudna gu mòr leis a so,—“Cia mar as urrainn thu innseadh, nach robh Sgriobtur cho math aig na Tùrcaich gu dhearbhadh gu'm be Mahomet an Slànaighear, 'sa th' againne gu dhearbhadh gur e Iosa e? Agus am b' urrainn mise smaointeachadh gu'm biodh cho liugha deich mìle anns gach iomadh dùthaich agus rìoghachd as eugmhais eòlais na slighe cheart gu nèamh

(ma bha nèamh da rìreadh ann :) agus gu'm be sinne mhàin a bha chòmhnaidh ann an cearn do'n t-saoghal a bha air ar beannachadh leis ? Tha gach neach a' smaointeachadh a chreideamh féin a bhi ni's fearr, araon Iudhaich, Innseanaich, Daoine-dhubha, agus Pàganaich, agus ciod mar a h-eil ar n uile chreideamh-ne, agus Criosd, agus na Sgrìobturan ; ach nan ni smaointichte mar an ceudna."

98. Air uairean bheirinn ionnsaidh air reusonachadh an aghaidh nan smaointean so, agus cuid do bhriathran Phòil bheannaichte chuir 'nan agaidh, ach mo thruaighe ! mhothaich mi gu grad, gu'm pilleadh argamaidhean mar so a rithist do'm ionnsaidh, *air an dòigh so*.—"Ged do chuir sinn uibhir earbs' á Pòl agus á bhriathran, fos cia mar a b'urrainn mis' innseadh ged a bha e 'na dhuine geur-chùiseach agus glic anns gach gnìomh nach faodadh e bhi air a thoirt suas do mealladh, le doill-inntinn threin, agus mar sin e shaoithreachadh a chum a chochreutairean a mhilleadh agus a sgrios."

99. Rinn na smuaintean so maille ri iomadh eile, (nach abair mi aig an àm so, agus nach faod mi ràdh araon le briathran no peann), a leithid do ghreim air m' inntinn, agus dhrùigh iad cho trom air mo chridh araon le lionmhorachd, le sìor bhuantas, agus an le'n neart, is gu'n mhothaich mi mar nach biodh ni sam bith eile an taobh a steach dhiom ach so bho mhadainn gu oidhche, agus gu dearbha mar nach

biodh rùm ann do ni sam bith eile, agus chodhuin mi mar an ceudna, gun tug Dia le fìor chorraich ri m' anam, mise thairis dhaibh, gu bhi air m' iomchair ar falbh leis mar le iomaghaoith threin.

100. A mhain leis an droch bhläs a thug iad a dh'ionnsaidh m'inntinn, mhothaich mi gu'n robh ni-eigin a leith a staigh dhiom a bha diùltadh gabhail riù, Ach cha robh na smaointean so agam ni b' fhaide na 'n tràth a cheadaicheadh Dia dhom mo shile shlugadh, oir dheanadh fuaim agus neart nam buairidhean so, mar gu'm b'eadh, gach uile smaoin agus chuimhneachadh dhù sin a bhàthadh agus a chomhdach thairis. Am feadh a bha mi anns a bhuaireadh so bu tric a fhuair mi m'inntinn leis air a bhrosnachadh gu mionachadh agus mallachadh, no gu nithe fuathasach aingeadh a labhairt an aghaidh Dhé, no Chrìosd a Mhac, agus an aghaidh nan Sgriobturan.

101. A nise shaoil mi, gu cinnteach gu'n robh deamhan annam, air àmannan shaoilinn gu'n rachainn às mo chéill, oir an àit' an Tighearna Dia a mholadh agus a ghlòrachadh maille ri muinntir eile ; 'nan cluinninn a bhi labhairt mu thimchioll, ghrad bhruchdadh toibheum uabhasach a mach á mo chridhe 'na aghaidh ; ionnas cò dhiù a smuaintichinn gu'n robh Dia ann, no rithist nach robh a leithid ann idir, cha b'urrainn mi gràdh no sìth no aigneadh gràs mhor

sam bith a mhothachadh an taobh a steach dhiom.

102. Chuir nan nithe so sios mi ann an eadòchas domhainn ; oir cho-dhùin mi nach bu chomasach a leithid so a bhi r'a fhaotainn nam measg-san a thug gràdh do Dhia, Bu tric a shamblaich mi mi-féin nuair a thigeadh am buaireadh so le neart orm ri leanabh a thog bana-cheard shiubhail suas 'na glacaibh, agus a ghoide i air fàlbh le ainneart o chàirdean agus o dhùthaich, air uairibh bhreabainn mo chasan ris an làr, agus mar an ceudna sgreadainn a's ghlaodhainn, ach fhathast bha mi air mo cheangal ri sgiathaibh a' bhuairidh, agus ghiùlanadh a' ghaoth air falbh mi. Chuimhnich mi mar an ceudna air Saul agus air an droch spiorad a chuir buaireas air, agus bha eagal mòr orm gu'n robh mo chòr co-ionnan ri chòr-san. 1 Sam. xvi. 14.

103. Anns na lathaibh ud 'nuair a chualam mi muinntir eil' ag innseadh mu thimchioll a' pheacaidh an aghaidh an Spioraid Naoimhe, bhrosnaicheadh am buaireadair mi chum am peacadh sin a chuir an gnìomh, ionnas gu'm b'éigin domh sin a dheanamh, agus nach faodainn fois a ghabhail gus an cuirinn an gnìomh e ; a nise cha-n fhòghnadh peacadh sam bith eil' ach am peacadh ud. Nam biodh e air a chur an gnìomh le leithid so do' dh'fhacal a labhairt, an sin bha mi mar gu'm biodh mc

bheul a' dol a labhairt an fhacail sin, co-dhiù a b'àill no nach b'àill leam sin a dheanamh ; agus bu cho làidir a thàinig am buaireadh sin orm is gur tric a chuir ni mo làmh fo mo smeig chum r' o bheul a chumail o fhosgladh, agus a chum na crìche sin, mar an ceudna, smuaintich mi uairean eile leum fa chomhair mo chinn ann an toll òtraich eigin a chum mo bheul a chumail o labhairt !

104. A nise rithist mheas mi staid gach creutair a chruthaich Dia a bhi mòran ni b'fhèarr na'n staid uabhasach anns an robh mise, seadh bu toileach a bhithinn mar chù na mar each ; oir bha fhios agam gu'n robh iad sin as eugmhais peacaidh, agus nach robh anmannan aca gu bhi air an léireadh fo chudthrom sìorruidh na h-ifrinn, mar a bha choltas air m'anamsa bhith. Ni h'eadh, ge do chunnaic, agus ge do mhuthaich mi so, agus ge do, bha mi air mo bhriseadh am bhloidibh ; fòs 's e ni a mheudaich mo bhròn nach b'urrainn mi fhaotainn gu'n d' iarr mi làn-shaorsa *bhò'n truaighe sin* le m'uil' anam. Rinn an Sgriobtur so m'anam a reubadh ann an dearbh mheadhon nam buairidhean ud,—“ *Tha* na h-aingidh coltach ris a' mhuir bhuaire, oir cha-n urrainn i bhi aig fois ; ach tha a h-uisgeachan a' dùsgadh a nìos slalchair agus làthaich. *Cha n-eil* sìth, deir mo Dhia, do na h-àingidh.” Isa. lvii. 20, 21.

105. Agus a nise bha mo chridhe air uairibh anabarrach cruaidh ; ge do bheirinn mìle pùnd-Sasunnach air son deur cha b'urrainn mi h-aon

a shileadh ; cha b'urrainn mi, agus air uairibh cha robh iarrtas sam bith agam air sin a dheanamh. Bha mi gu mòr air mo thilgeadh sìos ann am inntinn 'nuair a smaointichinn gu'm be so mo chuibhrionn. Chunnaic mi gu'm b'urrainn cuid bròn agus caoidh a dheanamh air son am peacaidh, agus b'urrainn muinntir eile rithist gàirdeachas a dheanamh agus Dia a bheannachadh air son Chrìosd, agus b'urrainn cuid eile rithist labhairt ann an sìth mu facal Dé, agus cuimhneachadh air le gàirdeachachas ; am feadh a bha mise mhain ann an stòirm no'n doinionn. Chuir so sìos mi gu mòr, shaoil mi gu'n robh mo chòr air leth, dheanainn an sin mòr chaoidh air son mo thruaighe, ach faighinn aiste, no cuibhte 's nan nithe so, cha b'urrainn domh.

106. Feadh a mhair am buaireadh so a lean ruim mu thuaram bliadhna, cha b'urrainn mi feathamh air aon do dh'òrduighean Dé, ach le àmhghar mòr agus goirt ; fòs bha mi 'n sin ni's ro mhò air m' éigneachadh le toibheumaibh ; na'm bithinn ag éisdeachd an fhacail ghabhadh neo-ghlaine, toibheum agus andòchas gréim orm mar chiomach ann an sin ; ma bha mi ri leughadh, an sin thigeadh grad-smaointean da'm ionnsaidh chum gach ni a leugh mi chuir an teagamh ; air uairibh eile bhiodh m' aigneadh air a bhuntainn air falbh cho iongantach agus a' smaointeachadh air nithibh eile ; ionras nach robh fios, no spéis, no cuimhne agam air uibhir nam briathran a bha mi leughadh.

107. An àm dhomh a bhi 'g ùrnaigh mar an ceudna, bha mi gu mòr air mo thrioblaideachadh, aig an àm so, air uairibh shaoilinn gu'n robh mi mothachadh an nàmhaid air mo chulthaobh a' tarruinn m' aodaich ; bhiodh e mar an ceudna, do ghnà agam aig am ùrnaigh 'g iarraidh orm crìoch a chuir oirre,—agus sgur,—ag radh,—“ Greas ort thuirt thu gu leòir, agus na fuirich ni's faide;” do ghnà a' tarruinn m' inntinn air falbh. Air uairibh eile thilgeadh e mar an ceudna a' steach do 'm ionnsaidh le droch smuaintean mar iad so gur éigin domh ùrnaigh dheanamh ris-an, no air a shon ; smuaintich mi cuid a dh' uairibh air a so, “ tuit sios,” no, “ ma thuiteas tu sios agus ma ni thu aoradh dhomhsa.” Mat. iv. 9.

108. Mar an ceudna, a thaobh gu'n robh smaointean seacharanach agam anns an dleasan-as so, shaoithrich mi chum m' inntinn a shocrachadh gu fois agus a suidheachadh air Dia, an sin shaoithrich am buaireadair le mòr spairn chum mo chuir air aimhreith, agus fo amhluadh le coltas pris, no tàirbh, no sguabaich no leithid sin a chuir fa chomair mo chridhe 's mo mhac-meanmhuinn ; mar gu'm bu chòir dhomh ùrnaigh a dheanamh riù so : riù so mar an ceudna, chumadh e m' inntinn air chòr is gu'n robh mi ionas nach b'urrainn mi smaointeachadh air ni sam bith eile, no ùrnaigh chuir suas ri ni sam bith eile. ach riù so no ri'n leithidibh.

109. Gidheadh air uairibh bhiodh smuaintean laidir crìdh-dhrùiteach agam mu thimchioll

Dhé agus mu chinntichead fìrinn a Shoisgeil; Ach O! mar a chuireadh mo chridhe e-féin a mach aig na h-àmaibh sin. le cruaidh osnaich do-labhairt. Bha m' anam gu h-iomlan an uair sin anns gach facal; dh'éighinn le piantaibh an déigh Dhé gu'm biodh e tròcaireach dhomh; ach an sin bhithinn fo eagal a rithist, le faoin-smuaintean mar iad so; bha mi'n dùil gu'n robh Dia a' fanaid air m' ùrnaighean, ag ràdh, agus sin ann an làthair nan ainglean naomha;—"Tha'n t-amadan bochd, gòrach, truagh so, do ghnà ann am dhéigh-sa, mar nach biodh ni sam bith agam r'a dheanamh ri mo thròcair ach a buileachadh air a leithid-sa. Mo thruaighe, anaim bochd! mar a tha thu air do mhealladh! cha bhuin e do neach mar thusa, deagh-ghean fhaotainn on Tì is àirde."

110. An sin thàinig am buaireadair orm mar an ceudna le mi-mhisneach mar so, "Tha thu gu ro dhian ag iarraidh tròcair ach fuaraichidh mis' thu; cha mhair am fonn inntinn so do ghnà, bha iomadh cho teth riutsa ann an spiorad ach bhàth mis an eud, (agus leis a so bhiodh an neach ud, 's an neach ud eile a thuit air falbh air an cur an làthair mo shùl.) An sin bhithinn fo eagal gu'n claonainn-s' air falbh mar an ceudna; agus thuirt mi is math leam gu'n tàinig so gu m' inntinn; ma ta, ni mi faire, agus bithidh mi cho faichilleach 'sas urrainn mi, "Ge do bhios tu mar sin," (arsa Sàtan,) bithidh mise tuilleadh is cruaidh air do shon, fuaraichidh



mi thu gu'n fhios dut, air mo shochair féin, a lion beag a's beag, ciod is mò ormsa, (ars' esan,) ge do bhi mi seach bliadhn' a' fuarachadh do chridhe, ma théid agam air sin a dheanamh fa dheireadh? *Cuiridh gnà-fhulasgadh leanabh càranach gu suain*, cumaidh mi ris gu dlù, agus bheir mi 'chùis sin is miann leam gu crìch. Ged a tha thu a' dian-losgadh aig an àm so, spionaidh mis às an teine so thu, agus fàgaidh mi fuar thu ann an ùine ghearr."

III. Rinn na nithe so mo thoirt a chum teanntachd mhòr, oir a thaobh is nach b'urrainn dhomh mi-féin fhaotainn uidheamaichte air son bàsachadh aig a' cheart àm sin, shaoil mi, nam be is gu'm bithinn beò n'a b'fhaide gur ann a dh'fhàgadh sin mi n'a bu ro neo-ìomchuidh air son bàis, oir bheireadh ùin' orm gach ni a dhì-chuimhneachadh, agus chaitheadh i air fàlhbh, eadhon gu tūr o'm inntinn dearbh chùimhneachadh air olc a' pheacaidh, luach-mhòrachd nèimh, agus am feum a bh' agam air fuil Chrìosd a chum mo ghlanadh. Ach tha mi 'toirt buidheachais do dh'Iosa Chrìosd, nach tug na nithe sin orm aig an àm mo ghlaodhaich a lasachadh, ach 's ann a chuir e mi gu glaodhaich ni bu mhò, coltach ris an tè a thachair air an adhaltraiche sa mhachair; (Deut. xxii. 27.) bha iad sud na'm bràthran matha dhomhsa anns na lathaibh ud, an déigh dhomh, na nithe ud fhulang rè tacain, "oir a ta dearbh bheachd agam, nach bi bàs no beatha, no uachdaranachd,

no cumhachd, no nithe a ta làthair no ta ri teachd, no àirde no daoimhne, no creutair sam bith, comasach air sinne 'sgaradh o ghràdh Dhé a ta ann an Iosa Criosd." (Rom. viii. 38, 39), an sin bha dòchas agam nach deanadh saoghal fada mo mhilleadh, no mo chuir iomrall air nèamh.

112. Bha cuid dochùl-taic agam fathast fo na buairidhean so, ged a bha iad gu h-ìomlan air an cuir an teagamh leam ; bha so anns an treas caibidil do dh' Ieremiah air tùs 'na ni-eigin domh; agus is amhail a bha beachd-smaointeachadh air a' chòigeamh rann do'n chaibidil sin, oir ge do labhair, agus ge do rinn sinn nithe cho olc sa b'urrainn sinn, gidheadh glaodhaidh sinn ri Dia,—“ M' Athair is tu treòir m' òige ;” agus pillidh mi g'a ionnsaidh.

113. Fhuair mi mar an ceudna air aon àm sealladh taitneach uaidhe so ann an 2 Cor. v. 21, “ oir rinn e esan do nach b'aithne peacadh 'na ìobairt-pheacaidh air ar son-ne chum gu'm bitheamaid air ar deanamh n-ar fìreantachd Dhé ann-san.” Is cuimhne leam aon latha air dhomh a bhi 'n-am shuidhe ann an taigh coimhearsnaich agus mi aig an àm gu dubhach le smaointeachadh air iomadaidh toibheum, agus air dhomh a bhi 'g ràdh ann am inntinn.—“ Cios an stéidh a th'agamsa, a ta ann am chreutair cho truailidh agus cho gràineil gu ràdh, gu'n sealbhaich mi gu bràth beatha shìorruidh ?” An sin thàinig na briathran so air ball gu

m' inntinn, “ Ciod uime sin a their sinn ris na nithibh sin? Ma tha Dia leinn cò dh' fhaodas a bhi n-ar n-aghaidh?” (Rom. viii. 31.) Bha so mar an ceudna 'na chòmhnadh dhomh, “ do bhrìgh gu'm b'eil mise beò, bithidh sibhse beò mar an ceudna.” (Eoin. xiv. 19.) Ach cha robh na briathran so ach 'nan cagairibh, agus 'nan sanasaibh, agus iad sin air an céilidh diombuan; oir ged bu mhillis leams' iad fhad sa mhair iad, cha robh orra mhain ach blàs mar bh'air braithlìn Pheadair, bha iad air an togail suas uam a rithist le gradaig gu nèamh, (Gnìomh x. 16.)

114. Ach an deigh sin dh' fhoillsich an Tigh-earna e-féin ni bu làine agus ni bu ghràs-mhoire dhomh, agus gu dearbha shaor e mi, cha n-ann a mhain, o'n chiont a laidh air mo chogais a thaobh nan nithe ud, ach mar an ceudna bho'n dearbh thruailleachd aca, oir bha 'm buaireadh air a thoirt air falbh, agus bha mis air mo thoirt a dh'ionnsaidh mo chiall suidhicht' a rithist mar bha criosdaidhean eile.

115. Is cuimhne leam, aon latha air dhomh a bhi siubhal a chum na dùthcha, gu'n robh mi a' smaointeachadh air aingeachd agus toibheum mo chridhe, agus a' beachdachadh air an nàimhdeas a bha annam do Dhia; gu'n tàinig an Sgrìobtur so gu m' inntinn;—“ Gu'm biodh na h-uile air an deanamh réidh ris-féin trid-san air dha sìth a dheanamh tre fhuil a' chroinn-cheusaidh-san.” (Col. i. 20.) Ni leis an robh mi air mo thabhairt gu fhaicinn a rithist sa rithist

gu'n robh Dia agus m' anam mar chàirdean tre fhuil-san, seadh chunnaic mi gu'm b'urrainn ceartas Dé agus m' anam peacach a chéile a phògadh tre fhuil-san. Bha e so 'na dheagh latha dhomhsa, tha dòchas agam nach, dichumhnaich mi e gu bràth.

116. Air àm eile, air dhomh a bhi 'nam shuidhe aig an teine anns an taigh agam féin, agus mi a' smaointeachadh air mo thruaighe, rinn an Tighearn iad so 'nam briathran prìseil dhomh;—"Uime sin, a mheud 's gu'm beil aig a' chloinn combroinn do dh' fheòil agus do dh' fhuil, ghabh esan mar an ceudna roinn diù sin; chum tre'n bhàs gu'n claidheadh e esan, aig am beil cumhachd a' bhàis, se sin an diabhol; agus gu'n saoradh e iadsan a bha tre eagal a' bhàis rè am beatha uile fo dhaorsa." (Eabh. ii. 14, 15.) Shaoil leam gu'n robh glòir nam briathran so 'san àm ud 'nan laidhe cho tromorm, ionnasgun robh mi uair no dà uair ullamh gu tuitean seachad an neul am feadh a bha mi am shuidhe; gidheadh, cha b'ann le bròn no càmpar, ach le éibhneas buan, agus le sìth.

117. Mu'n àm so mar an ceudna, bha mi a' suidhe fo éisdeachd Mhaighstir Ghifford chòir, agus bhà theagasg tre ghras Dé gu mhòr chum mo shocrachadh. Bha'n duine so ri mòr-shaothair chum pobull Dé a shaoradh o na h-uile dheuchainnean cruaidhe agus neo fhalain so do'm beil sinn buailteach a thaobh nàduir.

Dh'iarr e oirnn aire shònraichte 'thabhairt, nach gabhamaid fìrinn sam bith da'r n-ionnsaidh air thuaram, mar uaithe sud, no uaithe so, no bho dhuine, no bho dhaoine sam bith; ach sinn a ghlaodhaich gu treun ri Dia, gu'n dearbhadh e oirnn an fhìrinn a chuireadh sìos duinn le spiorad féin 'na fhacal naomha, oir, ars esan, "Ma ni sibh air chaochla dòigh, 'nuair a thig buairidhean làidir oirbh, agus gun iad sud agaibh le fianais o nèamh, tuigibh sibh, gu'm beil sibh adh'easbhuidh a' chòmhnaidh agus an neart sin a bhios feumail chum cuir 'nan aghaidh, a shaoil sibh uaireigin a bhi agaibh."

118. Bha so cho ro mhithich do m'anam, ris na ceud fhrasan agus ris na frasan deireannach 'nan deagh àm féin; oir thuig mi, agus sin le féin-fhiosrachadh dubhach, fìrinn nam briathran ud aige-san, (oir mhothaich mise, nach urrainn aon duine ràdh, gu sònraichte 'nuair a tha e air a bhuaireadh leis an diabhol, gu'm beil Iosa Crìosd 'na Thighearn ach trìd an Spioraid Naomha). Uime sin fhuair mi m'anam tre ghràs gle ullamh chum an teagasg so òl a steach, agus aomte gu guidhe air Dia, nach ceadaicheadh e dhomh a bhi dh'easbhuidh dearbhadh o nèamh, a thaobh aon ni a bhuineadh da ghlòirsan, agus do mo shonas sìorruidh féin, oir a nise chunnaic mi gu soilleir, gu'n robh mòr eadar-dhealachadh eadar smaointeann fal' a's feòla agus taisbeanaidhean Dhé an nèamh, agus mar an ceudna, gu'n robh mor eadar-dheal-

achadh eadar an creideamh a ta muinntir a' gabhail orra-féin do réir gliocas dhaoine, agus an creideamh sin a thig le duine bhi air a ghiùlan d'a ionnsaidh le Dhia. Matt. xvi. 15. I Eoin v. 1.

119. Ach, O ! a nise mar bha m'anam air a thredrachadh le Dia bho fhèirinn gu fèirinn ! Eadhon o bhreith agus creathall Mhic Dhé, gu dhol suas, agus ath-theachd o nèamh a thoirt breith air an t-saoghal.

120. Gu fèirneach, fhuair mi an Dia mòr ro chaoimhneil rium a thaobh nan nithe so; oir do réir mar is cuimhne leam, cha robh aon ni a ghuidh mi air an uair sin, a dheanamh aithnichte agus fhoillseachadh dhomh nach d' rinn e air mo shon, tha mi ciallachadh nach robh aon earrann do Shoisgeul an Tighearn' Iosa, nach do nochd e mach dhomh gu h-eagarra, air leam gu'n faca mi le làn dearbhachd o na ceithir Soisgeulaichean, gnìomharran iongantach Dhé annan Iosa Crìosd a thabhairt a chumar tearnaidh, o ghineamhuinn agus a bhreith eadhon gu ath-theachd gu breitheanas ; air leam gu'n robh mi mar gu'm bithinn d'a fhaicinn air a bhreith, d'a fhaicinn a' fàs suas, agus a' siubhal trè'n t-saoghal so, o 'n chreathail gu crann na ceusda, agus mar an ceunda, 'nuair a ràinig se e, chunnaic mi cho iorasal soirbh sa thug se e-féin gu bhi air a cheusadh, agus air a thàirneadh air, air son mo pheacannan agus mo dhroch-ghnìomharran sa. Mar an ceundna, air dhomh a

bhi beachdachadh air a thuras air thalamh, thaing so gu m'inntinn,—“ Thugadh e mar uan a chum a chasgraidh.” Isa. liii. 7.

121. 'Nuair a bheachdaich mi mar an ceudna air cinntichead aiseirigh, agus a chuimhnich mi air na briathran so,—“ Na bean rium, a Mhuire, oir cha deach mi fathast suas,” &c. chunnaic mi mar gu'n leumadh e á beul na h-uaigne le éibhneas air son gu'n robh e air éiridh a rithist agus gu'n tug e buaidh thar ar nàimhdean uabhasach, chunnaic mi mar an ceudna e anns an spiorad 'na shuidhe air deas làmh Dhé an Athar air mo shon-sa, agus chunnaic mi am modh air an tig e nuas o nèamh a thoirt breith air an t-saoghal le glòir, agus bha mi air mo dhaigheachadh anns na nithibh sin leis na Sgriobturan so a leanas;—(Gnìomh. i. 9, 10; vii. 56; x. 42; Eabh. vii. 24; viii. 38; Tais. i. 18; 1 Tes. iv. 17, 18.

122. Air aon àm bha mi air mo bhuaireadh gu fios a bhi agam, an robh an Tighearn Iosa 'na dhuine, cho math sa bha e 'na Dhia, agus gu fìrinneach anns na lathaibh so, abradh daoine na thogras iad, mar a biodh e agam-sa le dearbhadh o nèamh, bha gach ni mar neo-ni dhomh; mheas mi nach robh mi-féin air mo chuir sios ann an aon fhìrinn le Dia. Seadh, bha mi fo mhòr chàmpar mu'n phuing so, gun fhios agam cionnas a gheibhinn fuasgladh; fa-dheòigh thàinig so anns a' chòigeamh caibidil do Leabhar an Taisbeanaidh gu'm inntinn. “ Agus dh'ambhairc

mi agus feuch, ann am meadhon na rìgh-chathrach agus nan ceithir beathaichean, agus ann am mheadhon nan seanair uan 'na sheasamh.' Ann am mheadhon na rìgh-chathrach, arsa mise, ann an sin tha'n Diadhachd, ann an sin tha'n Daonnachd, ach, O ! air leam gur e so a dhealraich ! bu dheagh dhearbhadh e so, agus thug e mòr thaitneas dhomh. Rinn an Sgriobtur so mòr chòmhnadh leam air a' phuing sin ;—“ Oir rugadh dhuinne duine-cloinne, thugadh dhuinn mac ; agus bithidh an uachdaranachd air a ghualainn ; agus goirear mar ainm dheth, Iongantach, Comhairliche, an Dia cumhachdach, an t Athair sìorruidh, Prionnsa na sìthe,” &c. Isa. ix. 6.

123. Mar an ceudna, a bharr air teagasg so Dhé 'na fhacal, ghnàthaich an Tighearna dà ni a chum mo dhaingneachadh anns an fhìrinn so ; be aon ni dhiù, mearachdan nan crith-chreideach, agus an t-aon eile ciont a' pheacaidh ; mar a chuir na crith-chreidich an aghaidh na fìrinn, 's ann bu mhò a dhaingnaich Dia mis innte, le mo thròrachadh a chum an Sgriobtur sin a chùm gu h-iongantach suas i.

124. B'iad na mearachdan a bha'n sluagh so, na ta, a' cumail a mach ;—(1.) Nach b'iad na Sgriobturan Naomha facal Dé ;—(2.) Gu'n robh aig gach duine air an t-saoghal spiorad Chrìosd, gràs, agus creideamh, &c.,—(3.) Nach do riarraich Crìosd air a cheusadh, agus a bhàsaich o cheann nan sè ceud deug bliadhna so



chaidhe, ceartas Diadhaidh air son peacannan a shluagh ;—(4.) Gu'n robh feòil agus fuil Chrìosd an leth a steach do na naoimh ;—(5.) Nach éireadh cuirp nan naomh agus nan ain-gidh a th'air an tiodhlaiceadh anns a' chladh a rithist ;—(6.) Gu'n deach aiseirigh nan naomh thairis cheana ;—(7.) Nach deach an duine sin Iosa, a bha air a cheusadh eadar an dithis mheirleach air Sliabh Chalbharaidh ann an tìr Chanaan làimh ri Iudea, suas thar nèamh nan reull ;—(8.) Nach tigeadh, eadhon an dearbh Iosa a bhàsaich le làimh nan Iùdhach, a rithist air an latha dheireannach, mar dhuine a thoirt breth air na h-uile chinneach, &c.

125. Bha ioma ni truaillidh, agus gràineil air an altrum, agus air an cumail suas leo sud anns na lathaibh ud, ni a chuir mise chum nan Sgrìobturan ga 'n rannsachadh ni bu mhionaid-ich' agus bha mi trìd an soluis agus an dearbhaidh, cha-n ann a mhain air m' fhoillseachadh ach, mar an ceudna, air mo dhaingneachadh gu mòr le comhfhurtachd 'san fhìrinn. Agus mar a thubhairt mi cheana, rinn ciont a' pheacaidh mòran còmhnaidh leam, oir fòs mar thigeadh, sin orm, bheireadh fuil Chrìosd dhiom e rithist, arithist, agus a rithist, O a chàirdean ! gairmibh air Dia, Crìosd fhoillseachadh dhuibh, cha-n eil aon ann a theagaisgeas coltach ris.

126. Bu ro fhada dhomh fuireach an so, gu innseadh dhuibh gu sònraichte, mar a chuir Dia sios mi ann an uile nithibh Chrìosd, agus

nam meadhonan a ghnàthaich e chum sin a dheanamh, mo threòrachadh a dh'ionnsaidh fhacail; seadh, agus fòs mar a dh'fhosgail e dhomh iad, agus a thug e orra dealrachadh ro'm aghaidh, agus còmhnaidh a ghabhail maille rium, labhairt rium agus sòlas a thoirt dhomh, a rithist, sa rithist, araon o bhith féin, agus o bith a Mhic, agus an Spioraid, an fhacail agus an t-Soisgeul.

127. A mhain so, mar a dh'innis mi dhuibh roimh, innsidh mi dhuibh a rithist, mar bu tric gu'n robh e toileach buntain rium air an dòigh so, *air tùs*, ceadachadh dhomh a bhi air mo thrioblaideachadh le buairidhean mu'n timchioll, agus an sin am foillseachadh dhomh. Mar air uairibh gu'm feumainn laidhe fo mhòr chionta air son peacaidh, agus a bhi air mo bhrudhadh gu làr leo, agus an sin, nochdadh an Tighearna dhomh bàs Chrìosd, seadh ag ionnlad mo chogais le 'fhuil, air chòr is gu'm faighinn, (agus sin mu'n robh fhios agam,) gu'n robh anns a' chogais sin anns an robh an lagh an dràst a' riaghladh le boile, eadhon an sin, gun gabhadh sìth agus gràdh Dhé còmhnaidh tre Chrìosd.

128. A nise shaoil mi gu'n d'fhuair mi dearbhadh air slàinte bho nèamh, air an robh iomadh seul òir air an cur, agus iad gu léir an crochadh ann am shealladh; an sin b'urrainn mi cuimhneachadh air an fhoillseachadh so, agus air an fhoillseachadh ud eile do ghràs le sòlas, agus bu tric a bha fadachd orm nach robh

an latha deireannach air teachd, chum is gu'm bithinn gu sìorruidh air dian-lasadh leis an t-shealladh, agus le aoibneas co-chomuinn maille ris-an a fhuair a cheann a chrùnadh le sgitheach deilgneach, smugaidean air an tilgeadh air aodainn, a chorp air a bhriseadh, agus anam air a dheanamh 'na iobairt air son mo pheacannan ; am feadh a bha mi roimhe sin 'nam laidhe do ghnà air balla-chrith aig beul ifrinn ; a nis' air leam gun robh mi air faotainn cho fad air falbh uaipe, air chòr is 'nuair a sheallainn air m' ais, gu'm bu ghann a chithinn i ; agus, " O ! " arsa mise, " nach ann a bha mi nise ceithir fichead bliadhna dh'aois chum a's gu'm bàsaichinn gu grad, agus gun rachadh m'anam gu sìth."

129 Ach mu'n d'fhuair mi an fhad' so a mach á mo bhuairidhean, bha mi fad' an geall air gu'm faicinn féin fhiosrachadh seann duine diadhaidh eigin a sgrìobh ceudan do bhliadh-nachan mu'n d' rugadh mi ; oir iadsan a sgrìobh ri'm linn féin, shaoil mi, (ach dh' iarr mi orra mathanas a thoirt dhomh air son so a ràdh) gur ann a sgrìobh iad mu thimchioll fhaireachadh, agus fhéin-fhiosrachadh dhaoin' eile, air neo gun d' rinn iad le cumhachd am mòr-thuigse agus phàirtean nàdurrach, sgrìobhadh a chum freagairt do chunnuilibh a thug iad fainear a bha cu'r dragh air muinntireile, gun iad féin idir dhol sìos do'n daoimhne. Seadh ma ta, le iomadaidh miann agus fadachd mar sud ann am inntinn,

chur Dia aig am beil ar n-uile lathaichean agus shligheachan 'na làmhan, 'nam charamh air aon latha. Leabhar le Màrtainn Luther, be sin a Leabhar-mìneachaidh air Litrichean Phòil a chum na Galatianach ; bha'n leabhar so mar an ceudna cho sean is gu'n robh e ullamh gu tuiteam a's a' chéile mìr o mhìr am feadh a bha mi a' tionndadh a chuid duilleag. A nise bha mi anabarrach toilichte gu'n do thuit a leithid so do leabhar 'nam charamh, agus 'nuair a leugh mi tacan air m' aghaidh, fhuair mi mo chor féin a bhi do réir fhéin-fhiosrachaidh-san, [no chör-son], agus sin cho farsuinn agus cho làn-fhiosrach air a làimhseachadh is ge do bhiodh an leabhar air a sgrìobhadh a mach á mo chrìdhe, chur so iongantach orm, oir shaoil leam nach b'urrainn an duine so a bheag do dh' fhios a bhi aige mu thimchioll staid Chrìosdaidhean na linne so, ach gur am a sgrìobh agus a labhair e mu thimchioll féin-fhiosrachadh chrìosdaidhean nan linntean a chaidh seachad.

130. Osbarr, chonnsaich e mar an ceudna gu cudthromach 'na leabhar ceud-thoiseachadh nam buairidhean so, se sin ri ràdh, toibheum, an-dòchas, agus an leithid sin, a' nochdadh gu'n robh aig lagh Mhaois cho math ris an diabhol, ris a' bhàs agus ri ifrinn, làmh anabarrach anns na nithibh sin ; ni a bha air tùs glè iongantach leamsa ; ach air dhomh a bhi toirt fainear agus a' faire, fhuair mi a' chùis mar sin

da rìreadh. Ach an so, cha n-eil mi air son a bheag dheth aithris, ach air leam gu'm feum mi so a leigeadh ris ann an làthair gach duine, gur fearr leam an Leabhar so a sgrìobh Màrtainn Luther air Litrichean Phòil chum nan Galatianach, na leabhar sam bith eile, (ach an Bìoball Naomha,) dheth na chunnaic mi riabh do leabhraichean, mur an leabhar is iomchuidh air son cogais ledìnte.

131. A nise fhuair mi, mar a shaoil leam, gu'n do ghràdhaich mi Crìosd gu mòr; O! air leam, gu'n robh m' anam a' dlù-leantainn ris, m' uile rùn a' dlù-leantainn ris, mhothaich mi mo ghràdh dha cho teth ris an teine, agus a nise mar a thubhairt Iob, shaoil mi gu'm bàsaichinn ann am nid, ach bu ghrad a mhothaich mi nach robh mo mhòr ghràdh ach ro bheag; agus gu'm b' urrainn mise, aig an robh mar a shaoil mi-féin a leithid do theas ghràdh do dh' Iosa Crìosd, a leigeadh air falbh a rithist air son fìor bheagan. Is aithne do Dhia cia mar a bheir e nuas sinn, agus mar a dh'fhal-aicheas e uair o dhuine. Goirid an deagh so bha mo ghràdh air a làn-dhearbhadh.

132. Oir an deigh do'n Tighearna mo shaoradh gu gràs-mhor air an dòigh so, o'n bhuaireadh mhòr agus ghoirt ud agus mo chuir sìos cho taitneach ann an creideamha Shoisgeul Naomha, agus a leithid do chomhfhurtachd laidir, agus do dhearbhadh beannaichte a thoirt dhomh o nèamh, a thaobh mo chòir air a ghràdh tre

Chriosd; thàinig an buaireadair orm a rithist, agus sin le buaireadh n'a b' àmhgharaiche agus n'a b'uabhasaiche na thàinig orm roimhe.

133. Agus be 'm buaireadh sin, — “An Criosd ro-bheannaichte so a reic agus dealachadh ris, a thoirt seachad air son nithe na beatha so, no air son ni sam bith.” Laidh am buaireadh so orm fad bliadhna, agus dhlù-lean e mi do ghnà, ionnas nach dh'fhuair mi cuibhte' is e aon latha ann am mìos, cha dh' fhuair air uairibh, urrad ri aon uair rè iomadh latha, ach 'nuair a bhithinn ann am chadal a mhàin.

134. Agus ged do bha so air a dhearbhadh air m inntinn, nach b'urrainn iadsan a bha aon uair gu h-éifeachdach ann an Criosd, (mar a bha dòchas agam tre ghràs a fhuair mise mi-féin, a chall gu bràth air chòr sam bith; — “Cha reicear am fearann gu bràth, oir is leamsa am fearann;” deir Dia, (Leibh xx. 23) Ach bha e 'na ghnà aimheal dhomh 'nuair a smaointichinn gu'n robh urrad ri aon smuain dhiù sud agam an aghaidh Iosa Criosd, a rinn a leithid do ni air mo shon sa rinn esan, agus fòs aig an àm ud, cha mhòr gu'n robh smuain sam bith eile annam ach smaointean toibheumach mar iad sud.

135. Ach cha be aon chuid m' fhuath do'n smaoin so, no aon iarratas no ionnsaidh gu cuir 'na h-aghaidh, a rinn anns a' chuid bu lagha, dlù-leanmhuinn no neart na smaoinne so a lùghdachadh oir, mheasgaich si i-féin anns gach ni

ach beag a smaointich mi, air dòigh is nach b'urrainn mi aon chuid mo bhiadh ithe; mi-féin a chromach a thogail dealg dheth an làr, maide connaidh a bhristeadh, no mo shùil a thionndadh a mull na nall gu sealltainn ri sud no ri so gu'n am buaireadh ud a bh do ghna a' tighinn, —“ Reic Criosd air son so, reic Criosd air son sud, reic e, reice e.”

136. Air uairibh thigeadh e gu m' inntinn, ni's liugha na ceud uair còmhladh.—“ Reic e, reic e” agus faodaidh mi ràdh, gu'n do sheas mi fad uairean iomlan do ghnà a' fantainn air m' ais, agus a' farrach m' aignidh 'na aghaidh m'um b'urrainn aon droch smuain éirdh 'nam chridhe a dh' fhaodadh aonta thoirt dha, agus air uairibh chuireadh am buaireadair mar fhiach-aibh orm gu'n d'aontaich mi gu sin a dheanamh; agus an sin bha mi mar gu'm bithinn air mo phianadh air cràdh-chleatha fad lathaichean iomlan,

137. Chuir am buaireadh so mi fo leithid do chùram agus do dh' fhaicheall air eagal gu'n tugainn air àm sam bith, m' aonta dha chum buadhachadh tharam, agus a thaobh dian-neart m' inntinn, a' saothreachadh le spàirn chum cuir an aghaidh na h-aingeachd so, bhiodh mo dhearbh chorp ann an iomairt no gluasad le 'm làmhan 's le 'm ùillean; do ghnà a' freagairt, cho luath sa theireadh an nàmhaid millteach, *reice e*; —“ Cha reic mi, cha reic mi, cha reic mi, air son mìle, mìle, mìle saoghal; a' labh-

airt mar so air eagal gu'n deanainn ann am meadhon nam buairidhean so a mheas tuilleadh is iosal, eadhon gus am bu ghann a bha fios ceart agam c'ait' an robh mi, no cia mar a gheibh-inn m' inntinn a shocrachadh a rithist gu fois !

138. Aig na h-àmanna so cba leigeadh e dhomh mo bhiadh ithe le sìth, ach do rìreadh am feadh a bhithinn 'nam shuidhe aig a' bhòrd a' gabhail mo bhìdh, b'éigin domh dol uaithe sin a dh' ùrnaigh ; *feumaidh mi mo bhiodh fhàgail a nis' agus a cheart nise'* ; bu cho ro mheallt'-naomha so, mar an ceudna a bhith-eadh an diabhol ud. 'Nuair a bha mi mar sud air mo bhuaireadh theirinn rium-féin ;—“ Tha mi 'n dràsta ri mo bhiadh leig dhom crìoch a chuir air,” “ Cha leig,” ars esan, “ feumaidh tu *sud* a dheanamh a nise, air neo, cuiridh tu miothlachd air Dia, agus ni thu tàir air Crìosd.” Uime sin, bha mi fo mhòr thrioblaid leis na nithibh so, agus a thaobh ro pheacaichead mo nàduir ; bha mi saoil sinn gu'm b'ann o Dhia a thàinig na faoin-smuaintean so ; agus dhiùltain *sud* a dheanamh, mar gu'n diùltainn Dia ; agus a sin bhithinn cho ciontach [air leam-féin] a chionn 's nach do dh' fhreagair mi buaireadh an diabhoil is ged do bhithinn an déigh lagh Dhé a bhriseadh da rìreadh.

139. Ach gu cuir mo sgeòil an giorrad, aon mhadainn air dhomh a bhi 'nam laidhe ann am leabaidh, bha mi mar air amannan eile ni bu ro uabhasaich air mo bhualadh leis a' bhuaireadh



so. Criosd a reic, agus dealachadh ris, bha'n droch smuain so do gnà a' riuth air m'inntinn,—“Reic, reic e, reic e,” cho luath sa b'urrainn duine labhairt, agus an aghaidh so thubhairt mi 'nam inntinn, mur bu ghnà leam a ràdh,—“Cha reic, cha reic, cha reic, air son, mìltean, mìltean, mìltean, thuirit mi mar so air a' chud bu lugha fichead uair thairis; ach fa-dheòigh mhothaich mi an smuain so a' ruith tro mo chridhe; “fàlbhadh e mas e sin a thoil féin,” agus shaoil mi mar an ceudna, gu'n d' fhairich mi mo chridhe a' toirt, saor-aonta dha sin, O! dìchioll Shàtain, O! an-dòchas cridhe an duine!

140. A nise chaidh an cath a chosnadh, agus thuirt mise sios mar eun a rachadh a' thilgeadh bharr mullach craoibhe, chum mòr chiont, agus eu-dòchas eagalach. Mar so air éiridh suas domh o m' leabaidh chaidh mi gu dubhach tùrsach a chum an achaidh, ach tha fios ag Dia, gur ann le cridhe cho trom sa b'urrainn duine bàsmhor, air leann, a ghiùlan, oir rè da uair do dh'ùin' bha mi coltach ri duine màrbh, gun leigheas ann domh, ach air mo thoirt thairis a chum peanais sìorruidh.

141. Agus maille ris gach uile ni eile, rinn an sgrìobtur so gréim air m'anam;—“No neach mi-naomha sam bith, mar Esau, a reic air son aon ghréim bìdh còir a cheud-bhreithe; oir a ta fhios agaibh 'nuair a b'àill leis an déigh sin am beannachadh a shealbhachadh, gu'n do dhùiltadh e; oir cha d' fhuair e àit aithreachais,

ged dh' iarr se e gu dùrachdach le deuraibh." Eabh xii, 16, 17.

142. Bha mi nise mar neach air a cheangal, mhothaich mi mi-féin air mo dhùnadh suas fa chomhair a' breathanais ri teachd, cha ghabhadh nì sam bith còmhnaidh maille rium ; rè dha bhliadhna iomlan ach dìteadh-sìorruidh, agus dùil ri dìteadh-sìorruidh a theachd orm. Tha mi 'g radh, cha ghabhadh nisam bith eile còmhnaidh maille rium ach so, ach tiotaidhean beaga a mhàin air son furtachd, mar a chì sibh an déigh so.

143. Bha na briathran ud do n' anam, mar gheimhlibh umha do'm chasan, agus fo 'm bith-fhuaim-san shuibhail mi ré mhìosan iomlan. Ach mu thuaram deich no aon uair deug do'n latha sin féin, air dhomh a bhi 'g imeach fo sgàile gàraidh-sgithich, (làn bròin agus cionta, mar is fiosrach Dia.) agus mi caoidh air son a chruaidh-chàis so, gu'n éireadh a leithid sud do smuain 'nam inntinn, air ball thàinig na briathran so do'm ionnsaidh,—*Cuiridh fuil Chrìosd air falbh na h-uile chionta.* Ris a so, stad mi ann am inntinn. Leis a sin ghabh na briathran so gréim air m' aigneadh—"Glanaidh fuil Iosa Chrìosd a Mhic sinn o gach uile pheacadh." 1 Eoin. i. 7.

144. A nise thòisich mi air faotainn sìthe 'nam anam, agus air leam gum faca mi am buair-eadair ag amharc orm gu caog-shùileach agus e a' sèapadh air falbh uam, mar gu'm biodh nàir, air air son na rinn e. Fhuair mì aig an àm cheudna

mo pheacannan agus fuil Chrìosd air an sàmhlachadh a mach dhomh mar so,—nach robh mo pheacannan, an uair a rachadh a sàmhlachadh ri fuil Chrìosd dad ni bu mhò na bha ploc no clach bheag a bha romham an comhais ri raon mòr farsuinn a bha 'nam shealladh 'san àm sin. Thug so mòr mhisneach dhomh fad a dhà na thrì do dh' uairean, agus shaoil mi aig an àm sin gu'm faca mi tre chreideamh Mac Dhé mar a' fulang air son mo pheacannan; ach a thaobh 's nach do bhvanaich so maille rium, thuit mi sìos 'nam inntinn, fo mhòr chiont a rithist.

145 Ach gu sònraichte air son an sgrìobtuir ro'-ainmaichte, mu dhéibhinn Esau a chòir-bhreith a reic, oir laidheadh an sgrìobtur sin fad an latha air m' inntinn, agus chuirneadh e sìos mi, ionnas nach b' urrainn mi air aon chòr mi-féin a thogail suas; oir 'nuair a bheirinn ionnsaidh air dol chum an sgrìobtuir so no'n sgrìobtuir ud air son furtachd, bhiodh na briathran so do ghnà a' séirm ann am chluasan,—“ Oir a ta fhìos agaibh 'nuair a b'àill leis an déigh sin am beannachadh a shealbhachadh gu'n do dhiùltadh e: oir cha d' fhuair e àite aitheachais, ged' dh'iarr se e gu dùrachdach le deuraibh.”

146. Air cuid do dh' uairibh bheanadh na briathran so ann an Soisgeul Lucais rium.—“ Ach ghuidh mis air do shon, nach dìobradh do chreideamh thu;” (Luc. xxii. 32. Ach cha-n fhanadh iad so maille rium; agus ni mò

b' urrainn mi gu dearbha, 'nuair a bhéirinn fainear mo chōr, an stéidh bu lagha fhaotainn gu saoil sinn gun robh freum a ghràis, no chreid-eimh sin annamsa, a thaobh mi a pheacachadh mar a rinn mi. A nise bha mi air mo shracadh, agus air mo reubadh, agus ann an cruaidh-chàs trom, fad iomadh latha gu h-iomlan.

147. An sin thòisich mi le cridhe tròm agus cùramach, air beachdachadh air nàdur agus meud mo pheacaidh, agus air rannsachadh ann am facal Dé a dh' fheuchainn am b' urrainn dhomh facal geallaidh no briathran misnichidh fhaicinn ann an àite san bìth dheth, o'm b' urrainn mi comh-fhurtachd a tharruinn. Uime sin thoisich, mi air beachdachadh air na briathraibh so ann Soisgeul Mharcuis, san treas caibidil, anns an ochdamh rann thar an fhichead.—“Gu'm maithear na h-uile pheacannan do chlann nan daoine, agus gach toibheam a labhras iad.” Shaoil mi gu'n robh san àite soann am shealladh a thiotadh, gealladh mòr agus gràsmbhor air mathanas fhaotainn air son pheacannan antromach àrda; agus air dhomh beachdachadh air an àite sin ni bu ro làine, smaointich mi gur ann bu chòir a thuigsinn ann a bhi ciallachadh ni bu roshònnaichte an aiteam ud a chuir an gnìomh peacannan mar bha sud air an ainmeachadh am feadh a bha iad ann an staid nàduir; agus nach buineadh e dhomhsa a fhuair araon solus agus tròcair, ach a ghiùlain mi-féin an

deigh am fhaotainn càlg dhìreach 'nan aghaidh le cùl a chuir ri Criosd mar a rinn mi.

148. Bha eagal orm uime sin, gu'm faodadh gu'm be'm peacadh aingidh a chuir mis an gnìomh, am "peacadh sin nach faigh mathanas a chaoidh," mu 'm beil-sa labhairt an so, "Ach ge be labhras toibheum an 'aghaidh an Spioraid Naoimh' cha-n fhaigh e mathanas a chaoidh, ach tha e 'n cunnard peannais shìorruidh," (Marc. iii. 29.) Agus bu mhòid a thug mi creidsinn d'a so a thaobh nam briathran sin ann an litir Phòil a chum nan Eabhruidheach,—“Oir a ta fhios agaibh an uair a b' àill leis an déigh sin am beannachadh a shealbhachadh gu'n do dhiùltadh e ; oir cha d' fhuair e àite aithreachais, ged dh' iarr se e gu dùrachdach le deuraibh.” Agus lean so do-ghnà rium.

149. A nise bha mi araon 'nam eallach agus 'nam uabhas dhom féin, agus cha d'fhiosraich mi riamh gus an uair sin, ciod e an ni a bhi sgìth do 'm bheatha, agus gidheadh, a bhi fo eagal bàsachadh. O ! cia toileach a nise bhithinn mar neach sam bith ach mi-féin ! no ann am chreutair sam bith ach 'nam dhuine ; agus ann an staid sam bith ach ann am staid féin ! oir cha tàinig ni sam bith ann am inntinn cho tric ris a so, gu'n robh e 'na ni ea-comasach gu'm maithte dhomhsa m'eu-ceartan, no gu'm faighinn tearnadh o'n fhéirg a ta ri teachd.

150. A nise thòisich mi air ath-ghairm na h-aimsir a dh' fhalbh air a h-ais ; a' miannach-

adh mìl' uair thairis, gu'n robh an latha fathast gu'n tighinn anns am bithinn air mo bhuaireadh gu peacadh mar sud, a' co-dhùnadh le mòr-chorraich araon ri'm chridhe agus ri uil' ionnsaidhean an nàmhaid, O! b'fhearr leam a bhi air mo reubadh ann am mhìribh na bhi air m' fhaotainn 'na m' fhear-aontachaidh dhaibh. Ach mo thruaighe, bha 'na smaointean, na h-iarraidhean, agus na rùintean so ro anmoch chum mo chòmhnadh, agus thàinig an smaoin so gu mo chridhe, gu 'n do leig Dia dheth mi, le mo chead a thoirt dhomh air falbh; agus chlaon mise. "Och!" arsa mise, "nach robh mi mar anns na mìosan a chaidh tharum, mar anns na laithibh air an do choimhid Dia mi!" Iob. xxix. 2.

151. An sin a rithist, a thaobh nach bu mhath leam, dol a dhith gu sìorruidh, thòisich mi air coimis mo pheacannan féin ri peacannan muinntir eile a dh' fheuchainn am faicinn an d'rinnaonsam bith dhiù-sanachaidh a thearnadh mar a rinn mise. Uime sin, smaointich mi air adhaltranas agus air mortDhaibhidh, agus fhuair mi iad-sin 'nam peacannan an-tromach, agus iad mar an ceudna air an cuir an gnìomh an déigh dha solus agus gràs fhaotainn, ach fòs an déigh dhomh beachdachadh gu ceart chunnaic mi nach robh euceartan-san, ach mar iad sin a mhain a bha 'n aghaidh lagh Mhaois, ni bho'm b'urrainn an Tighearna Criosd le aonta fhacail a shaoradh, ach bha m' eu-ceartan-s' an

aghaidh an t-Soisgeil, seadh, agus an aghaidh Eadar-mheadhonair an t-Soisgeil, agus reic mi mo Shlànaighear.

152. Bha mi sin a rithist mar gu'm bithinn air mo chràdh air cuibhe-phianaidh 'nuair a bheachdaich mi, a bharrachd air a' chionta sin a ghabh séilbh orm cheana, gu'n robh mi cho falamh do ghràs, agus cho ro mhòr air mo mhealladh! Ciod arsa mise, am feudar nach bi e 'na pheacadh sam bith eile ach am peacadh so? Am feudar gur e an t-easantas mòr so a bhios ann? (Sàlm. xix. 13.) Am feudar gu'm bean an t-aon-eucorach ri m'anam? (Eoin. v. 18.) O! ciod a' ghuin a fhuair mi anns na briathran so gu léir!

153. Seadh, arsa mise, nach eil ann ach aon pheacadh air son nach faighear mathanas? a ta leagadh an anma far nach ruig trècair Dhé air; agus am feudar gu'm beil mise ciontach do'n pheacadh sin. Am beil ach aon pheacadh a measg cho liugha mìle do pheacannan air son nach faighear mathanas, agus am b' fheudar gu'n, cuirinn-s' am peacadh sin an gnìomh O! a pheacaich neo-shona, O! a dhuine neo-shona! Bhriseadh agus bhuaireadh na nithe so mo spiorad, ionnas nach robh fhios agam ciod a dheanainn, shaoil leam air uairibh gu'm buineadh iad uam mo chiall nàdurrach: agus a chum mo thruaighe antromachadh thigeadh so gu m' inntinn. "Oir a tafhios agaibh an 'nuair a b' àill leis an deigh sin am beannachadh a

shealbbachadh gun do dhùiltadh e ge do dh' iarr se e gu dùrachdach le deuraibh." O! cha-n eil fios aig duine air uabhasaibh nan lathachan so ach agam féin.

154. An deigh so thòisich mi air smaointeachadh air na peacannan sin a chuir Peadar an gnìomh le mhaighistear àicheadh, agus gu dearbha thàinig iad so ni bu dlùithe dhomhsa, na peacannan sam bith eile, a b' urrainn mi fhaotainn, oir dh' àicheadh esan a mhaighistear mar a rinn mise, an deigh dha solus agus trò-cair fhaotainn, seadh, agus sin ceudeachd, an deigh dha sanus fhaotainn ; thug mi fainear mar an ceudna, gun d' rinn esan sin uair no dhà, an deigh dha ùine gu smaointeachadh fhaotainn eadar na h-uairibh sin, ach ged do chuir mi na cùisean ud gu léir cuideachd, nam bu chomasach e gu'm faodainn cobhair fhaotainn, gidheadh, smaointich mi rithist, nach robh a pheacadhsan ni bu mhò na 'mhaighistear àicheadh, ach be mo pheacadh-sa mo Shlànaighear a reic. Uime sin smaointich mi annam féin, gu'n tàinig mi ni bu dlùithe air Iudas na thàinig mi araon air Daibhaidh no Peadar.

155 An so a rithist lasadh mo phian a mach, agus sàraicheadh e mi, seadh, phromadh e mi, mar gu'm b' eadh, gu smùraich a bhi beachdachadh air teasraiginn Dhé air muinutir eil, am feadh a thuit mi-féin san ribhe ; oir ann am beachdachadh mar so air peacannan dhaoine eile, agus ga 'n comais ri mo pheacannan féin,



cithinn gu soilleir gu'n d' anacail Dia iad a dh'aindeoin an aingidheachd, agus nach do cheadaich e dhaibh mar a cheadaich e dhomhsa tionndadh gu bhi ann am mhac an sgriosa !

156. Ach O ! cia cho luachmhor sa mheas m' anam aig an àm so an teasraiginn a chuir Dia mu thimchioll a phobuill ! O ! cia cho tearainnte sa chunnaic mi iadsan ag imeachd a chuartaich Dia a steach. Bha iad fo chùram-san, fo dhion-san, agus fo choimhid sònraicht' a fhreasdail, ged a bha iad a cheart cho ole riumsa a thaobh nàduir ; gidheadh a thaobh is gu'n do ghràdhaich se iad, cha cheadaichead e dhaibh tuiteam air taobh a mach a thròc-air ; ach air mo shonsa, bha mi cailte, rinn mi féin sin domh, cha teasraigeadh, agus cha choimhheadh e mi, ach dh' fhuilig e dhomh, o'n bu neach a chuireadh air chùl mi, tuiteam mar a rinn mi. A nise rinn na h-earrannan beannaichte so do'n Sgriobtur a ta labhairt mu thimchioll Dia a bhi gleidheadh a phobuill féin deàlradh mar a' ghrian ann am làthair, ged nach b'ann a thoirt furtachd dhomh, ach fòs, gu staid shona agus òighreachd na muinntir sin a bheannaich an Tighearn a nochdadh dhomh.

157. A nise chunnaic mi, mar a bha làmh aig Dia anns gach freasdal agus cead peacaidh a bha beirsinn air a shluagh taghte ; mar sin bha làmh aige anns gach buaireadh a bha aca ri pheacachadh 'na aghaidh féin, cha-n ann a chum am brosnachadh gu aingidheachd, ach a chum

am buairidhean agus an trioblaidhean sònraite a roghnachadh a mach dhaibh, agus am fàgail mar am ceudna ré ùine aig nithibh a mhain nach faodadh an sgrìos, ach an irioslachadh, ach nach faodadh an cuir air an taobh thall d'a iochd, ach an saoradh ann an slighe ath-nuadhachaidh a thròcair. O ! ciod an gràdh, ciod an cùram ! ciod an suairceas ! agus an tròcair a chunnaic mi nise ga'n co-mheasgadh féin maille ris gach dòigh is sàraichte agus is uabhasaiche do dhòighean Dhé a thaobh a phobuill ! Leigeadh e le Daibhidh, le Heciah, le Solamh, le Peadar, agus le muinntir eile tuiteam, ach cha leigeadh e leo tuiteam anns a' pheacadh nach faodair a mhathadh, no tuiteam, ann an ifrinn air son peacaidh. O ! arsa mise, be sud na daoine do'n tug Dia gràdh ; be sud na daoine ged' rinn Dia an smachdachadh a tha e gleidheadh ann an tearuinnteachd maille ris, agus do'n tug e còmhnaidh fo sgàil' an Uilechumhachdaich. Ach mheudaich gach smaoin diù sud bròn, àmhghar, agus uabhas dhomhsa, Ge be air bith ni air an smaointichinn a nise bhiodh e 'na chlaoidh dhomh, na'n smaointichinn air mar bha Dia a' coimhid a mhuinntir féin, bha sin 'na chlaoidh dhomh ; 'na smaointichinn air mar thuit mi-féin bha sin 'na chlaoidh dhomh. Mar a cho-oibrich gach ni le chéile chum math agus feum a dheanamh dhaibh-san a bha air an gairm do réir am feuma, mar sin shaoil mise gu'n do cho-oibrich gach ni le chéille

dhomhsa chum mo mhilleadh, agus e chum mo léir-sgrìos sìorruidh.

158. An sin a rithist, thòisich mi air coimis mo pheacannan féin ri peacannan Iudais, a dh'fheuchainn am faighinn na'm bu chomasach e, an robh eadar-dhealachadh eadar mo pheacannan-sa agus a' chud-sa peacannan a ta da rìreadh do-mhaithte; agus—"O!" arsa mise, "ma tha eadar-dhealachadh eatorra, ged' nach biodh ann ach leud ròine, cìod an còr sona anns am biodh m'anam!" Agus le geur-bheachdachadh fhuair mi gu'n d' rinn Iudas an gnìomh ud le làn-toil, ach bha'n ni sin a rinn mise an aghaidh achanaich agus dùrachd; osbarr chuir esan a pheacannan an gnìomh an deigh mòran smaointeachaidh, ach bha mo pheacannans' air an cur an gnìomh le deifir eagalach ann an tiotadh; feadh na h-ùine so bha mi air mo luasgadh sìos a's suas mar locust, agus air m' iomain o thrioblaid a chum bròin, do ghnà a' cluinntinn fuaim tuiteam Esau a' toirm ann am chluasan agus an ni uabhasach a thàinig air an co-lòrg an tuiteam sin.

159. Bha na smaointean so mu thimchioll peacadh Iudais rè seal na bheagan co-fhurtachd dhomh, oir chunnaic mi nach robh mo pheacadh do réir còra cho mòr ri pheacadh-san, ach dh'fhalbh an fhurtachd so gu h-aithghearr a rithist, oir smaointich mi annam féin gu'n robh ni bu liugha seòl na h-aon air am faodte am peacadh so air son nach faighear mathanas a chuir an gnìomh.

Mar an ceudna shaoil mi gu'n robh caochla cheuman ùrduichte ann diù sin cho math sa bh'ann do pheacannan eile, agus air son n'a b'urrainn mis' fhaicinn, fathast gu'm faodadh gu'n robh am peacadh a rinn mise mar aon air nach faoidte chaoidh dol seachad.

160. Bha mi nise gu tric fo nàire air son gu'n robh mi ann am dhuine cho gràineil ri Iudas, smaointich mi mar an ceudna, cho fuathmhor sa bhithinn ann an làthair nan uile naomh air latha 'bhreitheanais, ionnas nach b'urrainn mi aig an àm ud duine math fhaicinn a shaoil mi aig an robh deagh chogais gu'n mo chridhe a chrithneachadh roimhe am feadh a bha mi 'na làthair; O! a nise chunnaic mi glòir ann an imeachd maille ri Dia, agus an tròcair, a bh'ann do neach deagh chogais a bhi aige 'na làthair-san.

161. Bha mi gu mòr air mo bhuaireadh aig an àm sin chum mi-féin a thoileachadh le bairealan meallta ghabhail do'm ionnsaidh mar iad so, nach biodh leithid latha bhreitheanais idir ann, agus nach éireadh sinn a rithist suas o'n eug, agus nach robh am peacadh na ni cho doilghiosach sa chaidh aithris, agus dhùisg am buaireadair suas na smaointean so,—“Oir ged' dh'fhaodadh na nithe ud a bhi fìor, ma chreideas tusa nach eil iad mar sin, ach 'nan dearbh bhréig bheir sin comhfhurtachd dhut air son an àma ta làthair, mas a h-éigin dut dol a dhìth, c'arson a phianadh tu thu-féin roi'n àm? fuad-

aich smuaintean mu thimchioll! damnadh sìorruidh o t'inntinn, le tighinn a chum nan co-dhùnaidhean leis an gnà le luchd-àicheadh Dhé agus le luchd-bòilich comhfhurtachd a thoirt dhaibh-féin maille ris a' chuid eile."

162. Ach O! 'nuair a chaidh na smaointean ud tre mo chridhe, cia, mar gu'm b'eadh, ann an uidhe ceuma a bha bàs agus breitheanas ann am shealladh, shaoil leam gun do sheas am breitheamh aig an dorus; ionnas nach b'urrainn mi caidreamh a thoirt do leithid sud do smaointean maille rium. Ach air leam, gu'm beil mi faicinn leis a so; gu'n gnàthaich Sàtan meadhon sam bith, a chum an anma chumail o Chrìosd; cha toigh leis inntinn air a dùsgadh, 'se mi-chùram, doille, dorchadas agus mearachd, dearbh rìoghachd agus ionad-còmhnaidh an aon-eucoraich.

163. Fhuair mi e 'na ni cruaidh a nise, ùrnaigh a dheanamh ri Dia, a thaobh gu'n robh an-dòchas ga mo shlugadh suas; shaoil leam gu'n robh mi mar le doinionn air m'fhuadachadh air falbh uaithe; oir do ghnà nuair a ghlaodh-ainn ris air son tròcair thigeadh a steach orm; —“Tha e nise ro anmoch, tha mi càillte, cheadaich Dia dhomh tuiteam, cha-n ann a chum mo smachdachadh, ach a chum mo dhamnaidh; tha mo pheacadh do mhaithte; agus tha fhios agam mu thimchioll Esau, an deigh dha a chòir bhreith a reic, gu'n gabhadh e am beannachadh, ach dhiùlltadh dha e.” Mu'n àm so thàinig

leabhar anns an robh a' chunntais uabhasach mu thimchioll an truaghain bhàsmhoir ud *Francus Spira* gu mo làimh, leabhar, a bha do m'anam neo-shuaimhneach, mar shalan an uair a rachadh a shuathadh ri ùr-chneidh; bha gach earrann do 'n leabhar sin, gach osna rinn an duine sin, (maille ris a' chud eile de a ghniomharran 'na thùrsa agus nachruaidh-chàs.) mar a dheòir a's achanaichean, a shnagadan fhialac, fhàsgadh dhòrn, a shniomh air faibh, fhannachadh, a sheargadh às folàmh chumhachdach Dhé a chaidh a leagadh air, bha iad sin, mar sgeannan agus mar bhiodagan a dol gu m'anam; ach bha'n earrann so dhe a bhriathran gu h-àraidh ro uabhasach leam—"Is eòl do dhuine an tobair o'm beil am peacadh ag éiridh, ach cò a chumas a shruthannan o ruith." An sin thuiteadh na ceud bhriathran mar cho-dhùnadh an iomlain mar bheithir theinntich air mo chogais a rithist:—"Oir a ta fhios agaibh 'nuair a b'ail leis an deigh sin am beannachadh a shealbhachadh gu'n do dhiultadh e, oir cha d'fhuair e àit aithreachais ged dh'iarr se e gu dùrachdach le deuraibh."

164. An sin bhithinn air mo bhualadh gu mòr bhalla-chrith, ionnas air uairibh gu'm mothaichinn fad lathaichean iomlan mo dhearbh chorp cho math ri m'anam a' crithneachadh le cràdh o mhothachadh air breitheanas uabhasach so Dhé a thuiteadh orrasan a chuireadh an gnìomh am peacadh eagalach ud air son nach

faighear mathanas a chaoidh. Mhothaich mi mar an ceudna, a leithid do làn agus do theas ann am ghoile a thaobh an uabhais so a ghlac mi air chòr is gu'n robh mi gu sònraichte air amaibh mar gu'n sgàineadh cnàimh mo bhroillich às a chéile; an sin chuimhnich mi m'ù thimchioll Iudais.—“Air dha tuiteam sios air aghaidh, sgàin e sa mheadhon agus bhrùchd a mhionach uile mach.” Gnìomh i. 18.

165. Bha eagal orm mar an ceudna gu'm be so an comharradh a chuir Dia air Cain, eadhon gnàth-eagal agus balla-chrith fo'n eallach throm do chiont' a chuir e r'a chunntais, air son fala a bhràthar Abel. Mar sin thionndadh, shniomh, agus chrùb mise fo'n uallach thròm a bh'air mo mhuin féin, uallach a shàraich mi cho mòr is nach b' urrainn mi araon seasamh, no falbh, no laidhe gu fois no sìth!

166. Fòs thigeadh an ràite so air uairibh gu m'inntinn—“Thug thu tiodhlacan do dhaoine ceannairceach.” (Sàlm, lxviii. 18.) “Do dhaoine ceannairceach,” arsa mise. Seadh gu cinnteach, is ionnan iad sin agus muinntir a bha aon uair a' toirt géilleadh d'an rìgh, eadhon iad so air dhaibh aon uair bòideachadh gu'n biodh iad dileas, agus umhal d'a riaghladh, ach a thog an déigh sin an àrmaibh 'na aghaidh; agus so arsa mise mo chòrsa; ghràdhaich mis' e aon uair agus ghluais mi 'na fhiamh agus 'na eagal, agus rinn mi séirbheis da, ach a nis' is ceannairceach mi, reic mi e, thuirt mi ris, “e dh'fhàlbh

na b'è sin a thoit féin," ach *tha tiodhlacan* aige do dhaoine ceannairceach fhathast, agus c'arson nach bi e aige dhomhsa ?

167. Smaointich mi air uairibh air a so, agus shaoithrich, mi air son gréim a dheanamh air, se sin, gu'm faodainn beagan comhfhurtachd fhaotainn, ach chaidh mi iomrall air a sin mar an ceudna, bha mi, le 'neart air m'fhuadachadh gu cian thairis air; bha mi coltach ri duine bhite dol a chur gu bàs, eadhon, anns an ionad sin anns bu mhiann leis crùbadh sios a chum e féin fhalach, ach anns nach faodadh e fhalach a dheanamh !

168. A rithist, an deigh dhomh beachdachadh mar so air peacannan nan naomh gu sònraichte, agus a fhuair mi mo pheacadh féin a bhi mòran ni bu mhò no na peacannan acasan, an sin thòisich mi air smaointeachadh annam féin 'nan cuirinn an cuid sa' peacannan gu léir cuideachd, agus mo pheacadh féin air leth r'an aghaidh; nach faodadh an sin, gu'm faighinn misneach? Oir mo pheacadh-sa, ged' is mò e na peacadh a h-aon diù san mar a h-eil e ach cho mòr r'am peacannan-sa uile cuideach, tha dòchas ann do'm thaobh, oir, an fhuil sin anns an beil feartan gu leòir a chum am peacannan-sa gu léir a ghlanadh air falbh tha feartan gu leòir ann a chum mo pheacannan s' a 'ghlanadh air falbh ged a tha iad cho mòr r'an peacannan-san, mar a h-eil iad nì's mò n'an cuid-san gu léir. An so a rithist chùimhnaich mi air peacannan



Dhàibhidh, Sholaimh, Mhanaseh, Pheadair, agus a' chuid eile do'n mhòr luchd-easantais, agus shaoithrich mi mar an ceudna, mar a dh' fhaodainn le ceartas a dheanamh, air na peacannan acasan an-tromachadh, agus air an àrdachadh air iomadh còr agus dòigh.

169. Smaointichinn maille rium féin, gun do dhòirt Daibhidh fuil a chum a chuid adhaltranais a chòmhdachadh agus fhalach, agus sin cuideachd le claidheamh chloinn Ammoin, obair nach b'urrainn a bhi air a deanamh ach le innleachd air a sònrachadh roì-làimh, ni a bha na an-tromachadh air a pheacadh. Ach philleadh so do'm ionnsaidh; "A! cha robh iad sin ach 'nam peacannan an aghaidh an lagha, agus bha Iosa air a chur a chum teasraiginn uapa, ach tha do pheacadh-sa an aghaidh an t-Slànaighear agus cò 'thearnas tu uaidhe sin?"

170. An sin smaointich mi air Solamh, agus air mar pheacaich e le mnathan coimheach a ghràdhachadh agus a chlaon e air falbh a chum an iodhalan le teampuill a thogail daibh agus gun d'rinn e so an aghaidh solais agus eòlais 'na sheann aois, an deigh dha mòr thròcair fhaotainn, ach rinn an dearbh cho-dhùnadh a ghearr air falbh mi anns na smaointeannan roimhe mo ghearradh air falbh uaithe so; *se sin ri ràdh*, nach robh annta sud uile ach peacannan an aghaidh an lagha, ni air son an d' ullaich Dia iocshlaint, ach reic mise mo shlànaighear agus

K



cha' robh ìobairt tuilleadh ann air son peacaidh.

171. An sin chuirinn maille ri peacannan 'nan daoine so peacannan Mhanaseh, mar a thog e altraicean do dh' iodhalaibh ann an taigh an Tighearna, choimhid e mar an ceudna amannan, agus ghnàthaich e drùidheachd, bha buntainn aig ri luchd-buidseachd agus bha e-féin 'na bhuidsiche, agus a' chumail leannanan-sìthe; agus loisg e a chlann air an teine mar ìobairt do dheamhnaibh, agus thug e air sràidibh Irusaleim sruthadh le fuil nan neo-chiontach, bha iad sud, arsa mise, 'nam peacannan mòra, 'nam peacannan flann-dhearg, ach fòs thigeadh so do'm ionnsaidh,—“ Cha-n eil a h-aon do na peacannan sin a dh' aon nàdur ri do pheacannan-sa dhealaich thu ri Iosa, reic thu do Shlànaighear.”

172. Bha'n smaoin so do ghnà a claoidh mo chridhe, gu'n robh mo pheacadh calg-dhìreach an aghaidh mo Shlànaighear; agus sin mar an ceudna aig an àirde sin a thubhairt mi ann am inntinn mu thimchioll,—“ falbhadh e ma e sin a thoil féin.” O! shaoil mi gu 'm bu mhò am pheacadh ud na peacadh dùthcha, no rìoghachd no 'n t-saoghail gu léir, cha robh a h-aon de na peacannan sin a bha so-mhaite, no'n t-iomlan diù cruinn cuideach, cho mòr ri mo pheacadh sa; thug mo pheacadh-sa barr orra gu léir.

173. A nise mhothaich mi m' inntinn a' teicheadh air falbh o Dhia, mar o ghnùis breith-

eimh uabhasaich, gidheadh be so mo chràdh,—  
 “ *Is ni eagalach tuiteam ann an làmhan an Dé*  
*bheò.*” (Eabh. xlii. 22.) Thigeadh so tha mi  
 gràdh a dh’ ionnsaidh m’ inntinn; Ach beann-  
 aichte gu’n robh a ghràs, thigeadh an Sgriobtur  
 so aig àm nan teumannan ruatharach ud, mar  
 a’ ruith ann am dheigh; “ Dhubh mi às mar  
 neull t’ euceartan, agus mar cheò do lochdan  
 pill rium, oir shaoir mis’ thu. (Isa. xliv. 22.)  
 Thigeadh so tha mi ’g ràdh a dh’ ionnsaidh  
 m’ inntinn an uair a bha mi teicheadh o ghnùis  
 Dé, oir bha mi a’ teicheadh o ghnùis; se sin;  
 bha m’ inntinn agus mo spiorad a’ teicheadh  
 roimhe, a thaobh a ro-oirdheirceas, cha b’ urrainn  
 mi ’fhulang; an sin ghlaodhadh an Sgriobtur  
 so rium; *pill riumsa*, ghlaodadh e gu h-àrd le  
 guth ro labhar,—“ pill rium, oir shaor mis  
 thu.” Gu dearbha bheireadh so orm stad car  
 tacain, agus mar gu’m b’ eadh sealtainn air  
 m’ ais a bharr mo ghuaile a dh’ fheuchainn am  
 b’ urrainn mi a mothachadh, an robh gràs Dé  
 ga mo leantainn le mathanas ’na làimh; ach  
 cha bu luaithe a dheanainn sin, na bhiodh gach  
 ni air an còmhach thairis a rithist, le dorchadas  
 o na briathran so,—“ oir a ta fhios agaibh an  
 uair a b’ àile leis am beannachadh a shealbhach-  
 adh, gun do dhiùltadh e; oir cha dh’ fhuair e  
 àit’ athreachais, ged d’ iarr se e gu dùrachdach  
 le deuraibh.” Uime sin cha b’ urrainn mi  
 fuireach, ach theich mi air falbh, ge do ghlaodh  
 e air uairibh,—“ pill, pill,” mar gu’m biodh e

'g àrd ghlaodhaich às mo dheigh, ach bha eagal orm dlùthachadh ris, air eagal nach b'ann o Dhia a bha e; oir bha 'n Sgriobtur ud eile mar a thubhairt mi cheana do ghnà a séirm ann am chogais;—"oir tha fhios agaibh an uair a b'àill leis am beannachadh a shealbhachadh gu'n do dhùiltadh e," &c.

174. Aig aon àm air dhomh a bhi spaidsearachd sìos as suas ann am bùth criosdaidh àraidh a' caoidh air son a chòr mhuladaich thruaigh anns an robh mi, air mo chràdh le féin-ghràin a thaobh an smaoin olc agus aingidh ud a' caoidh mar an ceudna air son gu'n chuir mi peacadh cho mòr an gnìomh agus bha mòr eagal orm nach faighinn mathanas air a shon; a' guidhe mar an ceudna ann am chridhe ma bha eadar-dhealachadh eadar am peacadh so agamsa agus am peacadh an aghaidh an Spioraid Naoimhe gu'n taisbeanadh an tighearna dhomh e. Agus air dhomh a bhi nise ullamh gu sìothladh seachad le eagal air ball, thàinig mar gu'm b'eadh, osag ghaoithe le fuaim orm, ach gu ro thaitneach a steach air an uinneig, agus mar gu'n cluinninn guth a' gràdh;—"An do dhiùlt thu riamh a bhi air t' fhìreanachadh le fuil Chrìosd?" agus leis a sin bha m' uil aidmheil a chaidh seachad air am fosgladh suas domh a thiotadh, ni leis an tugadh orm fhaicinn nach do dhiùlt mi le mo dhèid; uime sin fhreagair mo chridhe le acain—"cha do dhiùlt mi. An sin thuit briathran so Dhé orm le cumhachd; "Thugaibh

an n'aire nach diùlt sibh esan a ta labhairt." (Eabh. xii. 25.) Rinn so gréim iongantach air m' inntinn, agus thug e solus do'm ionnsaidh maille ris, agus rinn e sìth ann am chridhe; o na h-uile smuain bhuaireasach dhiù so, do 'm b'àbbaist roimhe sin a bhi sgalaraich agus a buralaich mar bhaide do choin na h-ifrinn, a' deanamh fuaim oillteil an taobh a staigh dhiom. Nochd e dhomh mar an ceudna, gu'n robh aig Iosa Criosda facal gràis agus tròcair dhomh fathast; agus nach do thréig e mi gu tūr, le m' anam a thilgeadh air falbh, mar a bha eagal ormsa a rinn e. Seadh bha so 'na ghnè do chasg air m' an-dòchas, agus 'na ghnè do mhaoidheadh orm, mar a d'rinn mi, a dh' aindeoin mo pheacannan agus an antromachd mo shlainte earbsa ri Mac Dhé. Ach a thaobh ciod bu chrìoch do 'n ni thachair an so cha b' aithne dhomh, no cia a's a thàinig e, ach cha b' urrainn mi fathast ré an fhichead bliadhna so chaidhe sheachad a thuigsinn; smaointich mi an sin air ni as leisg leam innseadh an so. Ach da rìreadh bha'n osag ghaoithe sin mar gu'n tigeadh aingeal do'm ionnsaidh, ach sin agus an t-slàinte mar an ceudna fàgaidh mi iad gun bheantainn riù gu latha bhreitheanas; ach so a mhain deiream gu'n tug e mòr shìth mu'n cuairt 'nam anam; dhearbh e orm gu'n faodadh dòchas a bhi agam; nochd e dhomh, mar a shaoil mi, fìor nàdur a' pheacaidh sin air son nach faigh-e ar mathanas a chaoidh, agus gu'n robh an

comas beannaichte so aig m'anam fathast teicheadh a chum Iosa Crìosd air son tràcair. Ach tha mi' gràdh a thaobh an tachartais so, cha-n eil fhios agam fathast cìod a their mi mu thimchioll, gu fìrinneach is ann mar sin a bha chùis, air chòr is nach do labhair mi m'a thimchioll ann an toiseach an leabhair, tha mi nise mar an ceudna ga fhàgail acasan a ta do dh'inn-tinn fhalain a chum smaointeachadh air. Cha-n eil mi leagadh neart mo shàbhalaidh 'na laidhe air an nì so, ach air an Tighearn Iosa, anns a' ghealladh; a' faicinn fòs, gu'm beil mi ann a' so a' leigeadh ris mo dhiomhaireachd, smaointich mi nach biodh e 'na nì mi-iomchuidh leigeadh leis an nì so mar an ceudna e féin a thaisbeanadh; ged nach urrainn mi'n dràst a' chùis aithris mar a dh'fhiosraich mi e aig an àm ud. Bhunaich so 'nam fhàbhar mu thuaram ceithir na cùig do lathaichean; agus thòisich mi'n sin air a bhi an-earbsach agus air tuiteam ann an an-dòchas a rithist.

175. Uime sin bha mo bheatha do ghnà an crochadh ann an teagamh romham; gun fhios agam cìod an t-slighe air an triallainn, a mhain mhothaich mi gu'm be so rùn mo chridhe, eadhon mi-féin a thilgeadh aig casan tràcair, le ùrnaigh agus achanaich. Ach O! bu nì cruaidh leam aghaidh a bhi agam ùrnaigh a chuir suas ris a' Chrìosd so a dh'iarraidh tràcair, a thaobh gun do pheacaich mi cho salach 'na aghaidh. b'obair chruaidh a tha mi 'g ràdh feuchainn ri

amharc air anns an aodainn, a thaobh gun do pheacaich mi cho truailidh 'na aghaidh; agus d'a rìreadh fhuair mi e na ni cho deacair ri ni sam bith eile, tighinn a chum Dhé le ùrnaigh, an deigh dhomh cùl-shleamhnachadh uaithe, O! an nàire a leam rium a nise, gu sònraichte, 'nuair a smaointich mi gu'n robh mi nise dol a dh'ùrnaigh ris an Tì sin air son tròcair a chuir mi cho ro-shuarach tacan roimhe sin! Bha mì fo nàire, eadhon, fo àmhluidh, a thaobh gu'n do chuir mi'n gnìomh an t-slaightearachd ud; ach chunnaic mi nach robh ach aon slighe ann domh gu dol às, feumaidh mi dol da ionnsaidh-san, agus mi-féin irioslachadh 'na làthair, agus guidhe air gu'n nochdadh esan o ghràsan iongantach iochd dhomh, agus gu'n deanadh e tròcair air m'anam peacach truagh.

176. 'Nuair a chunnaic am buaireadair so, dhùisg e suas na smaointean so 'nam inntinn,— “Nach bu chòir dhomh ùrnaigh dheanamh ri Dia, a thaobh nach deanadh ùrnaigh stàth sam bith do neach ann an còr mar bha mise; agus nach mò dheanadh e math dhomhsa, a thaobh gu'n do chuir mi cùl ris an Eadar-mheadhonair trìd an tàinig gach uil' ùrnaigh le taitneas a chum Dhé an Athar; agus as eughmhais nach b'urrainn aon ùrnaigh tighinn 'na làthair; uime sin cha bhi dhut ann an ùrnaigh a chuir suas a nise, ach a bhi 'cur peacadh ri peacadh; air faicinn dut gu'n do thilg Dia air falbh thu; an ath

rathad a chum na's mo dh'fhéirg agus a chorr-aich a chuir air na rinn thu riamh roimhe.

177. “Oir tha Dia” ars esan, “sgèth dhiot o cheann iomadh bliadhna cheana, a chionn nach aon thu bhuineas da; cha robh do ghlaodhaich 'na chluasan ro-thaitneach leis; agus uime sin leig e dhut am peacaidh sin a chuir an gnìomh, a chum is gu'm faodadh tu bhi air do ghearradh air falbh gu tŷr; agus am bi thu fathast ag ùrnaigh? mar so bha'n diabhol a' sparradh orm, agus chuir e mach an ni so ann an leabhar nan Aireamh far an tuirte Maois ri Clonn-Israel—A chionn 's nach rachadh iad suas a shealbhachadh an fhearainn an uair a ghabhadh Dia riù gu'n do dhùin e mach as an fhearann sin iad gu sìorruidh, ged' rinn iad ùrnaigh ris, theagamh, le deuraibh. Aireamh xiv. 36—42.

178. Agus tha e air a ràdh ann an àite eile; —“Agus ma thig duine gu dàna air a choimhearsnach le céilg, o'm altair bheir thu e a chum gu'm bàsaich e.” (Esc. xxi. 14.) eadhon mar fhuair Ioab bàs an dail Rìgh sholaimh, ged do shaoil e gu'n faigheadh e fasgadh an sin. (1 Rìgh 27—30,) Chiùrr na Sgriobturan so mi gu goirt, ach a thaobh gu'n robh mi ann an staid chunnartach gun dòchas thuirte mi annam féin. “Cha-n urrainn mi ach bàsachadh; agus mas h-éigin da sin tachairt—biodh aig muinntir ri aithris *gu'n do* bhàsaich a leithid so do neach uaireigin aig casan Chrìosd ag ùrnaigh” Mar so rinn mi ach b'ann le mòr éigin, mar is fios-



rach Dia ; agus sin araon a thaobh so agus an iomradh ud eile 'mu thimchioll Esau a bha tighinn a dh'ionnsaidh mo chridhe mar chlaidheamh lasarach a chum slighe craobh na beatha a choimhidh nu'n ithinn d'i agus a bhi beò. O ! cò aige tha fhios, cho duilich sa fhuair mì e tighinn a dh'ionnsaidh Dhé le ùrnaigh.

179. Bu mhian leam mar an ceudna gu'm cuireadh pobull Dé suas ùrnaighean a's mo leith, ach bha eagal orm nach tugadh Dia cridhe dhaibh gu sin a dheanamh seadh bha mi air chrith 'nam inntinn, le eagal gu'n innseadh cuid-eigin dhomh ann an uine ghearr gun tuirt Dia na briathran so riu, mar a thuirt e aon uair ris an fhàidh, mu dhéibhinn chlann Israeil,—“ Na deann thus ùrnaigh air son an t-sluaigh so, ni mo thogas tu suas glaodh no achanaich ás an leth ; oir cha-n éisd mise 'san àm anns an glaodh. iad rium air son an airce.” Mar sin, “ na dean ùrnaigh air a shon-san oir chuir mis' air chùl e.” Seadh, shaoil mi gu'n do chagair e so ann an cluasan cuid aca, cheana, ach a mhain nach faodadh iad sin innseadh dhomhsa, agus ni mò dh'fhaodainns' fhoighneachd dhiù mu thimchioll, air eagal ma bha chùis mar sin gu'n rachainn ás mo chiall.—“ Is eòl do dhuine, arsa Spira, an tobair o'm beil am peacadh ag éiridh ach cò a chumas a shruthannan o ruith ?”

180. Mu'n àm so ghabh mi cothrom, air m'inntim a rùsgadh ri seana chrìosdaidh, agus dh'innis mi dha m'uile chòr, dh'innis mi dha

mar an ceudna gu'n robh eagal orm gu'n do pheacach mi 'm peacadh an aghaidh an Spiorad Naomhe; thuid e rium gun do smaointich e-fein sin cuideachd. An so uime sin, cha d'fhuair mi ach co-fhurtachd fhuar, ach air tuilleadh conaltraidh a bhi agam ris, thuig mi uaithe ge do bha e 'na dhuine math, gu'n robh, e 'na choigreach, air moran comhstrith a bhi aige ris an diabhol. Uime sin chaidh mi dh'ionnsaidh Dhé a rithist a dh'iarraidh trècair cho math sa burrain mi fathast.

181. A nise mar an ceudna thòisich am buaireadair air fanaid orm ann am thruaighe, ag ràdh;—"Air faicinn dhut gun do dhealaich thu mar so ris an Tighearn Iosa, agus gu'n bhrosnaich thu e gu diombadh cò sheasas eadar t'anam agus an teine dian-loisgeach; cha n eil ann a nis ach aon dòigh agus se sin thu ùrnaigh dheanamh ri Dia an t-Athair gu'n seasadh e na Eadar-mheadhonair eadar thu-féin agus a Mhac, chum a's gu'm bi sibh air bhur deanamh réith ri chéile rithist, agus gu'm faod thu an t-sochair bheannaichte sin a bhi agad annsan a ta naomh-shluagh sona féin a sealbhachadh.

182. An sin rinn an sgrìobtur so gréin air m'aigheadh,—"*Tha e san aon bheachd*, agus cò a dh'iompaicheas e." (Iob. xxiii. 13.) O! chunnaic mi gu'm bu cho fusa cuir mar fhiachaibh orm gun b'urrainn, dhomh saoghal nuadh, cumhnanta

nuadh, agus Bìoball nuadh a dheanamh, a bharr orra sin a bha againn cheana, ri thoirt orm ùrnaigh a dheanamh air son a leithid do ni. Be so a bhi 'g ràdh ris gu'n robh na rinn e roimhe 'na fhìr ghòraich; agus a bhi 'g iarraidh air uile shligheachan a shlàinte a mhilleadh, agus a sin reubadh na briathran so m' anam às a chéile, "oir cha-n eil slàinte ann an neach sam bith eile fo nèamh air a thoirt a measg dhaoine tre am faod sinn a bhi air air tearnadh." Gníomh iv. 12.

183. A nise be briathran saor, làn agus gràs-mhor an t-Soisgeil na nithe bu mhò bha ga'm phianadh, cha d' robh ni sam bith cho doilgiosach dhomh ri smaointean mu Chrìosd, agus cuimhneachadh air Slànaighear a chionn gu'n do thilg mi air fàl bh e; thug sin gu'm chuimhne aingidheachd mo pheacaidh, agus an call a thàinig ann am char 'na cho-lòrg; cha do chiùrr aon ni mo chogais mar a rinn so; gach ni a smaointich mi mu'n Tighearn Iosa, (mar a ghràs, a ghràdh, a mhathas, a chaomhalachd; a bhàs, 'fhuil, a gheallaidhean, agus earralan beannaichte, a shòlas agus a chomfhurtachd), chaidh iad mar chloidheamh a dh' ionnsaidh mo chridhe, oir do ghnà an àm dhomh a bhi smuainteachadh, mar so air an Tighearna Iosa dheanadh na smaointean so àite dhaibh féin ann am chridhe. Seadh 's e so an t-Iosa, an Slànaighear caomh Mac Dhé ris an do dheallaich thusa a dhearmaid thu le tarcuis agus a mhi-

ghnàthaich thu. Is e so an t-aon Slànaighear an t-aon Fhearsaoraidh an t-aon a mhain a b'urrainn peacaich a ghràdhachadh ionnas gu'n nigheadh e iad o'm peacannan le fhuil luachmhoir féin; ach cha-n eile cuid no crannachar agad-sa anns an Iosa so: thilg tha uat e, thuirt tha ann ad Chridhe," falbhadh e mas e sin a thoil féin." A nis uime sin tha thu air do sgaradh uaithe, rinn thu thu-féin a sgaradh uaithe; feuch a nise a mhathas ach cha bhi thu-féin 'na t'fhear-compairtichidh dheth." O! arsa mise ciod a chaill mi, ciod an ni ris an do chuir mi cùl, ciod a thug air m' anam bochd a chòir oighreachd a chall O! tha e air a ràdh gur e sin a bhi sgrioste le gràs agus tròcair Dhé, an t-Uan agus an Slànaighear, tionndadh gu bhi 'na Leòghan agus 'na Fhear-sgriosaidh. (Tais. vi.) Mar an ceudna chrìothnaich mise, mar a thubhairt mi cheana, air dhomh fradharc fhaotainn air naoimh Dhé, gu h-àraid air dhomh amharc orrasan a thug mòr ghràdh dhasan agus a ghluais do ghnà maille ris anns an t-saoghal so, oir ba eagal orra araon 'nam briathran 'nan giùlan agus 'nan uile chainnt ghràidh agus eagail peacachadh an aghaidh an t-Slànaighear phrìseil; rinn so mis a dhìteadh, ciont a chuir as mo leith, agus mar an ceudna tuilleadh àmbghair agus maslaidh a chuir ri m'anam, agus bha uabhas agam rompa, chrìothnach mì mar *sheanairean* a' bhaile roi' Shamuel Dé. 1 Sam. xvi. 4.

184. A nise, mar an ceudna, thòisich am

buairadair air fanaid air m'anam as-ùr air d'igh eile; ag ràdh, "gun robh truas aig Criosd da-rìreadh ri'm chòr agus gu'n robh e doilich air son mar thachair dhomh ach a thaobh gu'n pheacaich mi le euceart mar a rinn mi, nach b'urrainn e air sheòl sam bith mo thèarnadh, o'n ni sin roi'n robh eagal orm, oir cha b'ionnan nàdur do 'm pheacannansa, 's do pheacannan na h-aiteam sin, air son an d'rinn e fhuil a dhòrtadh agus bàsachadh; mi mò bha e air àireamh a measg nam peacannan a bh' air an chur as a leth 'nuair a bha e 'n crochadh air a' chrann Uime sin, mar a tigeadh e rithist a nuas o nèamb agus bàsachadh as-ùr air son a' pheacaidh so, ge do bha truas aige rium da-rìreadh nach burrainn e math sam bith a dheanamh dhomh." Faodaidh na nithe so a bhi air an meas neònach le muinntir eile, eadhon cho neònach sa bha iad annta féin, ach bha iad dhomhsa 'nan smuaintean cràiteach, gach aon diù ag antromachadh mo thruaighe; le gu'm biodh urrad do ghràdh ann an Iosa Criosd, a's truas a ghabhail riumsa agus nach b'urrainn e cobhair sam bith a dheanamh rium; ni mò shaoil mi gu'm be 'n t-aobhar air son nach deanadh e còmhnadh leam gu'n robh a' chumhachd lag, no ghràs agus a shlàinte air a caith-eadh air m'uinntir eile cheana, ach a thaobh nach leigeadh dìlseachd a bhagraidhean da a thròcair a sgaoileadh dhomsa, a bharr air gu'n do shaoil mi mar a thubhairt mi cheana nach robh

mo pheacadh air taobh a steach crìochan a mhathanais sin a bha air fhilleadh suas anns a' ghealladh, agus mar an robh, an sin, bha fios cinnteach agam gu'm bucho furast don èamh agus do'n talamh dol thairis sa bha e dhomhsa beatha shìorruidh fhaotainn, a thaobh gu'n d'éirich aobhar an egail so a bha orm o'n chreideamh dhaingean a bh'agam ann am bunailteachd facail Naomha Dhé, agus mar an ceudna, gu'n d'fhuair mi cunntas mhearachdach mu thim-chioll nàdur mo pheacaidh.

185. Ach O ! cia mar a mheudaicheadh so mo bhròn ; smaointeachadh gu'm bithinn ciontach do leithid sud do pheacadh, peacadh air son nach d'fhuair Crìosd bàs. Rinn na smaointean so mo chuir fo amhludh, mo chumail am prìosan agus mo cheangal suas o chreideamh, ionnas nach robh fhios agam ciod a dheanainn, ach O ! arsa mise, nach ann a thigeadh Crìosd a nuas a rithist, O ! nach ann a bhiodh obair saorsa an duine gu bhi air a deanamh fathast le Crìosd ! Cia mar a ghuidhinn air am peacadh so àireamh am measg nam peacannan eile air son an d'fhuair e bàs ! Ach bhuaileadh an sgrìobtur so sìos mi mar gu'm b'ann marbh,—“ Air dhuinn fios a bhi againn, air do Chrìosd éirigh o na mairbh, nach bàsaich e nis mò ; cha-n eil tighearnas aig a' bha's ni's mò air.” Rom. vi. 9.

186. Mar so, le droch-ionnsaidh iongantach agus neo-ghnàthach a' bhuaireadair, bha m'anan coltach ri soigheach briste, air m' fhuadach mar

gu'm b'eadh leis na gaothaibh agus air mo thonn-  
 luasgadh air uairibh an comhair mo chinn ann  
 an cuan an-dòchais ; cuid do dh' uairibh air  
 cùmhnanta nan gnìomh ; agus air uairibh eile  
 a' guidheadh gu'm biodh an nuadh-chùmhn-  
 nanta agus a chumhachan réite, cho fad sa bha  
 mo ghnothach-sa riu air an tionndadh rathad eile,  
 agus air an atharrachadh gu tŭr. Ach anns  
 gach cùis diù so bha mi mar iadsan a bh' air  
 am bualadh ri aghaidh nan creag, ni bu mhò air  
 mo bhriseadh, air sgaoileadh, agus air sgàineadh,  
 O! an dearmad aignidh, eagail, agus uabhais a  
 th' air a thoirt mu'n cuairt le neach a bhi air  
 a lùbadh fo chiont a' pheacaidh, ag aomadh a  
 dh'ionnsaidh an-dòchais !—'S e so an duine aig  
 an robh a chòmhnaidh 's na h-àitibh adhlaic,  
 agus nach b'urrainn neach sam bith a cheangal,  
 a tharruinn na slàbhraidhean às a' chéile, agus  
 a mhin-bhris na geamhlaichean, a bha do-  
 cheannsaichte, agus a' glaodhaich a latha sa  
 dh'òidhche, agus ga ghearradh féin le clachaibh.  
 (Marc. v. 1. 5.) Ach deiream, tha gach ni  
 dhiù sin diamhainn. Cha toir an t-an-dòchas  
 comhf hurtachd dha, cha dean an seanna chumh-  
 nant' a thearnadh. Cha dean ; “ théid nèamh  
 agus talamh thairis mu'm fàilinn agus mu'n  
 gluaisear air falbh aon smid do bhriathran no  
 do lagh nan gràs.” So chunnaic mi, so dh'fhair-  
 ich mi, agus fodha so rinn mi caoidh, ach fòs, so  
 aon bhuannachd a fhuair mi uaithe, se sin, barr-  
 achd dearbhaidh air cinntichead slighe na slàinte,

agus gu'm b'iad na Sgriobturan facal Dé. O ! cha'n urrainn mi aithris an dràsta na chunnaic agus na mhothaich mi aig an àm ud do bhunailt-eachd Iosa Criosd carraig slàinte an duine. Na chaidh a dheanamh cha b' urrainn e bhi gu'n deanamh no air a chaochladh ; chunnaic mi gu dearbha gu'm faodadh am peacadh duin' iomain seachad air Criosd, seadh, am peacadh air son nach faighear mathanas a chaidh ; agus is an-aoibhinn do'n tì a bha no bhitheas mar sin air iomain, oir dùinidh am facal a mach e !

187. Bha mi mar so, do ghnà a dol fodha ge be ni air an smaointichinn no dheanainn. Mar sin air aon latha choisich mi chum baile a bha dlù do'n choimhearsnachd, agus rinn mi suidhe air suidheachan a bh'air, an t-sràid, agus thuit mi ann an trom smaointean a thaobh na staide sin chum an d'rinn mo pheacadh mo tharruinn agus an deigh dhomh a bhi gréis a' smaointeachadh thog mi suas mo cheann agus shaoil leam gu'n faca mi mar gu'm biodh a' ghrian a bha deàlradh ann an speuraibh nèimh a' s'radh solais a thoirt dhomh, agus mar gu'm biodh na dearbh chlachan a bh'air an t-sràid, agus na criadh-leacan a bh'air na taighean ga'n lùbadh féin 'nam aghaidh ; air leam gu'n deach iad gu léir am bainn a chéile chum m'fhuadach ás an t-saoghal, bha mi air m' fhuathachadh leo, agus neo-iomchuidh air còmhnaidh a ghabhail maille riù, no bhi ann am fhear-com-pairtichidh do na sochairean a bha acasan, a



chionn gu'n do pheacaich mi an aghaidh an t-Slàn-aighear; O! cia cho sona sa bha gach creutair a nise seach mar a bha mise; oir sheas iad gu daigheann agus chum iad an àite; ach bha mise shios dheth agus cailte.

188. A nis' air dhomh labhairt a mach ann an searbhadas m'anma, thubhairt mi ri m'anam le osna ghoirt,—“Cionnas is urrainn Dia comhfhurtachd a thoirt do mo leithid-sa dh'eucorach truagh?” Cha bu luaithe thuirt mi na briathran ud na phill am freagairt so do'm ionnsaidh mar ath-shéirm mhic-talla do ghuth, “Cha n-eil am peacadh so a chum bàis.” Air domh so a chluinntinn bha mi mar gu'm bithinn air éirigh ás an uaigh, agus ghlaodh mi mach a rithist,—“A Thighearna! cia mar a b'urrainn thu facal mar sin fhaotainn a mach?” Oir bha mi air mo leònachd le ioghnadh a thaobh iomchuidhead nam briathran ud, a thàinig an uair nach robh dùil sam bith agam riù;—a thaobh freagarrachd nam briathran, a mhithich anns an tàinig iad, an cumhachd, an soluis agus a' ghlòir a thàinig maille riu mar an ceudna, bha e iongantach leamsa fhaotainn. Bha mi nise ré an ama sin ás gach teagamh, a thaobh nan nithe mu'n robh mi roimhe sin ann am mòr theagamh. Be m'eagal roimhe sin nach robh mo pheacadh so-mhaithte, agus uime sin nach robh còir agam air ùrnaigh dheanamh no air aithreachas a ghabhail, &c. agus ge do dheanainn sin nach robh e chum math no buannachd sam

bith a dheanamh dhomh. “ Ach a nis,” arsa mise “ mar a h-eil am peacadh so a chum bàis, tha e so-mhaithte, uime sin tha misneach agam tighinn a chum Dhé tre Chriosd, a dh’iarraidh tròcair, a chum gealladh a mbathanais a thoirt fainear; mar an ni sin a ta ’na sheasamh le gàirdeanaibh sgaoilte mach a chum mise ’ghabh-aill a steach cho math ri muinntir eile.” Bha so uime sin, ’na mhòr shocair do’m inntinn, se sin ri ràdh, gu’n robh mo pheacadh so-mhaithte, agus nach b’e am peacadh a ta chum bàis, (1 Eoin. v. 16, 17.) Cha b’urrainn neach sam bith ach iadsan a fhuair fios air leithid mo thrioblaid [o’m fiosrachadh féin,] innseadh ciod an comhfhurtachd, a thug na smaointean so a dh’ionnsaidh m’anma; bha e ’na fhuasgladh dhomh o na cuibhrichean anns an robh mi roimhe sin air mo cheangal; agus ’na dhion dhomh o’n doireann fo’n robh mi roimhe sin rùiste, bha mi nise coltach ri bhi ann an sheasamh air an aon stéidh ri peacaich eile, agus mo chòir cho math air an fhacal agus air ùrnaigh sa bha aig aon neach acasan.

189. A nise, deiream, bha mi ’g earbsa nach robh mo pheacannan do-mhàithte, ach gu’m faodadh dòchas a bhi agam gu’m faighinn mathanas, ach o cia mar a ghnàthaich Sàtan e-féin, a chum mo thoirt a nios a rithist. Ach cha b’urrainn e sin a dheanamh air chòr sam bith, araon air an latha ud no air a’ chuid bu mhò do’n ath latha, oir sheas an ràite so mar chlach-

comharraidh mìle air mo chùl-thaobh ; fòs an àm tighinn an f'heasgair an ath latha, mhothaich mi am facal so ga mo thréigsinn agus a' tarr uinn a chobrach air falbh uam, uime sin phill mi chum mo sheann eagail a rithist ; ach b'ann le'm fhior an-toil agus ghearan, oir bha eagal orm roi' bhròn an an-dùchais ; ni mò chumadh mo chreideamh am facal so ni b'fhaide.

190. Ach air feasgar an ath-latha, air dhomh a bhi fo iomadh eagal chaidh mi dh'iarraidh an Tighearna, agus am feadh a bha mi 'g ùrnaigh ghlaodh mi ; agus ghlaodh m'anam ris anns na briathran so le glaothaich thréin ;—" O Thighearna guidheam ort foillsich dhomhsa gu'n do ghràdhaich thu mi le gràdh sìorruidh." Cha bu luaithe thuirt mi sud na thàinig na briathran so do'm ionnsaidh le taitneas mar ath-shéirm mhic-talla ;—" le gràdh sìorruidh ghràdhaich mi thu." (Ier. xxxi. 3.) A nise chaidh mi gu'm leabaidh le sìth, agus mar an ceudna 'nuair a dhùisg mi air an ath mhadainn, bha na briathran gu h-ùr air m'anam agus chreid mi iad.

191. Ach cha d'fhàg am buaireadair mi fathast ; oir cha bu lugha na ceud uair air an lathath sin a shaoithrich e chum mo shìth a bhriseadh. O ! na cathan agus na còmhragan a thachair rium aig an àm ud ; air dhomh a bhi strìth ri gréim a chumail air na briathran ud,

lasadh còr truagh Esau suas mar dhealanach ann am aodainn, bhithinn air cuid do dh'amaibh, sios agus suas fichead uair ann an aon uair do dh'ùin', gidheadh ghiùlain Dia mi mach agus chùm e mo chridhe air an fhacal so, bho'n d' fhuair mi mar an ceudna fad lathaichean iomlan, mòran taitneachd agus dòchas comhfhurtachail ri mathanas fhaotainn; oir bha 'chùis air a deanamh mach dhomh mar so—  
 “ Ghràdhaich mi thu am feadh a bha thu a' cur a' pheacaidh so an gnìomh, ghràdhaich mi thu roimhe sin, agus tha gràdh agam dhut fathast, agus gràdhaichidh mi thu gu sìorruidh.”

192. Fòs chunnaic mi gu'n robh mo pheacana' ro bhorb, agus 'nan ciontan salach, agus cha b' urrainn mi gu'n a cho-dhùnadh le mòr nàire agus iongantas; gu'n d' rinn mi Mac Naomha Dhé a mhi-ghnàthachadh cho uabhasach; uime sin mhothaich mi m' anam ga ghràdhachadh gu mòr a' gabhail truais ris, agus m' innidh a' tiomachadh da ionnsaidh, oir chunnaic mi gu'n robh e 'na charaid dhomh fathast, agus gun d' ioc e math dhomh an éirig uile; seadh dh' oibrich an gràdh agus an tlùs a bha'n tràth sin a' lasadh an taobh a steach dhomh do mo Thigh-earna agus do mo Shlànaighear Iosa Crìosd a leithid do rùn dioghaltais teth agus laidir orm féin air son a mhi-ghnàthachaidh a rinn mi air; agus le labhairt mar a shaoil mi 'n tràth sin, ged a

bhiodh agamsa mìle galan fala ann am chuislean b' urrainn mi 'san àm sin a dòrtadh gu léir le'm dheòin, air àint' agus aig casan so mo Thighearn' agus mo Shlànaighear.

193. Agus air dhomh a bhì mar so a' smaointeachadh cia mar a ghràdhaichinn an Tighearn, agus a leiginn ris mo ghaol da, thàinig na briathran so do'm ionnsaidh,—“ Ma chomh-arracheas tusa aingidheachd a Tighearna cò sheasas? ach agadsa *tha* mathanas; agus uime sin bithidh eagal air *daoine* romhad.” (Sàlm cxxx. 3, 4.) Bha iad so 'nam briathran matha dhomhsa, a' chuid ma dheireadh dhiù gu sòn-raichte, se sin ri ràdh, gu'm beil mathanas aig an Tighearna, agus uime sin gu'm biodh eagal air daoine roimhe, se sin mar a thuig mis' an uair sin, chum is gu'm biodh e air a ghràdhaichadh agus gu'n robh urram aig ann, oir bha e air a nochdadh a mach dhomh mar so. “ Gu'n do mheas an Dia mòr cho àrd-luachmhor gaol a chreatairean bochda is a raoghainn air a' ghaol ac a chall gu'm mathadh e an eu-ceartan.”

194. Agus a nise bha na briathran ud air an co-lionadh orm agus bha mi air mo neartachadh leo,—“ chum gu'n cuimhnich thu agus gu'm bi nàir ort, agus nach fosgail thu do bheul gu bràth nis mò, do bhrìgh do nàire 'nuair a bhios mise réidh riut air son gach nì a rium thu, deir an Tighearna Iehobha.” (Esec. xvi. 63.) Mar so bha m' anam aig an àm so (agus mar a shaoil mi 'nuair sin a bhiodh e gu bràth) air a chur

saor o bhi air a thrìoblaideachadh le 'm chiont agus le'm' amhluidh roimhe sin.

195. Ach mu'n deach iomadh seachduin thairis, thòisich mi air tuiteam sìos 'nam inntinn a rithist, le eagal gu'm faodainn a bhi fa-dheireadh air mo mhealladh agus air mo sgrios a dh' aindeoin gach ni a mheal mi; oir thàinig na smaointean so le neart a dh' ionnsaidh m' inntinn;—Ge be air bith comhfhurtachd agus sìth a shaoil mi a bhi agam o fhacal geallaidh na beatha, gidheadh, mar a robh aonta agus co-fhreagarrachd ris an sgrìobtur air fhaotainn 'nam ùr-neartachadh, ge be air bhith cho math sa smaointichinn mu thimchioll, agus ge be air bith cho teann 's d'an deanainn gréim air, nach biodh tairbh sam bith ann domh aig a' cheann ma dheireadh, a thaobh, “nach faodar an sgrìobtur a bhriseadh.” Eoin. x. 35.

196. A nise thòisich mo chridhe air fàs goirt a rithist, le eagal gu'm faighinn mi-féin air mo mhealladh ann am bhaireil fa-dheireadh, Uime sin thòisich mi cheart rìreadh air a' chomhfhurtach so a fhuair mi a cheasnachadh agus a rannsachadh, a' smaointeachadh a faodadh neach a pheacaich mar a rinn mise a làn-easbsa chuir ann an dìlseachd Dhé, a bha air a chuir sìos anns na briathran so leisan robh mi air mo cho-fhurtachadh, agus air an do leag mi mo thaice, agus a bha nise air a thoirt a chum m' inntinn;—“O is eu-comasach an dream sin a chaidh aon uair a shoillseachadh, agus a bhlais air tiodlaic

n'amhaidh, agus a rinneadh 'nan luchd-compairt do 'n Spiorad Naomh' agus a bhlais deagh fhacal Dé, agus cumhachd an t-saoghail ri teachd, agus a thuit air falbh ath nuadhachadh." (Eabh. vi. 4—6.) "Oir ma pheacaicheas sinn d'ar toil féin an deigh dhuinn eòlas na fìrinn fhaotainn cha-n fhagair tuilleadh dhuinn iobairt air son peacaidh, ach dùil eagalach ri breitheanas agus fearg thinnteach, a sgrìosas na h-eascairdean," (Eabh. x. 26, 27.) Eadhon, "mar Esau a reic air son aon ghrein bidh còir a' cheudbhreithe. Oir a ta fhios agaibh an uair a b' àill leis ann beannachadh a shealbhachadh gun do dhiùltadh e : oir cha d' fhuair e àit' aithreachais ged' dh' iarr se e gu dùrachdach le deuraibh." Eabh. xii. 16, 17.

197. A nise bha facal an t-Soisgeil air a spionadh o m' anam, air chòr is nach robh aon ghealladh no mhisneach r'a fhaotainn anns a Bhìoball air mo shon ; agus a sin dh'oibrich-eadh an ràiteso air m'inntinn, a chum m' àmhghair. "Na dean aoibhneas o Israeil mar na cinnich." (Hos. ix. 1.) Oir chunnaic mi gu deimhinn, gun robh aobhar aoibhneis acasan a lean ri Crìosd, ach air mo shonsa ghearr mi mi-féin uaithe le'm eu-ceartan, agus cha dh'fhàg mi dhomh féin ionad do m' bhonn no gréim làimhe a measg gach dìon agus cùl-taic a th' ann am fhacal luachmhor na beatha.

198. Agus gu fìrinneach, mhothaich mi mi-féin a nise dol sìos ann an slùgan gu'n

iochdar, mar thaigh aig am beil a bhunaid air a mhilleadh, shamhlaich mi mi-féin anns a' chòr so, ri leanabh a thuiteadh ann an dàm muillinn, oir ged' a b'urrainn e ionnsaidh thoirt air smeuraich agus smògaich anns an uisge, fòs a thaobh nach b'urrainn e ionad buinn no gréim làimhe fhaotainn, b'éigin da ma dheireadh bàsachadh anns a' chòr sin. Cho luath sa rinn an nuadh-ionnsaidh so gréim air m'anam, thàinig an Sgrìobtur so gu'm chridhe. "Oir tha'n sealladh fathast ré mòran laithean," (Dan. x. 14.) Agus gu dearbha fhuair mi gu'n robh e mar sin, oir cha b'urrainn mi bhi air m'aiseag no air mo thoirt a chum sìth' a rithist, gus an deach crìoch air dà bhliadhna gu leth an deigh sin. Uime sin,—na briathran so,—ge d' nach robh aon ni annta a chum mi-mhisneachd a thoirt seachad, gidheadh dhomhsa air an robh eagal gu'm biodh an còr so anns an robh mi sìorruidh, bha iad air uairibh mar chòmhnadh agus mar ath-neartachadh dhomh.

199. Oir arsa mise, cha n-eil "mòran laithean" cho fad ri gu bràth, théid crìoch air "mòran laithean," uime sin air faicinn dhomh nach robh m'àmhghar, gu marsainn a mhàin rè beagan ach "mòran laithean," fòs rinn mi gàirdeachas a chionn nach robh e ach "rè mòran laithean." Mar so deiream, dheanainn mi-féin ath-ghairm air uairibh agus gheibhinn cobhair, oir cho luath sa thàinig am facal air tùs gu'm iantinn, thuig mi gu'm maireadh mo thrioblaid



ré ùine, ach cha bhiodh so ach air uairibh, oir cha b'urrainn dhomh a bhi do ghnàth a' smaointeachadh air a so, no bhi idir air mo chofhurtachadh leis ged a b' urrainn.

200. A nise, am feadh a bha na sgrìobturan so 'nan laidhe fo'm chomhair, agus a leag iad peacadh às-ùr a rithist aig mo dhorus; thug na briathran so anns a' cheud rann do'n ochdamh caibidil deug do Shoisgeil Lucais maille ri briathran sgrìobtuir eile misneach dhomh, a chum ùrnaigh a dheanamh; an sin dhùisg am buaireadair smaointean glè ghoirt suas ann am inntinn;—"nach fòghnadh araon trècair Dé no fuil Chrìosd chum mo shaoradh o'm pheacadh, uime sin gu'm bu diambhainn an ni dhomh a bhi 'g ùrnaigh"—"Gidheadh," arsa mise, "ni mi ùrnaigh."—"Ach," arsa am buaireadair, "tha do pheacadh do-mhaithte,"—"Gidheadh," arsa mise, "ni mi ùrnaigh."—"Cha-n eil stàth dhut innte," ars esan.—"Gidheadh," arsa mise, "ni mi ùrnaigh." Mar so chaidh mi dh' ùrnaigh ri Dia, agus am feadh a bha mi 'g ùrnaigh, labhair mi briathran mar iad so;—"A Thighearna, tha Sàtan ag innseadh dhomh, nach eil araon do thrècair sa no fuil Chrìosd uilfhoghainteach a chum m' anam a thearnadh; a Thighearna, an cuir mi ni's mò dh' onair ort le chreidsinn gu'm beil, agus gur comasach do thrècair-sa agus ful Chrìosd sin a dheanamh. no le chreidsinn nach eil, agus nach urrainn thu. A Thighearna is deònach a chuireas mi onair

ort le chreidsinn gu'n dean, agus gur urrainn thu dheanamh."

201. Agus am feadh a bha mi mar so ann an làthair an Tighearna, rinn an sgrìobtur so gréim air mo chridhe, " O a *dhuine* is mòr do chreideamh." (Mat. xv. 28), eadhon mar gu'm putadh duine mi thaobh mo chùil, an àm dhomh a bhi air mo ghlùinean an làthair Dhé, gidheah cha robh mi comasach air so a chreidsinn gu'm b'e ùrnaigh creideimh a bha ann, gu ceann shé mìosan an déigh sin, oir cha b'urraim mi smaointeachadh gun robh creideamh agam, no gu'm biodh facal ann domh air an oibrichinn creideamh, uime sin bha mi fathast an sàs ann an ciobhalaibh an-dòchais, agus shiubhail mi sìos agus suas, a' caoidh ann an còr ro mhuladach, truagh !

202. Cha robh ni sam bith a nise bu mhiannaiche leam na'n ni so a chuir às gach teagamh ; agus air dhomh a bhi gu ro dhùrachdach ag iarraidh fiosrachaidh an robh da-rìreadh dòchas do'm thaobh ; thàinig na briathran so a dh' ionnsaidh m' inntinn ;—" An tilg an Tighearna uaithe gu bràth ? agus nach nochd e a dheagh-ghean ni's mò ? An do sguir a chaoimhneas am feast ? an d' fhàilnich fhacal o linn gu linn ? an do dhearmaid Dia a bhi gràsmhor ? an do dhùin e suas 'na chorraich a chaomh-thròcair ?" (Salm lxxvii. 7—9.) Agus bha so a' ruith air m' inntinn, fad na h-ùine sin, agus air leam gu'n robh na briathran so agam

mar fhreagairt. “ ’S e cheist, cò-dhiù a dhearmaid no nach do dhearmaid ? ” Air leam gu’n robh a’ cheist a’ giùlain innte féin, nach do dearmaid e da-rìreadh, agus nach tilgeadh e uaithe, ach gu’n nochdadh e a dheagh-ghean, agus nach tigeadh fàilinn gu bràth air aghealladh, agus nach dì-chuimhnaicheadh e a bhi gràsmhor, agus nach dùineadh e suas ’na chorraich a chaomh-thròcair; air cuid do dh’ uairibh, aig an àm cheudna bha ni-eigin ’na laidhe air m’ inntinn air nach urrainn mi cuimhneachadh an dràsta, a rinn maille ris an sgrìobtur ud mo chridhe fhàgail milis domh, agus a thug orm co-dhùnadh, nach robh a thròcair air dol seachad, agus nach rachadh i seachad gu bràth.

203. Is cuimhne leam air àm eile gu’n robh mi gu mòr fo’n cheist so, “ Cò dhiù a bha fuil Chrìosd làn-fhoghainteach air m’ anam a thearnadh,” agus anns an teagamh sin bhunaich mi o mhadainn gu seachd no h ochd do dh-uairean na h-òidhche, agus fa-dhedigh an uair a bha mi mar gu’m b’ eadh gu toirt thairis le eagal nach gabhadh e gréim orm, shéirm na briathran so air ball ann am chridhe—“ Tha e comasach.” Ach air leam gu’n robh am facal so *comasach* air a ghairm gu labhar, bha e ’g amharc mar fhacal mòr, bha e mar gu’m biodh e air a sgrìobhadh le litrichean mòra, agus thug e leithid do phutadh do m’ eagal agus do ’m theagamh, (tha mi ’ciallachadh fhad sa bhunaich e maille rium, agus bha sin mu thuaiream

latha), ni nach d' fhuair mi uaithe sin rè fad mo bheatha, araon roimhe no 'n déigh an ama sin. Eabh. vii. 25.

204. Ach aon mhadainn, air dhomh a bhi rithist ag ùrnaigh agus air balla-chrith, fo'n eagal so ; nach robh a h-aon do bhriathran Dé a dheanadh còmhnadh leam, thàinig an sgrìobtur so do'm ionnsaidh,—“ Is leòir mo ghràs-sa” (2 Còr. xii. 9.) Ris a so air leam gu'n do mhothaich mi cuid do stad, mar gu'm faodadh dòchas a bhi do'm thaobh. Ach O ! ciod e cho math sa tha e bho Dhia fhacal a chuir thugainn ! oir ma thuaiream ceithir-latha-deug roimhe sin, bha mi 'g amharc anns an dearbh àite so, ach an sin shaoil mi nach b' urrainn da tighinn dlù do'm anam le comhfhurtachd, uime sin thilg mi sìos mo leabhar le frionas ; oir shaoil mi nach robh e farsuinn gu leòir dhomhsa, ach bha e nise mar gu'm biodh gàird-eanan gràis aige air an sgaoileadh cho farsuinn, air chòr is nach iathadh iad a mhàin mu'm thimchioll-sa, ach mu thimchioll mòran a bharrachd orm.

205. Bha mi air mo chumail suas leis na briathran so, gidheadh, cha b'ann gu'n mhòr chomh-strìth rè sheachd no h-ochd do sheachd-uinean, oir bhiodh mo shìth ann a's às air cuid do dh' amaibh fichead uair an aon latha ; comhfhurtachd agam an dràsta, agus trioblaid a rithist, sìth an dràsta, agus mu'n rachainn ochdamh earrann a mhìle air m' aghaidh, bha mi cho làn

eagail sa b'urrainn cridhe a bha riamh am feòil a chumail, ach cha do mhair so a mhàin a nise sa rithist, ach fad féin-fhosrachaidh iomlan sheachd sheachduinean. Oir bha so mu thimchioll làn-fhoghainteachd gràis, agus sud mu thimchioll Esau dealachadh ri chòir-breithe; mar shlighean-chothroim 'nam aigneadh, air uairibh aon cheann do'n mheidh an uachdar, agus air uairibh an ceann eile; agus do réir mar bhodh so bhiodh mo shìth agus mo thrioblaid.

206. Uime sin bhunaich mi ann a bhi deanamh ùrnaigh ri Dia, gu'n tigeadh e steach gu mo chridhe n'a bu làine le Sgriobtur; se sin ri ràdh, gu'n cuidicheadh e leam; 'na briathran gu léir a chleachdach gu ceart, oir fathast cha b'urrainn mi sin a dheanamh. Thug esan agus thionail mise, ach dol n'a b'fhaide na sin air m' aghaidh cha b'urrainn mi, fathast cha d'rinn e dhomh, ach mo chuideachadh a chum dòchas gu'm biodh tròcair air mo shon. "Is leòir mo ghràs-sa," ach ged' nach tàinig e ni b'fhaide thug e freagrairt do mo cheist roimhe sin, 's e sin ri ràdh; gun robh aobhar dòchais ann; gidheadh, a thaobh gu'n robh am facal *dhut* air fhàgail às cha robh mi toilichte, agus ghuidh mi air Dia air son an fhacail sin cuideachd. Uime sin, aon latha air dhomh a bhi aig coinneamh a chùm muinntir Dhé, agus mi làn mulaid agus uabhais, oir bha m' eagal air tighinn gu treum orm a rithist, agus mar a bha ri nis' a' smaointeachadh nach robh m'anam dad n'a b'fhearr, ach gu'n

robh mo chòr gu ro mhuladach agus uabhasach, air ball thaom na briathran so orm le mòr cnumhachd,—“ Is leòir mo ghràs-sa *dhut*, is leòir mo ghràs-sa *dhut*, is leòir mo ghràs-sa *dhut* !” trì uairean thairis ! Agus shaoil mi gu’n robh gach facal ’na fhacal cumhachd dhomhsa ; mar *mo*, agus *ghràs*, agus *leòir*, agus *dhut* ; bha iad an uair sin, agus air uairibh tha iad fathast, mòran nis mò leamsa na tha gach facal eile.

207. Aig an àm so bha mo thuigse cho mòr air a soillseachadh, air chòr is gu’n robh mi mar gu’m faicinn an Tighearn Iosa a’ sealltainn a nuas orm o nèamh tro thughadh an taighe, agus a’ seòladh nam briathran so thugam ; chuir so mi dhachaigh fo bhròn, bhris e mo chridhe, agus lion e mi làn aoibhneis, agus leag e mi gu h-iosal anns an ùir ; ach a mhain cha d’fhuirich e fada maille rium, tha mi ciallachadh anns a’ ghlòir, agus anns a’ chombhfhurtachd neartachaidh so, gidheadh bhuannaich e maille rium fad iomadh seachduin agus thug e misneach dhomh a chum dòchas a bhì agam. Ach cho luath sa bha oibreachadh cumhachdach air a thoirt o mo chridhe, thàinig na smaointean eile mu thimchioll Esau dh’ionnsaidh m’ inntinn, mar a rinn iad roimhe sin, mar sin bha m’anam an crochadh mar ann an sligean-cothroim a rithist, air uairibh shuas, agus air uairibh shìos, an dràst ann an sìth agus a rithist fo uabhas !

208. Chaidh mi air m’ aghaidh mar so fad iomadh seachduin, air uairibh a’ faotainn comh-

fhurtachd, agus air uairibh eile air mo phianadh, agus gu h-àraidh air amaibh, bhiodh mo phiantaibh buileach goirt, oir bhiodh na sgrìobturan so a roi'-aimnich mi, a ta air an cuir sios ann an Lìtiran abstoil Ph'ìla chum nan Eabhruidheach, air an cur 'nam làthair mar na briathran a mhain a chumadh a mach á nèamh mi. An sin thòisichinn air aithreachas a ghabhail a rithist air son gu'n tug mi riamh caidreamh do leithid sud do smuaintean 'nam inntinn, smaointichinn mar an ceudna annam féin mar so,—“ C'arson? cia iomadh sgrìobtur a ta sin ann am aghaidh? Cha n-eil ann ach trì no ceithir, agus nach faod Dia iad-sin a sheachnadh agus mis' a thearnadh a dh' aindeoin orra gu léir.” Air uairibh eile smaointichinn,—“ marbhiteadh na trì no cheithir fhacal so, cia cho sòlasach sa bhithinn!” Agus cha b'urrainn mi gu'n ghuidhe air uairibh gu'n robh iad a mach às an Leabhar.

209. An sin air leam gun faca mi mar gu'n amhairceadh Peadar, Pòl, agus Eòin, maille ris gach uile sgrìobhaiche naomh' eile sios orm le tàire, a deanamh ball-magaidh dhìom, agus mar gun abradh iad rium.—“ Tha ar n-uile briathran-ne fìor, gach aon fhacal cho neartmhor ris an aon eile. Cha be sinne ghearr air falbh thu; ach rinn thus' thu-féin a thilgeadh air falbh; cha n-eil a h-aon do na briathran againne air am faod thu gréim a dheanamh, ach iad so, agus an leithidean eile;—“ tha e ea-comasach;—cha n-eil òbairt tuilleadh ann air son peacaidh.” (Eabh.

vi. x) “ Oir b’ fhearr dhaibh gun eòlas a bhi ac’ air slighe na fìreantachd, na, an deigh a h-eòlas fhaotainn, pilleadh o’n àinte naomh’ a thugadh dhaibh ;” agus nach faodair an Sgriobtur a bhriseadh.” 2 Ped. ii. 21. Eoin. x. 35.

210. Is iad so seanairean a’ bhaile-dhìona, a chunnaic mi a bha gu bhi ’nam breitheamhnan, araon ormsa agus air mo chòr, am feadh a sheas mi agus “ fear-dìolaidh na fal’ ” aig mo shàiltean, agus mi air balla-chrith aig an dorus ag iarraidh dìdinn ; mar an ceudna le mìle eagal agus mi-earbsa bha mi ann an teagamh gu’n dùineadh e mach mi gu sìorruidh. Iosua xx. 3, 4.

211. Mar so bha mise fo amhluadh gun fhios agam ciod an ni a dheanainn, no cia mar a bhithinn air mo riarachadh a thaobh na ceiste so, cionnas a bha ’n Sgriobtur á comh-fhreagairt ri slàinte m’ anma? Chrith mi roimh na h-abstoil; bha fhios agam gu’n robh am briath-rann fìrinneach agus dìleas, agus gu’n seasadh iad seasmhach gu bràth.

212. Agus tha cùimhne agam, aon latha, an dhomh a bhi ann an iomadaidh fonn inn-tinn, agus a’ creidsinn gun robh na smaointean so do réir nàduir caochla sgriobturan a thàinig a chum m’inntinn, n’am b’ann mu thimchioll gràis, bha mi aig fois, ach n’am b’ann mu thimchioll Esau, bha mi air mo phianadh. “ A Thigh-earn,” ars a mise, “ ’nan tàrladh do’n dà sgriobtur so tachairt còmhla aig an aon àm ann am



chridhe, an saoil mi cò aca 'gheibheadh buaidh orm?" Mar sin, air leam gum b'fhearr leam gu'n tigeadh iad gu m'inntinn le chéile aig an aon àm, seadh, ghuidh mi air Dia gu'n tigeadh.

213. Seadh ma ta, an deigh a dhà no thrì do laithichean dol seachad thàinig iad da-rìreadh, thàinig iad orm a ruathar aig an aon àm, agus dh'oibrich agus cho-spàirnich iad gu treun annam rè ùine, fa-dhedigh thoisich na smaointean ud mu thimchioll coir-bhreithe Esau air fàs lag, air tarruinn air falbh, agus air dol gu tūr às an t-sealladh, agus thòisich so mu thimchioll làn-fhoghainteachd gràis air buadhachadh le sìth agus éibhneas. Air dhomh a bhi beachd-smuainteachadh mu thimchioll an ni so, thàinig an sgrìobtur so a' steach orm—"Ni tròcair gàird-eachas an aghaidh breitheanais." Seum. ii. 13.

214. Bha so 'na iongantas leam, ach gu fìrinneach tha mi ullamh gu smaointeachadh gur ann o Dhia a thàinig e; oir feumaidh briathran ann lagha agus na féirge àite thoirt do bhriathraibh na beatha agus nan gràs, a thaobh ge do bha ministearlachd an dìteadh glòrmhor, is ro mhò na sin a bheir ministearlachd na beatha agus na slàinte barrachd ann an glòir, (2 Cor. iii. 8—11. Marc ix. 5—7, Eoin vi. 37.) Mar an ceudna gu'n feum Maois agus Elias dol às an làthair araon, agus Criosd agus a maomh-shluadh fhàgail leo féin.

215. Thàinig an sgrìobtur so mar an ceudna le mòr mhìlseachd a dh'ionnsaidh m'anma,—

“an tì a thig am’ ionnsaidh cha tilg mi air chòrsam bith a mach e,” O ! a’ chomh-fhurtachd a fhuair mi bhona briathran so,—*air chòr sam bith !* mar gun abradh e,—“ Air son ni sam bith, no dh’aindeoin aon ni d’an d’rinn e.” Ach bha Sàtan a’ deanamh mòr shaothair a chum an gealladh so a spionadh uam, ag innseadh dhomh, “ Nach robh Criosd ga mo chiallachadh-sa no mo leithid leis na briathran ud, ach peacaich a b’isle na mise.” Ach fhreagrainn-s’ esan a rithist agus theirinn ;—“ A Shàtain cha n-eil a leithid do theagamh idir anns na briathran, *ach an tì a thig, tì sam bith, an tì a thig am ionnsaidh-sa cha tilg mi air chòr sam bith a mach e ?*” agus tha deagh chuimhne agam air a so fathast, ged is iomadh shlighe a ghnàthaich Sàtan a chum an sgrìobtur so a bhuntainn air falbh uam, gidheadh cha d’rinn e riamh urrad ris a’ cheist so a chur orm ;—“ Ach am beil thu tighinn gu ceart ?” agus shaoil mi gu’m be ’n t-àobhar mu’n nach d’rinn e sin, gu’n robh fios aige gun robh dearbh-fhios agamsa ciod an ni a b’e *tighinn gu ceart*,—se sin, tighinn mar a bha mi, ann am pheacach truailidh, aindiadhaidh, agus mi-féin a thilgeadh aig casan tròcair, ga mo dhìteadh féin air son peacaidh. Ma rinn mis’ agus Sàtan riamh ann am bheatha comh-strìth mu thimchioll aon do bhriathran Dé, b’ann mu thimchioll deagh bhriathran so Chrìosd ; e-san aig an dara ceann, agus mis’ aig a’ cheann eile. O ! ciod an ùspairt a rinn sinn, agus b’ann air son nam briathran ud ann

Soisgeul Eoin, tha mi 'gradh a rinn sin a leithid do shlaodadh agus do chomh-strìth, tharruinn esan agus tharruinn mise, ach buidheachas do Dhia, thug mise buaidh air, agus fhuair mi milseachd uaithe sin.

216. Ach a dh'aindeoin gach aobhar dhiù so. agus gach aobhar eil' a fhuair mi bho bhriathraibh beannaichte nan gràs, bhiodh smaointeachadh mu thimchioll Esau a chòir-bhreith' a reic, fathast a' pianadh mo chogais air cuid do dh'uiribh, oir ge do bha mi gu ro shuaimhneach air mo cho-fhurtachadh, agus sin ann am fìor bheagan ùine roimhe sin, fòs, 'nuair a thigeadh na smaointean ud gu'm chuimhne, chuireadh iad mi fo eagal a rithist; cha b'urrainn mi faighinn cuibhte 's iad, bhiodh iad gach latha maille rium. Uimesin, chaidh mi dh'obair air sheòl eile, eadhon a bheachd-smuainteachadh air nàdur toibheumach nan smaointean ud, tha mi ciallachadh, na briathran so a ghabhail anns an t-seadh bu mhò, le'n neart nàdurrach agus am fìor àite féin a thoirt dhaibh, eadhon, do gach facal diù; agus an uair a bheachd-smaointich mi mar so chunnaic mi, ma bha iad air an tuigsinn gu ceart, gu'm b'e so an sùim.—“Gu'm dh'fhàg mis an Tighearn Iosa gu shaor thoil féin, agus gu roghainn a dheanamh, cò diù bhiodh e 'na shlànaighear dhomh na nach bitheadh, oir b'iad na briathran aingidh iad so; —“Falbhadh e mas e sin a thoil féin.” An sin thug an sgrìobtur so deagh aobhar dòchais dhomh, “Cha-n fhàg agus cha tréig mi feast thu.”

(Eabh. xiii. 5.) “O Thighearn!” arsa mise, “ach dh’ fhàg mis’ thusa!” Thug mi buidheas do Dhia mar an ceudna air son nam briathran so.

217. Bha mi fo eagal cràiteach fathast, gu’m fàgadh agus gu’n tréigeadh, agus fhuair mi e ’na ni anabarrach cruaidh earbsa chuir ann, air faicinn dhomh gun d’rinn mi mar sud miothlachd a chuir air. B’urrainn mi a bhi ro-anabarrach toilichte nam biodh so gun tachairt riann, oir an sin shaoilinn gu’m b’urrainn mi mo chudthrom a leagadh air a ghràs le n’a bu mhò do shaorsa; chunnaic mi gu’n robh a’ chùis maille rium mar thachair do bhràithrean Ioseiph, rinn ciont an aingidheachd féin gu tric an lionadh le eagal gun deanadh an bràthair di-meas orra fa-dheireadh. Gen. i. 15, 16.

218. Ach a bharr air gach sgrìobtur a thachair rium fathast, b’e na briathran so anns an fhicheadamh caibidil do Leabhar Iosua as mò thug do chomhfhurtachd dhomh ’nuair a tha e labhairt mu thimchioll a mharbhaiche a bhi téicheadh a chum a’ bhaile-dhiona;—“Agus an uair a théid fear-diòlaidh na fala an tòir air, an sin cha toir iad suas am marbhaiche d’a làimh, a chionn gu’n do bhuaile e a choimhearsnach gu’n fhios da, agus gun fhuath aige dha anns an aimsir roimhe sin.” O! gu’m a beannaichte gu’n robh Dia air son nam briathran so, chaidh a dhearbhadh orm gu’m bu mhis’ am marbhaiche, agus gu’n robh fear-diòlaidh na fala an tòir

orm, mhothaich mi so le uabhas mòr ; ach a sin smaointich mi gu'n rannsaichinn an robh còir agamsa dol a steach do'n bhaile-dhiona. Mar so fhuair mi nach faodadh " an tì a laidh am plaid air son fuil a dhòrtadh dol a steach ann." Cha b'e am mortair toileach ach an tì a rinn mort d'a an-toil, no gun fhios da agus nach b'ann o mhiosgainn, o fhalachd, no bho ghamh-las, an tì sin a dhoirteas i le ruathar braise ; eadhon an tì aig nach robh fuath da choimhearsnach roimhe sin. Uime sin ;—

219. Smaointich mi gu deimhin, gu'm bu mhis' an duine dh'fheumadh dol a steach do'n bhaile-dhiona, a chionn gu'n do mharbh mi mo choimhearsnach " gu'n fhios domh, agus nach robh fuath agam dha roimhe sin ;" cha robh fuath sam bith, rinn mi ùrnaigh ris, agus bu duilich leam peacachadh 'na aghaidh, seadh agus rinn mi strìth an aghaidh an droch bhuaireidh so rè bliadhna roi' an àm sin, seadh, agus an uair a chaidh e seachad tre mo chridhe, b'ann ge b'oil le'm fhiaclan a rinn e sin. Uime sin shaoil leam gu'n robh còir agam a' dol a steach do'n bhaile so, agus nach robh na seanairean ('s esin na h-abstoil,) gu mise thoirt suas. Bha so uime sin 'na mhòr chomhfhurtachd dhomh, agus thug e deagh aobhar dòchais do'm ionnsaidh.

220. Fathast, air dhomh a bhi ga'm fhaicinn féin ann an staid ro chunnartach, oir thug mo chràdh orm nach robh fios ceart agam air ciod

an talamh a bha cinnteach gu mo chumail suas; bha m'inntinn fo aon cheist agus bha mòr dhéidh aig m'anam air gu'm faigheadh e freagairt dh'i, agus b'i so a' cheist sin;—"An robh e 'na ni comasach, gu'm faigheadh anam sam bith an comhfhurtachd bu lugha bho Dhia tre Chrìosd an deigh dha am peacadh an aghaidh an Spioraid Naoimh' a chuir an gnìomh?" An sin an deigh mòran smaointeachaidh fhuair mi so mar fhreagairt;—"Cha n fhaigheadh,—Cha b'urrainn e fhaotainn;" agus sin a thaobh nan aobhar so:—

221. *Anns a' cheud àite*, Do bhrìgh, an aiteam a chuir am peacadh sin an gnìomh tha iad air an cumail o chòir a bhi ac' ann am fuil Chrìosd, agus air dhaibh a bhi air an dùnadh a mach uaithe sin, feumaidh iad a bhi dh'easbhuidh an aobhair dhòchais is lugha ris, agus mar sin a bhi as eugmhais comhfhurtachd spioradail. "oir cha-n fhàgar tuilleadh dhaibh ìobairt air son peacaidh, ach dùil eagalach ri breitheanas agus fearg thinnteach a sgriosas na h-eascairdean." (Eabh. x. 26. 27.) *Anns an dara h-àite*. A thaobh gu'm beil cuibhrionn a bhi ac' ann an gealladh na beatha air àicheadh dhaibh;—"Ge b'e neach a labhras an aghaidh an Spioraid Naoimhe cha mhaithear dha e anns an t-saoghal so, no anns an t-saoghal a ta ri teachd." *Anns an treas àite*, Tha Mac Dhé mar an ceudna g'an dùnadh a mach, o chuibhrionn a bhi ac' na eadar-mheadhonaireachd bheannaichte, a

thaobh gur nàr leis ainmeachadh orra gu bràth, no còir a ghabhail orra, araon ann an làthair Athar Naomh' agus nan ainglean beannaicht' air nèamh. Marc viii.

222. 'Nuair a ghabh mi beachd air an ni so, le mòr chùram, agus nach b'urrainn mi gun a cho-dhùnadh gu'n tug an Tighearna comhfhurtachd dhomh, agus sin cuideachd an deigh dhomh am peacadh aingidh so a chuir an gnìomh, an sin smaointich mi gu'm faodainn tighinn dlù air na sgrìobturan eagalach agus uabhasach so, a bha 'cur a leithid do dh' eagal orm fad na h-ùine roimhe, agus air nach faodainn an uair sin amharc le'm shùilean, (seadh, agus dhùiriginn ceud uair gu'm biodh iad air an dubhadh a mach às a' Bhìoball,) oir shaoil mi gu'n sgriosadh iad mi, ach a nise tha mi 'g ràdh, thòisich mi air rud-eigin misnich a ghabhail chum tighinn dlù dhaidh, an leughadh, an toirt fainear, agus a' bhrìgh no chrìoch mu'n robh iad a thuigsinn.

223. 'Nuair a thòisich mi air so a dheanamh, fhuair mi m'eugais air a caochladh; oir cha robh i 'g amharc cho gruamach 'sa shaoil mi bha i roimhe sin, Agus *air tùs*, thàinig mi chum an t-seadhamh caibidil do Shoisgeil Phòil chum nan Eabhruidheach, agus mi air balla-chrith fathast le eagal gun buaileadh e mi, agus 'nuair a bheachdich mi air, fhuair mi gu'n be 'n tuiteam air falbh a bha sin air a chiallachadh tuiteam gu tūr air falbh, se sin mar a smaointich mise, tuiteam air

falbh agus làn-àicheadh air an t-Soisgeul, agus air saorsainn o pheacadh tre Iosa Criosd; oir uapa sin thòisich an t-abstol air reusonachadh anns a' cheud, anns an dara, agus anns an treas rann. *Anns an dara h-àite*, fhuair mi gu'm b'éigin do'n tuiteam air falbh so a bhi folaiseach, ann an sealladh an t-saoghail eadhon mar "a' cur Criosd gu nàir fholaisich." *Anns an treas àite*, Chunna mi gu'n robh an aiteam a bha 'n sin air an ciallachadh air an dùnadh a mach gu sìorruidh o Dhia, araon ann an doille, an cruathas, agus ann an neo-aithreachas; "oir is eu comasach an ath-nuadhachadh a chum aithreachais." Leis gach ni sònraichte dhiù so, chunnaic mi chum cliù shìorruidh Dhé nach be mo pheacadh-sa am peacadh sin a bha air a chiallachadh, no air ainmeachadh ann. *Air tùs*, dh'aidich mi gu'n do thuit mi, ach nach do thuit mi air falbh, tha so bho aidmheil creideimh ann an Iosa chum beatha shìorruidh. *Anns an dara h-àite*, Dh'aidich mi gu'n do chuir mi Iosa Criosd gu nàir le mo peacadh, ach cha b'ann gu "nàir fholaiseach," cha d'àicheadh mi e an làthair dhaoine ni mo dhìt mi e mar dhuine neo-tharbhach ann an làthair an t-saoghail. *Anns an treas àite*, Ni mò chunnaic mi gu'n do dhùin Dia a mach mi, no gu'n do dhiùlt e leigeadh leam tighinn d'a ionnsaidh (ge do fhuair mi e 'na obair chruaidh da rìreadh tighinn d'a ionn-



saidh) le bròn agus aithreachas. Beannaichte gu'n robh Dia air son a ghràis do-rannsaichte.

224. An sin thug mi fainear so anns an deicheamh caibidil do litir Phòil a chum nan Eabhruidheach, agus chunnaic mi nach b'e am peacadh toileach a tha sin air ainmeachadh na h-uile peacadh toileach, ach am peacadh sin a mhain a tha tilgeadh air falbh Chrìosd, agus a rithist àintean mar an ceudna. *Anns an dara h-àite.* Gu'm feum am peacadh sin a bhi air a chuir an gnìomh, gu folaiseach, "fo dhithis no thriùir do dh'fhianaisibh." (rann 28.) *Anns an treas àite,* Cha-n urrainn am peacadh so a bhi air a chuir an gnìomh ach le mòr dhìmeas a dheanamh air Spiorad nan Gràs ; a' deanamh tarcuis araon air earralachadh cumail o'n pheacadh sin, agus air iompaidhean 'na aghaidh. Ach tha fhios aig an Tighearna ge do bha mo pheacadh-sa deamhnaidh, gidheadh nach robh e cho mòr riu sin.

225. Agus mu bhuntainn ris a sin anns an dara caibidil deug do littir Phòil a chum nan Eabhruidheach, mu thimchioll Esau a chòir-bhreith' a reic ; ge b'e so an ni a chlaoidh mi, agus a sheas mar shleagh 'nam aghaidh, seadh a nise thug mi fainear ; *Air tùs,* nach robh a pheacadh-san 'na smaoin chabhagaich an aghaidh gnà-smaointean inntinn, ach 'na smaoin do'n tug e aonta féin, agus a chuir e 'n gnìomh mar an ceudna agus sin an deigh dha cuid do smaointeachadh a dheanamh mu thimchioll,

(Gen. xxv.) *Annas an dara h-àite.* Bha e 'na gnìomh folaiseach agus fosgailte, eadhon an làthair a bhràthar, mar an robh ann an làthair mòran eile a bhrrachd air, rinn so a pheacadhsan do nàdur ni bu chudtromaiche na bhitheadh e n'an robh e gun a dheanadh air an dòigh sin ach air dòigh eile. *Annas an treas àite,* Bhuan-aich e ann an deanamh dìmeas air a chòir-bhreithe; bha e 'g ithe's a 'g òl's a siubhal 'na rathad féin, mar so rinn Esau tarhuis air a' chòir-bhreithe, seadh, fichead bliadhna an deigh sin, fhuaradh gun do chuir e suarach i fathast. “Agus thubhairt Esau.—Tha agamsa pailteas a bhràthair; gleidh *thusa* dhut-féin n'a tha agad.” Gen. xxxiii. 9.

226. A nise ann a bhi buntainn ris a so, gu'n d'iarr Esau àit' aithreachais, smaointich mi so. *Air tùs,* cha b'ann air son a chòir-bhreith' a bha so, ach air son a' bheannachaidh, tha so soilleir o bhriathraibh an abstoil, agus tha e air a chomharrachadh a mach le Esau féin.—“Thug e leis mo chòir-bhreithe [roimhe], agus feuch a nise thug e leis mo bheannachadh.” (Gen. xxv. 36.) *Annas an dara h-àite,* A nis' air an-ni so a bhi air a thoirt fainear mar so, thàinig mi rithist a chum an abstoil a dh'fheuchainn ciod e inntinn Dé mu thimchioll peacadh Esau do réir labhairt agus seadh an Tiomnaidh Nuaidh; agus cho fad 'sa b'urrainn mi thuigsinn, b'e so inntinn Dé, gu'n robh a chòir-bhreith' a' ciallachadh athghinmhuinn, agus am beannachadh an oigh-

reachd shìorruidh, oir 'sann ris a so a bha briathran an abstoil coltach.—“ Air eagal gu'm bi neach mi-naomha sam bith ann coltach ri Esau, a reic air son aon ghréim bìdh còir a cheud-bhreithe.” Mar gu'n abradh e, tha sin a tilgeadh air falbh aile cheud-thòiseachadh beannaichte Dhé, a ta 'san àm so air-san a chum nuadh-ghinmhuinn, air eagal gu'n tig iad gu bhi mar Esau, eadhon a bhi air an diùltadh fadheireadh, 'nuair bu chòir dhaibh a bhi sealbhachadh a' bheannachaidh mar oighreachd.

227. Oir tha iad iomadh ann a tha deanamh dìmeas ann an latha nan gràs agus na trècair air nithibh is e gu dearbha còir ceud-bhreith' nèimh, a ni fathast 'nuair a bhios deireadh an lathaichean a' teannadh dlù, éigheach cho labhar 's a rinn Esau; “ A Thighearn' a Thighearna fosgail duinn,” ach a nis' a chionn nach gabhadh Isaac aithreachas, cha mhò ghabhas Dia an t-Athair aithreachas, ach their e, beannaichidh mi iad so, agus bithidh iad beannaichte, ach air bhur son-sa, “ imichibh uam a luchd-deanamh na h-eucoracn. ' Gen. xxvii. 32, Luc. xii. 25—27.

228. 'Nuair a thug mi na sgriobturan ud fainear air an dòigh so, agus a chunnaic mi nach robh an tuigsinn mar so an aghaidh sgriobturan eile, ach a' co-fhreagairt riu anns gach còr; chuir so ni bu mhò ri mo mhisneach agus ri mo chomhfhurtachd, agus thug e mar an ceudna buile ghoirt do'n teagamh ud—'s e sin,—“ nach b' urrainn an Sgriobtur aontachadh ri sàbhaladh.

m'anma," agus cha robh maireann a nis' ach deireadh an ànraidh, oir bha'n tàirneanach air dol seachad orm, ach a mhain gu'n robh boineau beag' uisg' ann fathast, a bha 'n dràsta 's a rithist a' sileadh orm, ach a thaobh gu'n robh m'eagal agus m'àmhghar roimhe so gu ro ghoirt agus domhainn, bha 'chùis maille rium fathast mar bhios i maille riù-san a thuit uair-eigin fo uabhas teine, shaoil leam gu'n robh na h-uile facal a' glaodhaich "teine! teine!" chiùrradh gach mion-bhuntainn mo chogais anmhainn.

229. Ach aon latha, air dhomh a bhi gabhail seachad chum an achaidh, agus sin cuideachd le cuid do bhreislich air m' inntinn, le eagal nach robh gach cùis ceart fathast, thuit na briathran so le graide air m'inntinn;—"tha t'fhèrantachd anns na nèamhaibh," agus air leam leis a sin gu'm faca mi le sùilean m'anma Iosa Crìosd aig deas làimh Dhé, "ann an sin," arsa mise, "tha m' fhèrantachd," air chòr is cia b'e air bith àit' anns an robh mi, no cia be air bith ni a bha ni a' deanamh, nach abradh Dia riumsa "gu'n robh e 'g iarraidh m' fhèrantachd," oir bha sin dìreach fa chomhair. Chunnaic mi osbarr, nach b'e mo dheagh fhonn cridhe a bha deanamh m' fhèrantachd n'a b'fhèarr, agus ni mò a b'e mo dhroch fhonn cridhe a bha deanamh m' fhèrantachd ni bu mhiosa, oir b'e m' fhèrantachd Iosa Crìosd féin, "an dé, an duigh, agus gu sìorruidh, an Tì ceudna." Eabh. xiii. 8.

230. A nise thuit mo shlàbhraidhean dheth mo chasan gu dearbha; bha mi air mo leigeil fa-sgacil o'n àmhghar agus o na geimhleibh; agus theich mo bhuaireidhean air falbh mar an ceudna, ionnas o 'nuair sin gu'n do sguir sgrìob-turan uabhasach ud Dhé a bhi cur trioblaid orm; a nise chaidh mi dhachaigh ri gàirdeachas, air son gràs agus gràdh Dhé; mar sin 'nuair a ràinig mi'n taigh dh'amhaire mi dh'fheuchainn am faighinn na briathran so anns na sgrìob-turan, "tha t' fhìreantachd anns na nèamhaibh," ach cha b' urrainn domh an leithid do bhriathran fhaotainn idir, uime sin thòisich mo chridhe air sìothladh sìos ann am chòm a rithist, ach a mhàin, gu'n robh so air a thoirt gu mo chuimhne; — "neach a rinneadh dhuinne le Dia 'na ghliocas 'na fhìreantachd, 'na naomhachd agus 'na shaorsa:" (1 Cor. i. 30), leis na briathraibh so chunnaic mi gu'n robh na briathran eile fìrinneach.

231. Oir leis an sgròbtur so, chunnaic mi gu'n robh an duine Iosa Crìosd mar a tha e air leth uainne, a thaobh a làthaireachd chorporra, mar sin gur e ar fìreantachd agus ar naomhachd an làthair Dhé: Ann an so uime sin, bha mi beò rè ùine gu ro shuaimhneach ann an sìth ri Dia, tre Chrìosd. O! smaointich mi air Crìosd! Crìosd! cha robh ni sam bith ach Crìosd ro' làthair mo shùl: bha mi nise (mhàin) air son amharc air a so agus air sochairean eile Chrìosd fa leith, mar fhuil, adhlaiceadh, no ais-eirigh,

ach air dhomh beachdachadh air mar Chrìosd iomlan; mar an Tì anns am beil gach ni dhiù so, agus uile bhuidhean eile, a theachdaireachd, a dhreuchdan, agus ghnìomharran a' còmhachadh a chéile, agus gu'n robh e 'na shuidhe air deas làimh Dhé ann an nèamh.

232. Bha e 'na ni glòrmhor dhomhsa, Crìosd fhaicinn air àrdachadh, maille ri luach agus éifeachd uile shochairan, agus sin a chionn gu'm b' urrainn mi amharc air a nis' uam féin, agus mheas mi nach robh uile ghràsan Dé a bha nis' a briseadh a mach gorm, agus fo'n ùr-bhlàth orm, ach mar a bha na buinn-ghròta, agus na buinn-cheithir-sgillinn a's bhonna-sé bhrìste tha daoine beairteach a' ghiùlan 'nan sporanan an uair a tha 'n cuid òir-dearbht' an tasgaidh 'nan cisteachan aig an dachaigh. O! chunnaic mi gu'n robh m' òr-dearbhte-s' ann am chist' aig mo dhachaigh féin! ann an Crìosd, mo Thighearnu agus mo Shlànaighear. A nise b'e Crìosd m' uile;—m' uile fhìreantachd, m' uile naomhachd, agus m' uile shaorsa!

233. Osbarr, thredraich an Tighearna mi mar an ceudna, chum diomhaireachd an aonaidh ri Mac Dhé; gu'n robh mi air mo cheangal ris; “Gu'm bu bhall *mi* d'a chorp, d'a fheadhail, agus d'a chnàimhibh-san;” agus a nise bha so anns an deicheamh rann tharan fhichead do'n chùigeamh caibidil do littir an abstoil Phòil a chum nan Ephesianach 'nam briathran milis dhomhsa. Leis a so mar an ceudna bha mo chreideamh

ann mar m' fhìreantachd ni bu ro mò air a neartachadh annam ; oir ma bha mis' agus esan mar aon neach, 'an sin bu leam-sa fhìreantachd, bu leam-sa fhiùghalachd, bu leam-s'a bhuaidh mar an ceudna. A nise b' urrainn domh mi-féin fhaicinn air nèamh agus air thalamh còmhladh, ann an nèamh tre mo Chrìosd, tre mo cheann, tre m' fhìreantachd agus mo bheatha ; ge do bha mi bhos a so a' còmhnaidh air thalamh anns a' cholainn.

234. A nise chunnaic mi gu'n d' amharc Dia air Iosa Crìosd agus gu'm bu chòir dhuinne amharc air mar an ceudna, mar an t-aon phearsa coitcheann no folaiseach anns am beil uile shluagh taghte gu léir gu bhi air an toirt fainear agus air an àireamh ; a thaobh gu'n do cho-lìon sinne an lagh trìd-san, gu'n do bhàsaich sinn trìd-san, gu'n d' éirich sinn o na mairbh trìd-san, gu'n d' thuair sinn buaidh air a' pheacadh, air a' bhàs, agus air an diabhol trìd-san ; agus an uair a bhàsaich esan gu'n do bhàsaich sinne, agus mar sin a thaobh aiséirigh, “ thig do mhairbh beò, maille ri mo chorp marbh-sa éiridh iad,” ars' esan. (Isa. xxvi. 2.) “ Agus a rithist, an ceann dà latha ni e air n-ath-bheothachadh, agus air an treas latha dùisgidh e suas sinn, agus bithidh sinn beò'na shealladh.” (Hosea. vi. 2.) Ni a ta nis' air a cho-lìonadh le suidhe sìos Mhic an duine air deas làimh na mòrachd shìorruidh anns na nèamhaibh a réir litir Phòil a chum nan Ephesianach,—“ agus chomhthog agus chomh-

shuidhich e sinn ann an ionadaibh nèamhaidh, ann an Iosa Criosd.” Eph. ii. 6.

235. O ! thugadh air na smaointean agus air na sgrìobturan beannaichte so le iomadh eile coltach riu, dealradh anns na lathaibh so ann am shùilean, ionnas gu’m beil aobhar agam a radh ;—“ Molaibhse an Tighearna’ molaibh Dia ’na ionad naomha, molaibh e ann an speuraibh a chumhachd ; molaibh e air son a ghnìomharran treuna ; molaibh e a réir àirde a mhòrachd.” Salm cl. 1, 2.

236. Air dhomh blasad a thoirt dhuibh a so, ann am beagan fhacal, air a’ bhròn agus air an àmhghar fo’n deach m’anam tre chiont agus uabhas nan smaointean aingidh ud, agus air dhomh mar an ceudna, cuid do chunntas a thoirt dhuibh air mar fhuair mi saors’ uapa, air a chomhfhurtachd mhilis agus bheannaichte a fhuair mi an deigh sin, comhfhurtachd a bhunaich maille ri mo chridhe mu thuairream bliadhna, chum m’iongantais agus m’ éibhnis dolabhairt. Bheir mi nise dhuibh (mas e sin toil Dé) mu’n téid mi ni’s faid’ air m’aghaidh, ann am facal no dhà, an ni a tha mi a’ smaointeachadh bu cheann-fàth do’n bhuaireadh so, agus mar an ceudna a’ bhuanachd chum an do thionndaidh e mach fa dheireadh do’m anam.

237. A thaobh nan ceann-fath, no nan aobharan so, thuig mi gu’m bu dhà iad gu h-àraidh, agus bha làn-fhois agan cò b’iad an dà



aobhar sin ré na h-ùine a laidh an trioblaid so orm. Bha cheud aobhar a chionn, an uair a bha mi air mo shaoradh o'n bhuaireadh a thàinig an toiseach, nach do bhunaich mi ann an ùrnaigh ri Dia gu'n cumadh e mi bho 'n bhuaireadh a bha gu tighinn; oir ged a dh'fhaodas mi ràdh ann am fìrinn, gu'n robh m'anam gu mòr ann an ùrnaigh mu'n do ghlac an deuchainn so mi, gidheadh cha d'rinn mi ùrnaigh a mhàin, mar bu tric ach air son na trioblaid a bha làthair maille rium 'san àm a thoirt air falbh uam, agus air son ùr-fhiosrach aidhean de a ghràdh ann an Criosd fhaotainn, nu a chunnaic mi an deigh sin nach bu leòir dhomh a dheanamh, ach gu'm bu chòir dhomh guidhe mar an ceudna, gu'n cumadh an Dia mòr mi bho'n olc a bhi ri teachd.

238. Chaidh làn-dhearbhadh a thoir dhomh air an nithibh so le ùrnaigh Dhaibhidh naomha; air dha 'bhi sealbhachadh trècair maille ris, gidheadh a ghuidh gu'm cumadh Dia e air ais o'n pheacadh agus o'n bhuaireadh a bha ri teachd; "Mar an ceudna," ars' esan, "O pheacaibh dànadais cùm air ais t'òglach nu'm bi àrd-cheannas ac' orm, an sin bithidh mi ionnraic agus bithidh mi neo chiontach o eusantas mòr." (Salm xix. 13.) leis na dearbh-bhriathran so bha mi air mo chràdh agus air mo dhèteadh tre'n bhuaireadh chian-mhaireannach, no bhuan, so gu léir.

239. Bha briathran eile mar an ceudna s

dhìt gu mòr mi air son mo ghòraich a thaobh an dleasanais so a dhearmad. “Thig eamaid uime sin le dànachd gu rìgh-chathair nan gràs, chum gu’m faigh sinn tròcair, agus gu’n amais sinn air gràs a chum cobhair an àm feuma.” (Eabh. iv. 16.) So ni a dhearmaid mi a dheanamh, agus air an aobhar sin cheadaicheadh dhomh mar so peachachadh agus tuit-eam; do réir mar a tha e sgrìobhte, “deanaibh ùrnaigh chum nach tuit sibh ann am buaireadh.” Agus gu fìrinneach tha’n dearbh ni so gus an latha ’n diugh ’na leithid do dh’uabhas agus do chudthrom orm, ionnas nach dàna leam ’nuair a théid ’mi ’n làthair an Tighearna dol deth mo ghlùinean, gus an guidh mi air son cobhair agus tròcair an aghaidh nan buairidhean a ta ri teachd; agus tha mi ’guidhe orts’ a leughadair gu’m fòghlum thu leithid mo mhi-chùram-sa sheachnadh o ’n àmhaghar so a dh’fhuilig mise le bròn fad lathaichean, mhìosan, agus bhliadh-nachan air son an dearmaid ud.

240. Be’n t-aobhar eile thug air a’ bhuaireadh so tuitean orm, gu’n do bhrosnach mi Dia, agus b’ann air a mhodh so a rinn mi sin; bha mo bhean leth-tromach, agus mu’n tàinig làn-àm a h-aisead, thàinig a piantan oirre mar mhnaoi ri saothair gu cràiteach treun, mar gu’n tuiteadh i air ball ann an saothair chloinne; agus gu’n rachadh a h-aiseag an tràthail; a nis’ aig a’ cheart àm so, bha mise cho làidir air mo bhuaireadh, is gu n chuir mi teagamh ann am

bith Dhè, uime sin air do mo bhean a bhi a' caoidh ri'm thaobh tre phiantan, thubhairt mi, (ach cho diamhair sa dh'fhaoite smaointeachadh ann am chridhe)—“ A Tighearna, ma bheir thu air falbh àmhghar cràiteach so mho mhnatha, agus ma dheònaicheas tu nach bi i air a bualadh leis tuille rè na h-òidhche so, [agus a piantan a nis' oirre] an sin bithidh fhios agam gur urrainn thu rùintean is ro-dhiomair a' chridhe fhaicinn.”

241. Cha bu luaithe thuir mi na briathran ud ann am chridhe; na bha a piantan air an toirt air falbh uaipe, agus thuit i ann an cadal tròm, agus bhunaich i mar sin gu madainn; chuir sin mi fo mhòr-iongnadh gu'n fhios agam ciod a smaointichinn, agus an deigh dhomh a bhi gréis mhath ann am dhùisg agus nach cuala mi i a' gearan ni bu mò, thuit mi-féin ann am chadal mar an ceudna, mar sin 'nuair a dhùisg mi sa' mhadainn, thòisich ni air smaointeachadh air an ni a thuir mi ann am chridhe air an oidhche chaidh seachad, agus air mar thaisbean an Tighearna dhomh gu'n robh fios aig air mo smuaintean diamhair, ni a bha 'na mhòr iongnantas leamsa fad iomadh seachduin an deigh sin.

242. Seadh ma ta, mu thuaram bliadhna gu leth an deigh sin, chaidh an smaoin aingidh pheacach mu'n do labhair mi romh so troi' mo chridhe, eadhon an smuain so,—“ falbhadh Criosd mas e sin a thoil féin.” Mar sin 'nuair

a thuit mi fo chiont air son so, thigeadh mo smuain eile maille ris n'a thàinig 'na co-lòrg fos-near dhomh mar an ceudna leis an ach-mhasan so maille rithe ;—“ A nise faodaidh tu fhaicinn gu'm beil fios aig Dia air smaointean is ro-dhiamhair a' chridhe.”

243. Agus leis a so, thàinig a' cho-labhairt a bha eadar an Tighearna agus a shéirbheiseach Gideon gu'm inntinn ; a chionn gu'n do bhros-naich Gideon, Dia le lomradh araon fluich agus tioram, [an nuair bu chòir tha creidsinn agus earbsa chuir á fhacal] ; gu'n do chuir an Tighearn an deigh sin e gu dearbhadh le chur an aghaidh àireamh do-àireamh nàimhdean ; agus sin cuideachd a réir coltais o'n leth a mach gun neart no cobhair sam bith. (Breith. vi. 37—40.) Mar sin bhun e riumsa, agus sin gu ceart, oir bu chòir dhomh fhacal a chreidsinn, agus gun teagamh a chur ann an uil'-fhaicsinneachd Dhé.

244. Agus anise chum cuid de na bhuannachd a fhuair mi, mar an ceudna bho'n bhuaireadh so a leigeadh ris dhut, air tùs, thug e orm mothachadh ro iongantach a shealbhachadh do ghnà 'nam inntinn araon air beannachadh agus glòir Dhé, agus Mhic a' gràidh ; anns a' bhuaireadh a thàinig ròimhe sin. bha m'anam air a chràdh gu goirt leis an as-creideamh, le toibheum, cruathas cridhe, teagamhan, mu thimchioll bith Dhé, Chrìosd, fìrinn fhacail, agus cinntichead an t-saoghail ri teachd, tha mi 'g ràdh gu'n robh

mi 'nuair sin, gu mòr air mo phianadh le bhi  
 ⁊ àicheadh Dhé, ach a nise bha 'chùis air  
 mhodh eile, a nise bha Dia agus Chrìosd do  
 ghnà roi' làthair mo ghnàis, ged' nach b'ann  
 ann an rathad comhfhurtachaidh, ach ann an  
 rathad mòr eagail agus uabhais. Rinn glòir  
 naomhachd Dhé aig an àm so mo bhriseadh  
 am bhloidibh, agus rinn innidh ghràidh, agus  
 tuacantas comhfhulangais Chrìosd mo bhris-  
 eadh mar le cliath-phianaidh ; oir cha b'urrainn  
 mi smaointeachadh air, ach mar Chrìosd tréighte,  
 agus cailte dhomh féin, agus bha bhi cuimhneach-  
 adh air an so do ghnà a bhriseadh mo chnàmhan.

245. Bha na Sgriobturan, mar an ceudna 'nan  
 nithibh iongantach dhomsa, chunnaic mi gu'm  
 b'e am firinn, agus an cinnteachd iuchair  
 ròghachd nèimh ; an aiteam sin do'n nochd na  
 Sgriobturan deagh-ghean feumaidh gu'n sealbh-  
 aich iad am beannachd agus an suaimhneas,  
 ach an àitean sin, a bhios nan Sgriobturan 'nan  
 aghaidh g'an dìteadh, feumaidh iad dol a dhìth  
 gu sìorruidh ; O ! na briathran so, “ oir cha-n  
 fhaodar na Sgriobturan a bhriseadh,” reubadh  
 iad so cochull mo chridhe, agus dheanadh an  
 sgriobtur so eile an ni ceudna ;—“ Co air bith  
 iad d'am math sibh am peacannan, tha iad  
 maithte dhaibh ; agus cò air bith iad d'an cùm  
 sibh am *peacannan gun am mathadh*, tha  
 iad air an cumail.” A nise chunnaic mi gu'n  
 b'iad na h-abstoil seanairean a' bhaile dhìona  
 (Iosua xx. 4,) agus an aiteam a ghabhadh iad

a steach, gu'n robh iad gu bhi air an gabhail a steach gu beatha ; ach bha 'n aiteam a bha iad a' dùnadh a mach gu bhi air am marbhadh le fear-dìolaidh na fala.

246. O ! bu mò chuir aon earrann do'n Sgriobtur a dh'uabhas air m' inntinn, [tha mi a' ciallachadh na h-earrannan so a sheas ann am aghaidh, mar bha mi 'n dùil air uairibh a bha na h-uile earrann de a' deanamh.] bu mò chuir iad a dh'uabhas air m'inntinn, deiream, na chuireadh armailt dha fhichead mìle fear a dh'fhaodadh tighinn 'nam aghaidh. An-aoibh-inn do'n tì sin, a ni na Sgriobturan iad-féin a lùbadh 'na aghaidh !

247. Leis a' bhuaireadh so bha mi air mo thoirt gu faicinn ni b'fhaide steach ann an diamhaireachd nàduir nan geallaidhean, na bha mi riamh roimhe. Oir bha mi nis' ann am laidhe air balla-chrith fo làimh chumbachdaich Dhé, air mo reubadh agus air mo sgoltadh do ghnà le tairneanach a cheartais ; thug so orm araon le cridhe cùramach, agus le sùil aireachail a's mòr fhiamh, gach duilleag a thiondadh thairis, agus le mòr dhìchioll air a' mheasgadh le balla-chrith gach earrann deth a thoirt fainear, maille r'an neart nàdurach agus am farsuinneachd.

248. Leis a' bhuaireadh so mar an ceudna bha mi gu mòr air mo chumail air falbh o mo ghnàthachadh amaideach roimhe so, a bhi cuir seachad facal a' gheallaidh 'nuair a thigeadh

e gu mo làimh ; oir a nise, ged nach b'urrainn mi an comhfhurtachd, agus a' mhilseachd a dheothal mar a rinn mi ; aig amaibh eile, gidheadh coltach ri duine bhiodh a' dol fodha ann an uisge domhainn, dheanainn gréim air gach ni a chunnaic mi ; roimh an àm so shaoil mi nach robh còir agam air beantainn ris a' ghealladh, mar an robh mi a' faotainn comhfhurtachd uaithe, ach a nise cha robh ùin' agam air fuireach ris a sin, oir bha fear-diolaidh na fala an tòir orm gu dian.

249. A nis' uime sin, bha mise toileach gréim a dheanamh air an fhacal sin, ge do bha eagal orm fathast nach robh deagh aobhar agam air còir a ghabhail air ; agus eadhon leum ann an uchd a' gheallaidh ud, ge do bha eagal orm anns a' cheart àm sin gu'n do dhùin e a chridhe 'nam aghaidh. A nise mar an ceudna, shaoithrichinn a chum am facal a ghabhail do'm ionnsaidh, mar a chuir Dia sìos e, gun neart nàdurach aon lididh dheth a chumail airais. O ! ciod a chunnaic mi anns an t-seadhamh caibidil beannaichte sin do Shoisgeil Eoin, “ agus an tì a thig a m' ionnsaidh cha tilg mi air chòr sam bith a mach e,” (rann 37.) Thòisich mi nis' air smaointeachadh annam féin, gu'n robh beul Dé ni bu mhò chum labhairt na bha mo chridhe sa chum tuigsinn ; smaointich mi mar an ceudna annam féin nach do labhair e a bhriathran le cabhaig, no le braise gun smuainteachadh, ach

le gliocas neo-chrìochnach agus le breitheanas ; agus leis na h-uile fhèrrinn agus dhìlseachd.

250. Anns na lathaibh so, an àm mo mhòr phiantan rachainn le dian-spàirn a chum nan geallaidhean, (amhail mar bhiodh each ann am feàth-chrithich a' togairt a chum a' chruathlaich,) a' co dhùnadh, ge do bha mi mar neach às a chéile le eagal, air a so gabhaidh mi fois agus c' mhnaidh, agus fàgaidh mi a choilionadh an earbsa ri Dia nèimh a rinn e. O ! is iomadh caonnag a bh'aig mo chridhe ri Sàtan air son an t-seadhnamh caibidil beannaichte ud do Shoisgeil Eoin. Cha do sheall mi 'n dràsda mar bu ghnà leam a deanamh air uairibh eile, air son comh-fhurtachd gu sònraichte, (O ! ge do b' e a làn-bheatha tighinn do'm ionnsaidh) Ach a nise facal,—facal air an leagadh m'anam sgèth a thaice, chum 's nach rachadh e fodha gu sìorruidh ; so an ni air an robh mi'n tòir.

251. Seadh, an uair a bhithinn a' dol a chum nan geallaidhean chunnaic mi gu minig, mar gu'n diùltadh an Tighearna m'anam gu bràth, bha mi gu tric mar gu'n tuitinn air rinn nam pìcean, agus mar gu'n tilgeadh an Tighearn' orm a chum mo chumail uaithe, mar le claidheamh lasarach. An sin smaointichinn air Ester, a dh'iarr iarrtas air an rìgh nach robh “a réir an lagha.” (Ester vi. 16.) chuimhnich mi mar an ceudna air séirbhisich Bhenadaid a chaidh le cùird air an cinn a chum nan nàimh-



dean a dh'iarraidh tràcair, (1 Rìgh. 31, &c.) chuimhnich mi cuideachd air a' mhnaoi do mhuinntir channain nach do ghabhlag-mhisneach ge do thuir Criosd cù rithe, (Mat. xx. 22—28,) agus air an duine chaidh a dh'iarraidh iasad arain mu mheadhon oidhche. (Luc i. 5—8.) Bha iad so mar an ceudna 'nam mòr mhisneach dhomh.

252. Cha-n fhaca mi riamh roimhe an àird' agus an daoimhne so ann an gràs, ann an gràdh, agus ann an tràcair, 'sa chunnaic mi annta an deigh a bhuaireadh so, peacannan mòra a' tarrainn a mach mòr ghràs, agus far am beil cionta ro uabhasach agus borb, ann an sin gu'm beil tràcair Dhé ann an Criosd, 'nuair a tha e air fhoillseachadh do'n anam ag amharc ro àrd agus cumhachdach. 'Nuair a thiondaidh an Tighearna braighdeanas Iob thug e dha a dhà uireadh sa bha aige roimhe (Iob xlii. 10.) Beannaichte gu'n robh Dia air son Iosa Criosd ar Tighearna. Tha iomadh ni eile a dh' fhaodainn a thoirt fainear ann an so, ach is àill leam a bhi aithghearr, agus uime sin ni mi aig an àm so an dearmad ; agus guidhidh mi air Dia gu'n toir mo lochdan air muinntir eile gu'm bi eagal orr' an Tighearn a bhrosnachadh mu'n toirear orra gu'n iomchair iad a' chuing iarainn mar a rinn mise. Bha dha no thrì do dh'uairean agam aig an àm mo shaoraidh o'n bhuaireadh so, smaointean ro laidir mu ghràs Dé, ionnas gu'm bu ghann a b'urrainn mi cumail suas

fodha, bha e cho mòr thar tomhas iongantach 'nuair a shaoil mi gu'n ruigeadh e orm, air chòr is gu'm beil mi a' smuainteachadh n'an robh a mhothachadh air gabhail còmhnaidh n'a b'faide orm, gu'n robh e air m'fhàgail neo-chomasach air mo ghnòthach tìmeil a dheanamh.

253. A nise théid mi air m'aghaidh a thoirt cunntas dhut m'a thimchioll tuilleadh do dhéiligidhean an Tighearna rium aig iomadh uair eile, agus mu thimchioll nam buairidhean athachair orm aig gach uair dhiù sin. Tòisichidh mi aig an ni sin a thachair rium air tùs an uair a chaidh mi an co-chomunn ri pobull Dé ann an *Bedford*. An déigh dhomh nochadh do'n eaglais gu'm b'e mo mhiann siubhal ann an doigh agus ann an òrduighean Chrìosd maille riu, agus a bha mi mar an ceudna air mo ghabhail a steach leo 'nuair a smaointich mi air òrdugh beannaichte so Chrìosd, ni a b'e a Shuipeir dheireannach maille r'a dhisciobuil roì bhàs, bha'n sgrìobtur ud;—“ Deanaibh so mar chuimhneachan ormsa,” (Luc. xxii. 19.) air a dheanamh na bhriathar glè luachmhor dhomhsa; oir b'ann leis a thàinig an Tighearna 'nuas air mo chogais le fradharc air a bhàs féin air son mo pheacannan, agus mhothaich mi 'nuair sin mar gu'n tilgeadh e steach mi ann am feart no 'm buaidh a' bhàis sin, ach feuch cha robh mi fada 'nam fhear-compairteachaidh aig an òrdugh sin, gus an d' rinn buairidhean muldach agus searbh mo choinneachadh aig gach àm an sin,

araon a chum toibheuman a labhairt an aghaidh an òrduigh, agus gu ghuidhe gu'n tigeadh ni-eigin bàsmhor an caramh na h-aiteam a bha compairteachadh dheth ; a chum is nach bithinn aig uair sam bith ciontach de m'aonta thoirt do na smaointean aingidh agus eagalach so, bha mi air mo cho-éigneachadh gu mi féin a lùbadh fad na h-ùine ann an ùrnaigh ri Dia chum mo chumail o leithidibh sud do thoibheumaibh ; agus mar an ceudna ag achanaich air, gu'm beannaicheadh e an copan agus an t-aran dhaibh, mar gu'm b'eadh o bheul gu beul. Be'n t-aobhar mu'n tàinig am buaireadh so, mar a smaointich mi o'n uair sin, a thaobh nach tàinig mise leis an urram sin bu chuimhe dhomh 'nuair a dhlùthaich mi ris an òrdugh air tùs a chum comhpairteachadh dheth.

254. Bhunaich mi mar so fad thrì ràithean agus cha b'urrainn mi idir fois no sòcair fhaotainn, ach fa-dheireadh thàinig an Tighearna steach a chum m'anma leis an aon sgrìobtur a thàinig a dh'ionnsaidh m' anma roimhe ; agus an deigh sin bu ghnà leam a bhi glè shòlasach an àm compairteachadh do'n òrdugh bheannaichte sin, agus tha dòchas agam gu'm faca mi ann, corp an Tighearna mar air a bhriseadh air son mo pheacannan, agus gu'n robh fhuil luachmhor air a dòrtadh air son m' eu-ceartan.

255. Air am àraidh bha mi 'g aomadh beagan a dh'ionnsaidh tinneas-caitheamh, agus leis a

sin bha mi gu h-obann air mo ghlacadh le mòr ainmhuinneach ann am phearsa 'san leth a mach, ionnas gu'n robh eagal orm nach b'urrainn domh a bhi fada beò. A nise thòisich mi as-ùr a chum mi-féin a thoirt suas do rannsachadh dùrachdach an deigh mo staid agus mo chòr a thaobh na h-ùine bha romham, agus air mo dhearbhadh a thaobh an t-saoghail bheannaichte ta ri teachd; oir b'e so gu'm a beannaichte gu'n robh ainm Dhé bu ghnàs domh mar a b'àbhaist, ach gu h-àraidh ann an latha an àmhghair, feuchainn ri mo dhìchioll a dheanamh air mo chòir anns an t-saoghal ri teachd a chumail gu soilleir roimh bheachd mo shùl.

256. Ach cha bu luaithe a thòisich mi air ath-ghairm gu'm chuimhne am féin fhiosrachadh a fhuair mi do mhathas Dé d'a m'anan roimhe sin, na bhrùchd mar sgaoth a dh'ionnsaidh m'inntinn cuideachd do-àireamh de mo pheacannan agus de m'eu-ceartan, agus be a' chuid so dhiù aig an àm sin bu mò a chràidh mi, se sin ri ràdh;—mo mharbhanachd, mo mhàirnealachd, agus m'fhuaralachd a thaobh mo naomh'-dhleasanais,—mo sheacharan cridhe,—m'fhàs sgìth do dheanamh gach uile ni math,—mo chion gràidh do Dhia, d'a ròidean, agus d'a phobull, agus leis a' so air deireadh nan uile; —“ An e so toradh na criosdalachd? An iad so comharraidhean an duine bheannaichte?”

257. Thug smaointeachadh air na nithibh so mo thinneas dà-fhilt' orm; oir a nise bha mi gu

tinn sam leth a steach, bha m'anam air a luchdachadh le ciont; bha nise mar an ceudna n' fhéin-fhiosrachaidhean air mathas Dé air an toirt gu tūr air falbh á m'inntinn; agus air am falach mar nach biodh iad riamh ann, no air am faicinn idir: a nise bha m'anam gu mòr air a chuir thuige eadar an dà smaointeachadh so.—“A bhi beò cha-n fhaod mi, bàsachadh cha dàna leam.” A nise shìothlaidh mi sìos agus thut mi ann am inntinn, agus bha mi dol a thoirt thairis gach ni mar cailte. Ach air dhomh a bhi 'siubhal sìos agus suas air feadh an taighe mar dhuine ann an còr anabarrach truagh, rinn briathran so Dhé gréim air mo chridhe;—“*Tha thu air t' fhìreanachadh gu saor le gràs, tre an t-saorsa a ta ann an Iosa Criosd.*” (Rom. iii. 24.) Ach O! ciod an t-atharrachadh a rinn so orm-sa.

258. Bha mi nise mar neach a bhiodh an deigh dùsgadh á bruadar trioblaideach, agus ag éisdeachd ris na briathran nèambaidh so, bha mi mar gu'n cluinninn e labhairt rium mar so;—“A pheacaich, tha thu a' smaointeachadh a thaobh do pheacaidh agus t'anmhainneachd nach urrainn mise t'anam a thèarnadh; ach feuch tha mo Mhac làimh rium, agus air-san tha mi 'g amharc agus cha n-ann ortsa, agus bunaidh mi ruit-sa do réir a's mar a ta mi riarichte leisan.” Leis a so bha mi gu mòr air mo shoillseachadh 'nam inntinn, agus thuig mi gu'm b'urrainn Dia peacach fhìreanachadh aig àm

'sam bith ; b'e sin, ach e dh'amharc air Criosd agus a shochair-san a chur as ar leithinne, agus bha 'n obair deante gun dàil.

259. Agus air dhomh a bhi smuainteachadh mar so, thàinig an sgrìobtur so le mòr chumhachd gu m' inntinn ;—“ A shaor sinn agus a ghairm sinn le gairm naomh', cha n-ann a réir ar n-oibre, ach a réir a rùin féin, agus a' ghràis a thugadh dhuinn ann an Iosa Criosd,” &c. (2 Tim. i. 9. Tit. iii. 5.) A nise fhuair mi suas, chunnaic mi mi-féin ann an gàirdeanaibh gràis, agus tròcair, agus ged bha eagal orm roimhe so, smuainteachadh air uair bàis, fòs a nise ghlaodh mi,—“ faigheam bàs,” a nise bha'm bàs gaolach agus sgiamhach ann am làthair, oir chunnaic mi nach bi sinn gu bràth beò da rìreadh gus an triall sinn a chum an t-saoghail eile, “ O !” arsa mise, “ cha n-eil an saoghal so ach mar dhùsal cadail, an comais ris an t-saoghal a ta shuas.” Aig an àm so mar an ceudna chunnaic mi na's mò anns na briathraibh so, “ oighreachan air Dia,” (Rom. viii. 17,) nas urrainn mi aithris fhad sa bhios mi beò 'san t-saoghal so ; “ oighreachan air Dia !” is e Dia féin cuibhrionn a naomh-shluaigh. Chunnaic mi so, agus b' iongantach leam e, ach cha n-urrainn mi na chunnaic mi innseadh dhut.

260. A rithist, air dhomh a bhi aig àm eile glè thinn agus lag, fad na h-ùine sin mar an ceudna dh'éignich am buaireadair mi gu treun, oir tha mi tuigsinn, gu'm beil e fad an geall air

ionnsaidh a thoirt air an anam 'nuair a tha e tòiseachadh air teannadh a chum na h-uaighe, an trà sin tha e a' faotainn a' chothrom, a' saothreachadh a chum nam féin-fhiosrachaidhean a fhuair mi roimh air mathas Dé fhalach orm, a' cur ann am làthair mar an ceudna uabhasan a' bhàis agus breitheanas Dé, ionnas aig an àm so, tre m'eagal roi' bhi cailte gu bràth, (nam bàsaichinn a nise,) bha mi mar dhuine marbh mu'n tàinig am bàs a'm chòir, agus mar gu'm bithinn ga mo mhothachadh féin a nise dol sìos do'n t-sloc; air leam, arsa mise, nach robh aon slighe eile ann, ach gu ifrinn gu'm b'éigin domh dol; ach feuch, dìreach air dhomh a bhi ann am buillsgean an eagail so, thàinig briathran ud an aingil a ghiùlan Lasarus gu uchd Abraham a steach do'm inntinn, le sraon, mar gun abradh e,—“ Isamhaila thàrlas dhutsa 'nuair a dh'fhàgas tu 'n saoghal so.” Rinn so mo spiorad ath-bheothachadh, gu milis, agus chuidich e leam chum m'earbsa chuir ann an Dia; 'nuair a smuaintich mi air le suaimhneas ré tacain thuit na briathran so le mòr chumhachd air m' anam;—“ O! bàis c' àit' am beil do ghat? O! uaigh c' àit' *am beil* do bhuidh?” (1 Cor. xv. 55.) Leis a so dh'fhàs mi slàn araon ann an corp agus an inntinn còmhladh, oir dh'fhalbh mo thinneas air ball agus shrubhail mise gu suaimhneach gu seirbheis a dheanamh do Dhia a rithist.

261. Aig àm eile ged bha mi meadhonach

math agus taitneach 'nam inntinn, fòs thuit neul mòr dorchadais orm gu h-obann; a dh'fhalaich nithe Dhé agus Chrìosd orm, ionnas gu'n robh mi mar nach faicinn iad, agus mar nach faighinn eòlas orra riamh ann am bheatha, bha mi mar an ceudna air mo ruith thairis, 'nam aigheadh le inntinn neo-mhothachail, agus neo-dhùrachdachd, ionas nach b'urraim domh mo chridh fhaireachadh a' gluasadh no carachadh an deigh gràis agus beatha tre Chrìosd; bha mi mar gu'm biodh mo leasraidh air am briseadh, agus mar gu'm biodh mo làmhan agus mo chasan air an ceangal le slàbhraidhean. Aig an àm so mar an ceudna, mhothaich mi rud-eigin anmhainneachd ann am phearsa o'n leth a mach ni a rinn m'àmhgharan eile mòran ni bu truime agus ni bu ro an-shocraiche dhomh.

262. An deigh dhomh a bhi anns a' chòr so mu thuaram trì no ceithir do lathaichean, air dhomh a bhi'ann am shuidhe aig an teine, mhothaich mi 'nuair nach robh aon sùil agam ri ni sam bith, na briathran so a' séirm ann am chridhe,—“Feumaidh mi dol a dh'ionnsaidh Iosa,” thug so air an dorchadas, agus air na smaointean mu àicheadh bith Dhé a rinn roimhe so gréim air m'inntinn teicheadh air falbh, agus chaidh nithe beannaichte nèimh a chuir ann am làthair. 'Nuair a bha mi mar so air mo ghlacadh gun fhios domh; “A bhean,” arsa mise, am beil a leithid so do sgrìobtur idir ann, —*Feumaidh mi dol a dh'ionnsaidh Iosa?*”



Thuiridh ise nach b'urrainn i innseadh, stad mi uime sin, a' smaointeachadh, a dh' fheuchainn am b'urrainn mi cùimhneachadh air àite sam bith do'n Sgrìobtur anns an robh a leithid, cha robh mi ann am shuidhe ach mu'n thuaram a dhà ro thrì do mhionaidean, 'nuair a thàinig so le sraon a steach orm ;—“ Gu cuideachd do-àir-eamh do dh' ainglibh,” agus leis gach ni bha'n dara Caibidil deug do Litir an Abstoil Phòil a chum nan Eabhraidheach mu thimchioll sliabh Shioin air a chuir roi' làthair mo shùl. Rann 23—24.

263. An sin thuiridh mi ri mo mhnaoi le éibhneis ;—“ Tha fhios agam ! tha fhios agam !” ach bha'n òidhche sin 'na h-òidhche mhaith dhomhsa, cha do chuir mi seachadh riamh ach fìor bheagan òidhcheachan a b'fhearr na i, bha mi gabhail fadail air son cuideachdas cuid do phobull Dé. chum agus gu'n leiginn ris daibh an ni a thaisbean Dia dhomh. Bha Crìosd 'na Chrìosd luachmhor do'm anam air an òidhch' ud, is gann a b'urrainn mi laidhe ann am leabaidh le aoibhneas, sìth, agus buaidh tre Chrìosd. Cha do bhunaich a mhòr ghloir so maille rium gu madainn, ach fòs bha'n dara Caibidil deug do litir an abstoil Phòil a chum 'nan Eabhraidheach 'nan sgrìobtur beannaichte dhomhsa fad iomadh latha cuideachd an deigh so.

264. Is iad so na briathran ;—“ Tha sibh air teachd gu sliabh Shioin, agus gu cathair, an Dé bheò, an Ireusalem nèamhaidh, agus cuideachd

do-àireamh do dh' ainglibh, gu làn-chothional agus eaglais nan ceud-ghin, a tha sgrìobhta 'sna nèamhaibh, agus gu Dia breith-eamh nan uile, agus gu spioradaibh nam fìrean air an deanamh foirfe; agus gu Iosa eadar-mheadhonair a cho-cheangail nuaidh agus a chum fala a' chrathaidh, a ta labhairt nithe a's fearr na *fuil* Abeil." Thredraich an Tighearna mi trìd nam briathran so, thairis is thairis; air tùs chum fhacail, agus a rithist a chum iad so, agus nochd e dhomh glòir-iongantach anns gach aon diù. Bha na briathran so mar an ceudna, gu minig o'n uair sin 'nam mòr ath-neartachadh do 'm spiorad. Gum a beannaichte gu'n robh Dia a chionn tròcair a dheanamh ormsa.

---

*Cunntas gearr mu thimchioll gairm an Ughdair a chum obair na Ministearachd.*

265. Agus a nise tha mi a' labhairt m'fhéin-fhiosrachaidh, agus ni mi ann an so facal no dhà a thilgeadh a steach mu thimchioll mo shearmonachadh air an fhacal, agus mu dhéilig-eadh Dhé rium anns an ni àraidh sin mar an ceudna. An deigh dhomh a bhi mu thuaram cùig no se do bhliadhnachan air mo dhùsgadh, agus a chuidich mi mi-féin a chum easbhuidh\*

---

\* A bhi as eugmhais Chrìosd.

agus luach Iosa Criosd ar Tighearna fhaicinn, agus a chuidicheadh leam mar an ceudna chum m'anam a leagadh air ; mheas cuid dhiù-san bu chothromaiche a measg nan naomh 'n-ar measg-ainne, a thaobh breathnachaidh agus naomh-ach beatha, do réir mar a thuig iadsan, gu'n do mheas Dia mise airidh air ni-eigin de a thoil 'na fhacal naomh' agus beannaite féin a thuigsinn, agus gu'n tug e comas labhairt dhomh, ann an cuid do thomhas a chum an ni a chunnaic mi aithris do mhuintir eile, a chum togail suas agus oilean ; uime sin dh'iarr iad orm, agus sin le mòr dhùrachd gu'm bithinn toileach gabhail os làimh air uairibh facal earalachaidh a labhairt riu, aig aon do na coinneamhean.

266. Ni, air tùs, a nàraich agus a dh'athaich mo spiorad gu mòr, ach fòs, air dhaibh-san a bhì do ghnà g'am iarraidh gu dùrachdach leo, chaidh mi ann agus leig mi mo ghibhtean 'nam measg (ach gu diamhair,) aig dà choinneamh eugsamhail, ged a b'ann le mòr laigse agus anmhainneachd, agus thog iadsan fianais gu sòlaimte, mar ann an làthair an Dé mhòir, gu'n robh iad araon air an dùsgadh 'nan inntinn agus air an comhfhurtachadh, agus thug iad buidheachas do dh' Athair nan uile thròcair air son a' ghràis a bhuilicheadh ormsa.

267. An deigh so air uairibh, 'nuair a chaidh cuid aca do'n dùthaich a theagasg, b'àill leo mar an ceudna gu'n rachainnse maille riu, ged nach

d'rinn mi anns na h-àitibh sin fathast moghibhtean a ghnàthachadh, ni mò bu dàna leam sin a deanamh ann an àite follaiseach. ach n'a bu ro dhiamhaire, mar a thàinig mi am measg an deagh phobuill anns na h-ionadaibh so, labhair mi air uairibh facal comhairle dhaibh mar an ceudna ni a ghabh iad mar chàch do'n phobull le gàird-eachas as leth tròcair Dhé do'm thaobh-sa, a'g aideachadh gu'n robh an anmannan air an teagasg agus air an oileanachadh leis.

268. Uime sin chum a bhi aithghearr, fa-dheòigh, air dhomh a bhi do ghnà air m'iarraidh leis an eaglais, an deigh dhomh ùrnaigh shòlaimte a chuir suas ris an Tighearna maille ri trasgadh, bha mi na bu ro shònraichte air mo ghairm a mach, agus air m'òrduchadh n'a bu riaghailtiche chum searmonachadh follaiseach an fhacail, cha b'ann a mhain dhaibh-san a chreid, ach mar an ceudna chum an Soisgeul a thairgse dhaibh-san nach do ghabh fathast creideamh an t-Soisgeul da'n ionnsaidh, agus fhuair mi le dearbh chinnt mu'n àm sin brosnachadh diamhair air m'aghart a chum sin a dheanamh ; ged a tha mi 'toirt cliù do Dhia, nach b'ann le déidh air glòir dhiamhain ; oir aig an àm sin bha mi air mo chràdh gu goirt le gathan teintidh an diabhoil, mu dhéibhinn mo staide sìorruidh.

269. Ach cha b'urrainn mi a bhi toilichte fathast, mar a bithinn air m'fhaotainn ann a bhi gnàthachadh mo ghibhtean, ni anns an robh mi gu mòr air mo bheothachadh, cha b'ann a mhain

le bith iarrtas nam muinntir dhiadhaidh, ach mar an ceudna le briathraibh so an abstoil Phòil ;—“ Agus guidheam oirbh a bhràithrean, (o’s aithne dhuibh teaghlach Stephanais, gur iad ceud thoradh Achaia, agus gun tug siad iad-féin a chum frithealaidh do na naomhaibh ;) gu’m bi sibh ùmhal d’an leithidibh sin, agus do gach aon a ni obair agus saothair maille ruinne.” 1 Cor. xvi. 15, 16.

270. Thugadh orm fhaicinn leis na briathran sgriobtur ud, nach be rùn an Spioraid Naoimhe riamh gu’n deanadh daoine aig am beil gibhtean agus pàirtean, na buaidhean sin a thiodhlaiceadh anns an talamh, ach gu’m bu ròghnaiche leis iad-sin iarraidh agus an dùsgadh suas a chum an gibhtean a chleachadh, agus gu’n dh’iarr e mar an ceudna orrasan a bha deas agus ullamh air a shon iad a dheanamh mar sin ; “ Thug siad iad-féin suas a chum ministearlachd nan naomh.” Bha’n sgriobtur so anns na lathaibh ud a’ ruith air m’ inntinn do ghnà a chum mo mhisneachadh agus mo neartachadh ann an obair do Dhia ; bha mi mar an ceudna, air mo bhrosnachadh o chaochla sgriobtur eile agus eiseamplairibh nan naomh a ta air an ainmeachadh ann am facal Dé agus ann an seann eachdraidhean ’eile. Gniomh. viii. 4, agus xviii. 24, 25, 1 Ped. iv. 10, Rom. xii. 6. &c.

271. Uime sin, ged bu mhi-féin bu neo-airidh do na naomhaibh uile, fòs rinn mi. ach sin le mòr eagal agus balla-chrith o shealladh

air m' anmhainneach féin, tòiseachadh air an obair, agus rinn mi do réir mo chomais agus cuibhrionn mo chreideimh, an Soisgeul beannaichte sin a shearmonachadh a rinn Dia a thaisbeanadh dhomh ann am facal naomha na fìrinn ; agus 'nuair a chuala muinntir na dùthcha sin, thàinig iad a' chluinntinn an fhacail 'nan ceudna ; agus sin às gach àite do'n tìr mu'n cuairt, ged a b'ann air son iomadh agus caochla aobhair.

272. Agus tha mi toirt buidheachais do Dhia, thug e dhomhsa cuid do thomhas innidh agus truas r'an anmannan ni a bhrosnach mi mar an ceudna air m'aghaidh a chum saothreachadh le mòr dhìchioll agus dhùrachd a chum a leithid do dh'fhacal fhaotainn a mach sa dh'fhaodadh nam beannaicheadh Dia e, gréim a dheanamh air a' choguis agus a dhùsgadh, a thaobh so mar an ceudna bha spéis aig an Tighearna do dh' iarratas a shéirbheisich ; oir cha robh mi ro fhada ri searmonachadh gus an do thòisich e air drùghadh air cuid, agus a bhi air am mòr chràdh 'nan inntinnean air dhaibh smaointeachadh air ro mheud am peacannan, agus air an fheum a bha ac' air Iosa Crìosd.

273. Ach cha b'urrainn mi air tùs a chreidsinn gu'n labhradh Dia tromhamsa ri cridhe duine sam bith, ga mo mheas féin do ghnà neo-airidh ; gidheadh, ghràdhaicheadh an aiteam ud mi air an deach mar sud drùdhadh, agus bhiodh spéis shònraichte aca dhomh ; agus ged do

chuir mise bhuan-féin gu'm biodh iad air an dùsgadh leam, gidheadh, dh'aidicheadh iad-san é, agus chuireadh iad an céill e ann an làthair ainglean Dé; bheannaicheadh iad mar an ceudna Dia air mo shonsa, (truaghan neo-airidh mar tha mi!) agus mheas iad mi mar mheadhon Dé a sheall dhaibh-san slighe na slàinte.

274. Uime sin air dhomh fhaicinn gun robh iadsan cho bunailteach dìleas, araon nam briathran agus 'nan gnìomharran, agus mar an ceudna cho dùrachdach 'nan cridheachan gu dian an tòir air eòlas Iosa Criosd, air dhomh gairdeachas a dheanamh air son gu'n chuir Dia riamh mi far an robh iad, an sin thòisich mi air co-dhùnadh gu'm faodadh a' chùis a bhi mar sin, gu'n d'ainmich Dia a chum a shéirbheis neach cho amaideach riumsa, agus an sin thàinig briathran so Dhé gu mo chridhe le mòr neartachadh taitneach;—"Thàinig beannachadh an tì a bha ullamh gu bàsachadh orm; agus thug mi air cridhe na bantraich séinn le aoibhneas." Iob xxix. 13.

275. Rinn mi gairdeachas ris a so mar an ceudna, seadh bhiodh deòir na h-aiteam sin a dhùisg Dia tre mo shearmonachadh araon 'na shòlas agus 'na mhisneach dhomh, chuimhnaich mi air na briathraibh so;—"Cò' ma ta a ni subhach mise ach an tì air an do chuireadh doilgheas leam?" (2 Cor. ii. 2.) Agus a rithist "Mur eil mi a'm abstol mar dhaoine eile, gidheadh gu cinnteach tha mi dhuibhse; oir is

sibhse seula m' abstolachd anns an Tighearna." (1 Cor. ix. 2.) Bha na nithe so mar an ceudna 'nan dearbhadh eile dhomh air gu'n do ghairm Dia mi ; agus gu'n do sheas e maille rium anns an obair so.

276. Ann am shearmonachadh air an fhacal, thug mi airre shònraichte do'n aon ni so, 'se sin ri ràdh, gu'n do thredraich an Tighearna mi gu tòiseachadh far an do thòisich fhacal ri peac-aich ; 'se sin, gach feòil a dhìtheadh, agus fhosgladh agus a chuir an céill gu'm bun mallachd Dhé tre 'n lagh do na h-uile duine, agus gu'm beil e deanamh gréim orra, mar a thig iad a dh'ionnsaidh an t-saoghail a thaobh am peacaidh. A nise cho-lion mi an earrann so de mo ghniomh le mòr mhothachadh ; oir bha uabhasan an lagha agus cionta m' euceartan féin 'nan laidhe gu trom air mo chogais ; shearmonaich mi an ni sin a dh'fhairich mi, eadhon an ni sin fo'n d'rinn m'anam bochd gearan agus balla-cbrith gu h-ìongantach !

277. Gu fìrinneach, bha mi dhaibh mar neach air a chur do'n ionnsaidh o na mairbh ; chaidh mi-féin ann an geimhleibh a shearmonachadh dhaibh-san a bha ann an geimhlibh, agus th'iomchair mi an teine sin ann am chogais féin a bha mi dian earalachadh orrasan iad a sheachnadh. Faodaidh mi ràdh gu fìrinneach, agus sin gu'n chleth, 'nuair a bha mi gu searmonachadh, gu'n deach mi chum sin a dheanamh làn ciont' agus uabhais eadhon gu dorus na



cùbait, agus a sin bha iad air an toirt air falbh agus bha mis aig saorsa, 'nam inntinn gus an cuirinn crìoch air m' obair ; agus a rithist gu h-aithghearr eadhon, mu'm b'urrainn mi dol sìos staidhir na cùbait' bha mi cho olc sa bha mi roimhe, gidheadh, ghiùlain Dia mi air m' aghaidh, ach gu cinnteach b'ann le làimh thréin, oir cha b'urrainn araon cionta no ifrinn mo thoirt a bharr mo ghniomha.

278. Chaidh mi air m' aghaidh mar so fad ùine dhà bhliadhna, a' glaothaich a mach an aghaidh peacannan dhaoine, agus a' chòr eagalaich anns an robh iad air son nam peacannan sin. An deigh dhomh sin a dheanamh thàinig an Tighearna a steach air m' anam le cuid do shuaimhneas cinnteach agus le comh-fhurtachd tre Chrìosd ; oir thug e dhomh iomadh foillseachadh taitneach air a ghràs beannaichte trìd-san ; ni a thug orm a nise mo shearmonachadh atharrachadh gu modh eile, (oir shearmonaich mi do ghnà an ni sin a chunnaic agus a mhothaich mi,) a nis' uime sin rinn mi mòr shaothair a chum leantainn ri Crìosd 'na uile dhreuchdan, a chuir an céill, agus a shocair-ean do 'n t-saoghal, agus rinn mi strìth mar an ceudna chum an cùl-taic agus na goibhlean mealta sin (air an beil sluagh an t-saoghail a' leagadh an taic' agus leo sin a' tuiteam agus a' dol a dhìth) fhaotainn a mach, an dìteadh, agus an giùlan air falbh. Air na nithibh so

mar an ceudna bhunaich mi cho fad' sa bhunaich mi air na nithibh eile.

279. An déigh so threòraich Dia mi dh'ionnsaidh ni-eigin do dhiomhaireachd an aonaidh ri Criosd; uime sin thug mi fainear e agus nochd mi dhaibh-san e mar an ceudna. Agus an uair a shiubhail mi tre na trì phrìomh phùincean so do dh'fhacal Dé, mu thuaram ùine chòig bliadhna no bharrachd an déigh sin chaidh mo ghlacadh ann am ghniomh, agus mo thilgeadh am prìosan, far an deach m'fhàgail ni b'faide rithist chum an fhìrinn a dhaingneachadh ann an rathad fulangais, cho fad' sa bha mi roimhe sin a' toirt fianais oirre do réir an Sgriobtuir ann an rathad searmonachaidh.

280. An uair a bha mi ri searmonachadh tha mi toirt buidheachas do Dhia, rinn mo chridhe gu tric ré na h-ùine sin a bha mi ris an t-saothair so, agus ri saothair eile, éigheach ri Dia le mòr dhùrachd, gu'n deanadh e an obair éifeachdach chum sàbhaladh an anma; do ghnà air mo chràdh le eagal gu'n tugadh an nàmhaid am facal air falbh o'n chogais, agus gu'm fàsadh e mar sin neo-tharbhach. Uime sin shaoithrich mi air son an fhacail a labhairt, chum leis, na bu chomasach e, gu'm biodh am peacadh agus am peacach a chuir an gnìomh e air an sònrachadh a mach leis.

181. Mar an ceudna 'nuair a chuir mi crìoch air an obair, chaidh e dh'ionnsaidh mo chridhe,

le smaointeachadh gun tuiteadh am facal a nise mar uisge ann an ionadaibh clachach, do ghnà a' miannachadh o mo chridhe ; O ! nach ann a chitheadh iadsan a chuala mis' a' labhairt air an latha 'n diugh mar a ta mi-féin a' faicinn, ciod an ni is e peacadh, bàs, ifrinn, agus mallachd Dhé, agus mar an ceudna ciod e an ni gràs, gràdh, agus trè cair Dhé tre Chrìosd, do dhaoine a ta ann an còr mar a ta iadsan a ta fathast a' cumail air falbh uaithe. Agus gu dearbha thuirt mi gu minig ann am chridhe an làthair an Tighearna, nam bithinn air mo chrochadh a thiotadh ann an làthair an sùl, gu'm biodh e 'na mheadhon air an dùsgadh, agus air an daingneachadh anns an fhìrinn : agus bu toileach a bhithinnse mar sin.

282. Oir bha mi ann am shearmonachadh, gu sònraichte an uair a bhithinn a' searmonachadh teagasg na beatha tre Chrìosd, gu'n ghnìomharran, mar gu'm biodh aingeal le Dia 'na sheasamh aig mo chùlthaobh a chum mo bhrosnachadh ; O ! bha e le leithid do chumhachd agus do dhearbhadh nèamhaidh air m'anam féin, feadh a bha mi saothreachadh a chum fhoillseachadh, a cho-dhearbhadh, agus a cheangal ri cogaisean muinntir eile, is nach b'urrainn mi a bhi riarichte le ràdh ; tha mi creidsinn, tha mi cinnteach ; air leam gu'n robh mi ni bu mhò na bhi cinnteach, (ma tha e ceadaichte dhomh m'inntinn aithris,) gu'n robh nan nithe sin a bha mi a' cuir an céill aig an àm sin cinnteach agus fìor.

283. 'Nuair a chaidh mi a mach air tùs a shearmonachadh an fhacail bha ollambhain agus sagairt na dùthcha a' fosgladh am beoil gu farsuinn 'nam aghaidh; ach bha mi air mo chomhairleachadh a thobh so;—"gun chàineadh ìocadh air son càinidh," ach feuchainn ri cia lion do 'n luchd-aidmheil fheòlmhor sin air am b'urrainn mi an staid thruagh trìd an lagha a dhearbhadh; agus a bhi as eugmhais Chrìosd, agus luach Chrìosd a nochdadh dhaibh; oir smaoinnich mi,—“Freagraidh air mo shonsa m'ionracas 'san àm ri teachd, 'nuair a thig e mar mo thuarasdal a'd' làthair-sa.” Gen. xxx. 33.

284. Cha bu toigh leam riamh beantainn ri nithibh connspaideach, a ta teagamhach a measg nan naomh, nithe gu sònraichte a ta do'n ghnè is ìsle, gidheadh ghabh mi mòr thlachd ann an cathachadh gu dùrachdach air son facal a' chreideimh, agus mathanas peacaidh tre bhàs agus fhulangas Iosa, ach deiream, a thaobh nithe eile cha bheanainn daibh, a chionn gu'm faca mi gu'n robh iad a' dùsgadh conn-strìgh; agus a chionn nach robh an deanamh no'm fàgail gun deanamh g'ar moladh do Dhia gu'm bu leisan sinn; a bharr air gu'm faca mi, gun robh m'obair a bha romham a' ruith ann an sruth-chlais eile, eadhon guth dùsgaidh a ghiùlan; air a sud, uime sin, rinn mi gréim agus leanmhainn.

285. Cha dh'f heuch mi riamh ri feum a dheanamh do bhriathran duine eile, agus ni mò

ou dàna leam sin a dheanamh, (Rom. xv. 18,) ged nach eil mi a' dìteadh gach neach a ta deanamh mar sin, oir shaoil mi gu deimhinn, agus thuig mi o fhéin-fhiosrachadh, gu'm b'e 'n ni sin a chaidh a theagasg dhomh le facal agus le spiorad Chrìosda dh'fhaodt' a'labhairt, a' chumail a mach, agus seasamh ris leis a' chogais sin bu ro-fhallain' agus a b'fhearr suidheachadh ; agus ged' nach innis mi'n dràst gach ni's eòl domh mu thimchioll na cùise so, fòs, tha ni's mò do ghnòthach aig m'fhéin-fhiosrachadh ris an earrainn sgrìobtuir so (Gal. i. 11. 12,) na tha d'fhios aig iomadh neach a measg dhaoine.

286. Ma chlaon aon do'n aiteam sin a chaidh a dhùsgadh le mo mhinistearachd fa-dheòigh air falbh. (mar a rinn iomadh air uairibh,) faodaidh mi ràdh le fìrinn, gu'n robh an call ni bu mò leamsa, no ged thrialladh mo chlann féin, a ghineadh o mo dhearbh chorp, a chum an cuid uaignean ; air leam gu deibhinn gu'm faod mi ràdh gu'n mhìothlachd sam bith a chuir air an Tighearna, nach deach aon ni cho dlù air mo chridhe ris a sin, ach a mhàin eagal gu'n caillinn slàinte m'anma féin. Mheas mi mar gu'm biodh deagh aitreabh agam air a togail, agus tighearnas anns na h-ionadaibh so anns an robh mo chuid cloinne air am breith. Bha mo chridhe air fhilleadh suas ann an glòir na h-oibreach oirdheirc so, ionnas gu'n do mheas mi mi-féin ni bu mhò air mo bheannachadh, agus air m' onarachadh le Dia leis a so, no ged

bhiodh e air deanamh ìmpire dhiom air an t-saoghal chriosdail gu léir, no tighearna air uile ghlòir an talmhuinn as eughmhais! O na briathran so! “An duine a dh’iompacneas peacach o sheacharan a shlighe, saoraidh e anam o bhàs,—Is craobh beatha toradh an fhìreìn agus tha esan a choisneas anmannan glic,—Agus deàlraidh iadsan a ta glic mar shoillearachd nan speur; agus iadsan a thionndaidheas mòran gu fireantachd mar na reulltan fad shaoghal nan saoghal,—Oir ciod e ar dòchasne, no ar n-aoibhneas, no ar crùn-uaille? nach sibhse féin e am fianais ar Tighearna Iosa Criosd aig a theachd? Oir is sibhse ar glòirne agus ar n-aoibhneas.” (Semus v. 20, Gnà. xi. 30, Dan. xii. 3, 1 Tes. ii. 19, 20.) Bha iad so, deiream, le iomadh eile do nàdur coltach riu ’nan mòr neartachadh dhomh.

287. Thug mi fainear, far an robh obair agam ri dheanamh do Dhia, gun robh agam air tús, mar gu’m b’eadh, gluasad Dhé air mo spiorad, le miann gu’m faodainn searmonachadh anns an ionad sin;—thug mi fainear gu’n robh an leithid sud, agus an leithid so do dh’anmannan gu sònraichte air an siudheachadh gu làidir air mo chridhe, agus mhosgail mi suas le rùn air son an teàrnadh;—thug mi fainear gu’n robh na dearbh anmannan ud an deigh sin air an tabhairt do thoradh mo shearmonachaidh;—thug mi fainear gu’n d’rinn facal air a thilgeadh a steach an dràsta ’sa rithist ’na bu mò do

dh'fheum ann an searmoin, na gach facal eile a labhradh a bharrachd orra. Air uairibh mar an ceudna 'nuair a shaoil mi nach d'rinn mi math sam bith is ann is mò rinn mi do mhath, agus air uairibh eile 'nuair a shaoil leam gu'n glacainn iad, shaoithrich mi gu diamhainn.

288. Thug mi fainear mar an ceudna far an robh obair ri bhi air a deanamh air peacaich, ann an sin gu'n do thòisich an diabhol air éibheach anns na cridheachan, agus tre bhedil a chuid séirbheiseach; seadh gu minig, an uair bu mhò a bha'n saoghal aingidh air boile cuthaich, bha anmannan air an dùsgadh leis an fhacal; b'urrainn mi iomadh ainneachadh; ach ni mi ag an àm so dearmad air an aithris.

289. Be mo mhòr mhiann ann an comhlionadh mo mhinistearachd dol a chum nan àitean sin bu dòrcha agus a b'aineolaiche do'n dùthaich, eadhon am measg nam muinntir sin a b'fhaide bho aideachadh a dheanamh; cha b'ann a mhain a chionn nach b'urrainn mi an solus fhulang, (oir cha robh eagal orm mo shoisgeul a leigeadh ris do neach sam bith.) ach a chionn gu'n d'fhuair mi m'inntinn ni bu mò ag aomadh a chum dùsgaidh agus obair iompachaidh; agus bha'm facal a bha mi a' ghiùlan e-féin ag aomadh ni bu mhò an rathad sin mar an ceudna. "Seadh, mar sin bha ro-dhéigh, agam air an t-soisgeul a shearmonachadh, cha'n ann 'san ionad 'san robh Criosd air ainmeach-

adh, chum 's nach togainn air bunait neach eile.  
Rom. xv. 20.

290. Bha mi da-rìreadh ann am pian ri àm dhomh a bhi searmonachadh; rinn mi, mar gu'm b'eadh saothair a chum clann a ghintinn do Dhia; ni mò a b'urrainn mi bhi toilichte, mar a faicinn cuid do thoradh air fhoillseachadh ann am ghnìomh. Ma bha mi neo-tharbhach, bu choma leam cò a mhol mi, ach ma bha mi tarbhach bu choma leam cò a dhìteadh mi. Smaointich mi air a' so;—"Feuch, is iad clann oighreachd an Tighearna, toradh na broinne a dhuais; Mar shaighdean ann an làimh gaisgich, mar sin *tha* mic na h-òighe; is sona am fear aig am beil a bhalg-saighead làn diù: cha bhi nàire orra, 'nuair a labhras iad ra'n nàimhdibh anns a' gheatha." Salm cxxvii 3—5.

291. Cha tug a bhi faicinn sluaigh fo mhise ò bairealan a bheag do thoil-inntinn dhomh, mu chunnaic mi iad coltach ri bhi aineolach air Iosa Criosd, agus air luach an slàinte 'éin. Dearbhadh fhaicinn air peacadh, ach gu sònraichte air as-creideamh, agus cridhe air dian-lasadh gu bhi air a shàbhaladh le Criosd, le treun analadh an tòir air anam naomhaichte; b'iad sin a thug toil inntinn dhomhsa; b'iad sin na h-anmannan a mheas mi làn-shona.

292. Ach anns an obair so, mar anns gach obair eile; bha mo bhuaireidhean agam g'a mo leanmhainn, agus iad sin do dh'iomadaidh gnè:



agus bhithinn air uairibh air mo mheatachadh gu mòr leo, le eagal nach bithinn comasach air facal idir a labhairt a chum teagasg tarbhach; ni h-eadh, nach bithinn comasach air teagasg ciallach a labhairt do'n t-sluagh, agus aig na h-amaibh sin, bha mi mothachadh a leithid do dh'anmhanneachd agus do laigse a' deanamh gréim air mo cholainn air chör is gu'm bu ghann a b'urrainn mo chasan mo ghiùlan a chum ionad an aoraidh.

293. Air amaibh eile a rithist, an uair a bhithinn a' searmonachadh bha mi air mo bhualadh gu dian le smuaintean toibheumach, agus bha mi air mo threun bhuaireadh a' chum nam briathran a labhairt le mo bheul ann an làthair a' cho-thionail. Bha mi mar an ceudna, air uairibh, eadhon an uair a thòisichinn air an fhacal a labhairt le mòr shoilleireachd, dhearbhadh, agus shaorsa cainnt, ach fos mu'n crìochnaichinn an cothrom sin bha mi cho mòr air mo dhalladh agus air m'fhuadach o'n ni a bha mi labhairt, agus mar an ceudna air m'fhàgail cho gann do chainnt a thaobh liubhairt ann an làthair an t-sluaigh, innas gu'n robh mi mar nach biodh fios no cuimhne agam air ciod a bha mi a' deanamh; no mar gu'm biodh mo cheann ann am pöca fad na h-ùine sin a bha mi ri searmonachadh.

294. A rithist, air dhomh a bhi dol a shearmonachadh air earrann gheur agus rannsachaidh do'n fhacal, mhothaich mi am buaireadair a'

dùsgadh suas an t-sanais so 'nam inntinn;—  
 “Ciod! an searmonaich thu an ni sin! Tha  
 thu ga do dhètheadh féin; tha t'anam féin ciont-  
 ach dhe a so; uime sin na searmonaich mu  
 thimchioll so idir; oir ma shearmonaicheas,  
 mân-ghèarr e air sheòl is gu'm faod thu-féin  
 tàrsainn às, air eagal an àite muinntir eile dhùs-  
 gadh gu'n leag thu an cionta sin air t'anam féin  
 o nach urrainn thu chaoidh éiridh.”

295. Ach tha mi toirt buidheachais do'n  
 Tighearna, bha mi air mo chumail air m'ais o  
 aontachadh le sanasan cho uabhasach, agus  
 ròghnaich mi mar Shamson mi-féin a chromadh  
 le'm uile neart, a chum peacadh agus seacharan  
 a dhètheadh, ge be air bith àit anns an d'fhuair  
 mi iad, ged do thug mi, mar an ceudna, le sin a  
 dheanamh ciont air mo chogais féin:—“Faigh-  
 eam bàs,” arsa mise “maille ris na Philistich,”  
 (Breith. xvi. 29, 30,) a roghainn air buntainn gu  
 truailidh ri facal beannaichte Dhé. “Thusa  
 tha teagasg neach eile, nach eil thu ga do  
 theagasg féin?” (Rom. ii. 21.) Tha e mòran  
 nis fearr na thu breith a thoirt ort féin le  
 searmonachadh gu soilleir do mhuinntireile, agus  
 na thus thu-féin a thèarnadh, “a' bacadh na  
 fìrinn ann an neo-fhìreantachd,” (Rom. i. 18.)  
 Gu'm a beannaichte gu'n robh Dia air son a  
 chòmhnaidh a thaobh so.

296. Bha mi mar an ceudna feadh a bha mi  
 ri obair bheannaichte so Chriosd, gu minig air  
 mo bhuaireadh gu uabhar agus àrdachadh

crìdhe; agus ged nach faod mi ràdh, cha robh mi air mo bhualadh leis a' so, ach gu fìrinneach, rinn an Tighearna o thròcair luach-mhòir a ghiùlan do'm ionnsaidh, air chòr is nach robh agam ach beagan tlachd ann am mi-féin a thoirt suas d'an leithid. Oir be mo chuibh-rionn gach latha fradharc fhaotainn air aingidheachd mo chridhe, agus a bhi do ghnà a' faicinn a leithid do dhomhlachadh truailleachd agus anmhainneachd ann, ionnas gu'n robh iad 'nan ceann-fath air cromadh cinn a dh'aindeoin m'uile shochairan agus bhudhan; mhothaich mi an sgoib so anns an fheòil 'na dhearbhròcair Dhé do'm thaobh, 2 Cor. xii. 8, 9.

297. Fhuair mi mar an ceudna, maille ris a' so àit-égin sònraichte do'n fhacal air a thaisbeanadh ann am làthair, facal a bha 'gabhail a steach ann féin briathran geur agus druidhteach mu thimchioll an anma dhol adhithadh'aindeoin gibhtean agus pàirtean. Mar dhearbhadh air a sin bha so gu mòr fheum dhomh;—"Ged' labhrainn le teangaibh dhaoine, agus aingeal, agus gun ghràdh agam, tha mi 'a'm umha a ni fuaim, no a'm chiombal a ni gleangarsaich; agus ged' robh agam fàisneachd agus ged thuiginn na h-uile rùintean-diamhair, agus gach uile eòlas; agus ged' a bhiodh agam gach uile *ghnè* chreid-eimh ionnas gus atharraichinn sléibhtean, agus mi gun ghràdh agam cha n-eil ann ach neo-ni." 1 Cor. i. 2.

298. Tha ciombal a ni gleangarsnaich 'na

inneal-ciùil, leis an urrainn deagh fhear-ciùil a leithid do cheòl leadarra cridheil a dheanamh is gur gann is urrainn iadsan a tha cluinntinn a bhi a' cluich air, iad-féin a chumail o bhi dàmhsadh ; gidheadh faic, cha n-eil anns a' chiombal beatha, ni mò a ta an ceòl a' tighinn uaithe-féin, ach o ealantachd an tì a ta cluich air ; mar sin faodaidh an t-inneal fa dheòigh tighinn gu neo-ni agus dol a dhìth ge do chaidh anns na h-àmaibh a thréig mòran ciùil a dheanamh air.

299. Chunnaic mi dìreach, gur ann mar so a bha 'sa bhitheas iadsan aig am beil gibhtean, ach a ta as eugmhais gràs slàinteil ; tha iad ann an làmhaibh Chriosd mar an ciombal ann an làmhaibh Dhaibhidh ; agus mar a b'urrainn Daibhidh an subhachas sin a dheanamh leis a' chiombal ann an seirbheis Dé ionnas gu'n togadh e suas cridheachan a phobuill 'na eaglais, gidheadh 'nuair a rinn e sin gu'n do chroch e seachdad iad mar ni gun bheatha, ged bu chiombal iad a dheanadh gleangarsaich.

300. Bha an smaointeachadh so uime sin, maille ri smaointean eile, mar bu tric mar sgail air ceann uaille, agus déidh air glòirdhiamhainn, ciod arsa mis' an deann mi uail a chionn gu'm beil mi coltach ri umha ni fuainn ? Am feairrde mi bhi coltach ri fìdhill ? nach eil aig a' chreutair a's lugha anns am beil beatha nis mò do Dhia annta na th' annta so ? osbarr bha fios agam gu'm b'e an gràdh nach bàsaicheadh gu sìorruidh ; ach gu'm feumadh iad so crìochnachadh

agus caitheamh ás : mar sin cho-dhùin mi gu'm b'fhearr beagan gràis, beagan gràidh, agus beagan do dh'fhìr eagal Dé, na na h-uile ghibhtean, seadh, agus tha mi làn-chinnteach as gu'm beil e comasach do dh'anmannan nach urrainn freagairt a thoirt seachad mu dhiadhachd ach le mòr bhreisleich, gu'm bì aca a mhìle urrad do ghràs, agus a bhi ni's mò ann an gràdh agus ann an deagh-ghean an Tighearna na tha iadsan is urrainn le gibhtean eòlais, labhairt mar ainglean.

301. Mar so uime sin, thàinig mi gu thuigsinn, ge do bha gibhtean math annta féin, air son an ni sin mu'm beil iad air an òrduchadh, *se sin ri ràdh*, chum muinntir eile theagasg, no thogal suas ann an eòlas, gidheadh, gu'm beil iad neo-tharbhach, agus gun chumhachd, chum anam an tì aig am bi iad a theàrnadh, ma tha iad 'n an aonar ; ni mò tha iad 'n an aon chomharradh air staid duine bhi sona, air dhaibh a bhi a mhain 'nan compàirteachadh Dhé do chuid do dhaoine, ni air son am feum iad cunntas a thabhairt, 'nuair a théid beagan ùine seachad, air son a' bhuileachaidh no 'mhibhuileachaidh a ni iad dhiù, dhasan a ta ullamh gu tighinn a thoirt breth air na beòthaibh, agus air na mairbh.

302. Nochd so dhomh mar an ceudna, ma tha iad 'n an aonar 'nan ni cunnartach, cha n-ann annta féin, ach a thaobh nan olc so a ta ga lean-

mnainc-san aig am beil iad, *se sin ri ràdh*, uail, léidh air glòir-dhiamhainn, féin-spéis, agus mar sin sìò, agus iad sin gu léir ullamh gu bhi air an séideadh suas le cliù agus moladh gach Crìosdaidh neo-gheurchuiseach, ni a ta ro chunnartach air creutair bhochd a leagadh fo dhìtheadh an diabhoil.

303. Chunnac mi uime sin an tì aig an robh gibhtean. gu'm b'fheumail da fradharc fhaighinn air an fhìr nàdur aca, *se sin ri ràdh*. gu'n tàinig iad gearr air esan a thoirt a dh'ionnsaidh staide fìor shàbhailte, le eagal gu'n gabhadh e fois orra, agus mar sin, gu'n tuiteadh e gearr air gràs Dé.

304. Tha aobhar aige uime sin air imeachd gu h-ioriosal maille ri Dia, agus a bhi 'g amharc beag 'na shealladh féin, agus cùmhneachadh maille ris na h-uile, nach bun a ghibhtean d'a féin a mhain, ach do na h-eaglaisean; agus leo-san gu'm beil e air a dheanamh 'na sheirbh-eiseach do'n eaglais, agus gu'm feum e fa-dheòigh cunntas a thoirt as a stiùbhartachd do'n Tighearn Iosa, agus bithidh deagh chunntas a thoirt seachad 'na ni sona.

305. Biodh meas aig na h-uile duine uime sin air beagan maille ri eagal an Tighearna, (Tha gibhtean gu dearbha ion-mhiannaichte, agus feumail.) ach fathast, tha mòr ghràs agus gibhtean beaga, ni's fearr na mòr ghibhtean gun ghràs idir. Cha n-eil e 'g ràdh, tha'n Tighearna' toirt ghibhtean agus glòire, ach, " tha'n Tighearn

a' toirt gràis agus glòire," agus is beannaichte bhios an tì sin do'n tabhair an Tighearna gràs, fìr ghràs, oir is roì'-ruithear an nì sin gu glòir.

306. Ach an uair a thuig Sàtan nach deanadh a bhuaireadh agus ionnsaidh air an dòigh so mo thoirt a chum na crìche bu mhiann leis, *se sin ri ràdh*, mi obair na mhinistearachd a leigeadh dhìom, agus a' deanamh neo-éifeachdach a chum a crìochan féin. An sin dh'fheuch e rathad eile, agus be sin inntinnean nan aineolach agus nan gamhlasach a dhùsgadh suas a chum mo chur fo uallach tuaileis agus mì-chliù. A nis uime sin, faodaidh mi ràdh, gu'n robh gach nì a b'urrainn innleachdan an diabhoil a dhealbh air an cur mu'n cuairt 'nam aghaidh sìos agus suas air feadh na dùthcha a' smuainteachadh mar a thubhairt mi gu'n tugadh iad air mo mhinistearachd a bhi air a tréigsinn.

307. Thòisicheadh a sin air a bhi 'g aithris shìos agus shuas a measg an t sluaigh, gu'n robh mi ann am bhuidseach 'nam fheall-chreideach, 'nam fhear reubainn air luchd-suibhail an rathaid mhòir, agus a leithid sin.

308. Ris gach nì dhiù so, their mi a mhain gu'm beil fhios aig Dia gu'm beil mi neo-chiontach dhiù. Ach a thaobh mo luchd-casaid, deanadh iad iad-féin ullachadh air son mo choinneachadh aig cathair-breitheanais Mhic Dhé, a chum freagairt an sin, air son gach nì

dhiù so,) maille ris a' chuid eile do 'n eu-ceart-an,) ni's lugha na bheir Dia dhaibh aithreachas a thaobh sin; ni air son am beil mi 'g ùrnaigh le'm uile chridhe.

309. Ach 's e 'n ni a bha air aithris leis an dearbhadh bu mhò gu'n robh mo chuid coimhleapach agam, mo chuid strìopaichean agus mo chuid cloinn-dialain, seadh dithis bhan aig an aon àm, agus a leithid sin. A nise na sgainnealan so (maille ris a' chuid eile,) tha mi d' deanamh uail astà, a chionn nach eil annta ach breugan meallta agus sgainneal a th' air a thilgeadh orm leis an diabhol agus le shìol; agus mar a robh-sa air buntainn riumsa cho olc so leis an t-saoghal aingidh bha gach comharradh naoimh agus leinibh Dhé gu léir d'am dhìth,—  
 “*Is beannaichte bhitheas sibh,*” ars an Tighearna,  
 “an uair a bheir daoine anacainnt dhuibh, agus a ni iad geur-leanmhainn *oirbh*, agus a labhras iad gach uile dhroch fhacal ribh gu breugach, air mo sgàtha-sa, deanaibh gàirdeachas, agus bithibh ro-shubhach; oir is mòr bhur duais air nèamh: oir mar sin rinn iad geur-leanmhainn air na fàidhibh a bha roimhibh.” Mat. v. 11, 12.

310. Cha do chuir na nithe ud uime sin, air mo shon féin deth, duilichinn sam bith orm; cha do chuir, ged do bhiodh iad fhichead uair ni bu mhò na bha iad, tha cogais mhath agam, agus o'n a labhair iad olc mu'm thimchioll mar fhear do-bheirt, thig iad gu nàire a dhìteas gu breugach modheagh choludair ann an Crìosd.



311. Seadh ma ta, ciod a their mi ris an aiteam a thilg an sàlachar ud orm? An maoidh mi orra? an cronaich mi iad? an dean mi sodal riu? An guidh mi orra an teangannan a chumail? Cha ghuidh, cha ghuidh mise. Mar b'e gu'n dean na nithe so iadsan is ùgh-daran dhaibh, agus a tha g'an aithris abachadh fa chomhair dìtidh bith-bhuan. Theirinn riu, aithrisibh iad a thaobh gu'm meudaich iad mo shonas-sìorruidh.

312. Uime sin tha mi ceangal nam breug agus nan sgainneal so rium féin mar bhuill-maise; buinidh e do m' aidmheil criosdail a bhi air mo chàineadh, a bhi fo thuailleas, a bhi cur uile ás mo leth, agus a bhi air mo mhaslachadh: agus a chionn nach ni sam bith eile so, mar a tha mo Dhia agus mo chogais a' togail fianais leam; tha mi deanamh gàirdeachais air son a bhi cuir uile ás mo leth air sgàth Chrìosd.

313. Tha mi gairm do'n mhuinntir so gu léir amadanan agus slaoightearan, a rinn e 'na ni sam bith do 'n gnothach, a bheag idir do na nithibh roi-ainmichte chuir ás mo leth-sa, gu'n robh mi ciontach a's mnathan eile no leithid. An uair a ghnàthaicheas iad an dìchioll as mò, agus a ni iad an làn-rannsachadh is fearr is urrainn iad, a chum dearbhadh 'nam aghaidh gu cinnteach, gu'm beil mnathan sam bith air nèamh no air thalamh, no'n ifrinn, is urrainn a ràdh, gu'n d'rinn mi air uair sam bith, no'n àite sam bith, air latha no air òidheche sam bith, urrad ri ionn-

saidh a thoirt air a bhi ciontach a's iad : agus an labhair mi so a chum 's gu'n toir mo nàimhdean deagh mheas orm? Cha labhair, cha labhair mis; cha n-iarr mi a thaobh na cùise so air duine sam bith mo chreidsinn, creideadh no nach creideadh iad mi ann a so, is aon ni e dhomhsa.

314. Mhi-dh'amais mo nàimhdean an cuspair ann an tileadh orm air an dòigh so; cha mhis' idir an duine; b'fhearr leam gu'n robh iad-féin neo-chiontach. Ge do bhiodh gach fear-neoghlaine agus adhaltranaiche ann an Sasuinn air an crochadh air mhuineal gus am biodh iad marbh, bhiodh Iain Buinian cuspair an gàmhlais fathast beò agus fallain. Cha n-aithne dhomh cò dhiù a tha bean a' tarruinn analach fo chupan nan speur, mar a h-aithnich mi iad air an trusgan, air an clann agus air an iomradh coitcheann, ach mo bhean féin a mhàin.

315. Agus an so tha mi toirt spéis do ghliocas Dé, air son m'fhàgail fiadhta ri mnathaibh o àm mo cheud iompachaidh gus a nise. Tha fhios acasan is ro-eòlaiche umam, agus togaidh iad mar an ceudna fianais leam, gu'm beil e 'na ni aineamh mis fhaicinn a' labhairt gu cuirt-eiseach ri mnaoi, is beag orm fàilte choitcheann nam ban, tha i fuathach leamsa, cia be air bith àit' am faic mi i; cuideachd nan ban 'nan aonar cha n-urraim mi fhulang, is tearc a ni mi urrad is beantainn ri làimh boireannaich, air leam nach eil na nithe sin ciatach dhomh r'a dheanamh. 'Nuair a chunnaic mi deagh dhaoine

fàilteachadh nam bann so air an deach iad a choimhead, no thàinig a choimhead orra, rinn mi air uairibh m'aobhar féin a thoirt seachad 'na aghaidh; agus an uair a theireadh iad rium nach robh ann ach cuibhrionn do mhodhalachd; thuirt mi riu nach bu chiatach an sealladh e; choitich cuid dhiù gu dearbha a' phòg naomha; agus a sin dh'fhèdraich mi dhiù c'arson a bha iad dearmadach no leth-bhreitheach, a' cur fàilt' air na mnathaibh bu sgiamhaiche agus a' leigeadh leosan a bha neo-sgiamhach a bhi dol! Co-dhiù, ge be air bith cho ion-mholta is da 'n robh a leithid so ann an sealladh muinntir eile, bha e neo-chiatach ann am bheachdsa.

316. Agus a nise chum na cùise so a thrusadh suas, tha mi gairm, cha n-e mhain daoine ach ainglean a chum mo dhearbhadh ciontach de ghnòthach feòlmhor a bhi agam ri mnaoidh sam bith ach mo bhean féin 'na h-aonar; ni mò tha eagal orm an gairm an dara h-uair, air dhomh fios a bhi agam nach urrainn mi miotlachd a chuir air an Tighearna ann an cùis mar so, ged ghairm mi air Dia chum a chuimhneachadh do'm'anam, gu'm beil mi neo-chiontach a thaobh nan nithe so. Cha n-e gu'n robh mi mar so air mo ghleidheadh air son aon mhathas a th'annam féin, a bharr air neach eile, ach bha Dia tròcaireach dhomh agus choimhid e mi, agus tha mi a' guidh' air gu'n coimhid e mi do ghnà, cha n-ann a mhàin uaithe so, ach o gach uile dhroch sìlighe agus ghniomh, agus gu'n gléidh e teàr-

uinnte mi chum a rìoghachd nèamhaidh. *Amen.*

317. A nise mar a shaoithrich Sàtan a' cuir mi-chliù as mo leth le tuailleas gu mo dheanamh gràineil ann am measg mo luchd-dùthcha, chum is na'm bu chomasach e gu'm biodh mo shearmonachadh air a deanamh neo-éifeachdach, ris a sin bha air a chur prìosanachadh cian agus fadalach, chum is gu'n cuirt eagal orm leis gu sgur do mo shéirbheis do Chrìosd, agus gu'n cuirt an sluagh fo eagal mo chluinntinn a' searmonachadh, ni mu thimchioll an toir mi dhut anns an ath àite cunntas aithgearr.

---

*Cunntas Gearr mu thimchioll Prìosanachadh an Ughdair.*

318. AIR dhomh mo dhreuchd a dheanamh do Shoisgeil glòrmhor Chrìosd rè ùine, agus a shearmonachadh mu thuaram cùig bliadhna. chaidh mo ghlacadh aig coinneamh aoraidh daoine matha air am dùthaich, (do'n robh mi dol a shearmonachadh air an latha sin, nam biodh iad air m'fhàgail, ach thug iad air falbh mi as am measg,) agus thug iad mi roimh làthair fir-ceartais, agus fhuair mi fear-urrais gu'n nochdainn mi-féin aig an ath mhòd, ach a thaobh nach rachadh e an ràthan nach searmonaichinn ni bu mhò do'n t-sluagh thug iad leo mi.

319. Aig an ath mhòd an deigh sin bha mi air

mo chasaid mar fhear-tionail agus mar fhear cumail suas cho-thionalan neo-dhligheach agus choinneamhan aoraidh diambhair, agus air son nach robh mi a' géilleadh do dh'aoradh dùthasach na h-eaglaise Sasunnaich, agus an déigh cuid do chòmhradh a bhi agam an sin ris an luchd-ceartais, ghabh iad mo bhriathran treidhireach riu an àite aidmheil, (mar thuird iad féin), agus dhìt iad mi gu fògar maireannach a chionn gu'n do dhiùlt mi géilleadh. Air dhomh a bhi air mo liubhairt mar so do làimh maor a' phrìosain, chaidh mo thabhairt do'n phrìosan agus laidh mi ann an sin a nise dà bhliadhna dheug iomlan a' feitheamh ri fhaicinn, ciod a dh'fhuiligead Dia do na daoine so a dheanamh rium.

320. Bhunaich mi anns a' chòr so le mòr thoil-inntinn tre ghràs, ach thachair mi ri iomadh tionndadh agus gluasad air mo chridhe araon o'n Tighearna' agus o Sàtan, agus o mo thruailleachd féin leo so gu léir, (glòir do dh' Iosa Criosd,) fhuair mi mar an ceudna measg iomadh ni mòran dearbhaidh, teagaisg agus tuigse, ni nach ainmich mi gu léir aig an àm so, ach a mhàin gu'n toir mi dhuibh sanas no dhà, facail a dh'fhaodas a' mhuinntir dhiadhaidh a mhosgladh suas gu Dia a bheannachadh, agus guidhe air mo shonsa, agus mar an ceudna misneach a ghabhail ged do tharladh dhaibh féin a bhi 'san aon chòr riùmsa, gun eagal a

ghabhail air son na dh'fhaodas duine dheanamh orra.

381. Cha robh agam riamh roimhe so ann am bheatha dorus cho farsuinn a dh'ionnsaidh facal Dé sa bh'agam a nise, na sgrìobturann so anns nach faca mi ni sam bith roimhe sin, thugadh orra anns an àit' agus anns an staid so deàlradh orm; cha robh Iosa Crìosd riamh mar an ceudna ni bu chinntiche, agus ni bu shoilleire 'nam làthair na bha e nise; ann an so chunnaic agus mhothaich mi e gu dearbha; O! na briathran so;—"Cha do lean sinne faoin sgeulachdan gu h-innleachdach 'nuair a chuir sinn an céill dhuibh cumhdachd agus teachd an Tighearn Iosa Crìosd." (2 Pet. i. 16,) agus a rithist;—"Dia a thog esan o'n na mairbh agus a thug glòir dha chum gun biodh bhur creideamh agus bhur muinghin ann an Dia." (1 Pet. i. 22.) Bha iad so 'nam briathran sona dhomhsa anns a' chòr phrìosanaichte so.

323. Bha na trì na cheithir sgrìobturann so mar an ceudna nam mòr bheothachadh dhomh anns a' chòr ud;—"Na biodh bhur cridhe fo thrioblaid, tha sibh a' creidsinn ann an Dia creidibh annamsa mar an ceudna; ann an taigh m' Atharsa tha iomadh àite còmhnaidh: mar a biodh e *mar sin*, dh'innsinn-sa dhuibh. Tha mi dol a dh'ullachadh àite dhuibh: agus ma théid mi agus gu'n ullaich mi àite dhuibh thig mi rithist, agus gabhaidh mi sibh a'm' ionnsaidh

féin ; chum far am beil mise gu'm bi sibhse mar an ceudna : agus is aithne dhuibh c' àit am beil mi dol, agus is aithne dhuibh an t-slighe." (Eoin xiv. 1—4.) "Na nithe so labhair mi ribh, chum gu'm biodh sìth agaibh annamsa : anns an t-saoghal bithidh àmbghar agaibh ; ach biodh deagh mhisneach agaibh, thug mise buaidh air an t-saoghal." (Eoin xvi. 33.) "Oir a ta sibh marbh, agus tha bhur beatha falaichte maille ri Criosd ann an Dia, 'nuair a dh'fhoillsichear Criosd, neach is e ar beatha-ne, an sin bithidh sibhse mar an ceudna air bhur foillseachadh maille ris ann an gl'ir." (Col. iii. 3, 4.) "Ach tha sibh air teachd gu sliabh Shioin, agus gu cathair an Dé bheò, do'n Ieusalem nèamhaidh, agus cuideachd do-àireamh do dh' ainglibh, Gu làn-cho-thional agus eaglais nan ceud-ghin, a ta sgrìobhte 'sna nèamhaibh, agus gu Dia breitheamh nan uile, agus gu spioradaibh nam fìrean air an deanamh foirfe, agus gu Iosa eadar-mheadhonair a' cho-cheanghail nuaidh agus gu fuil a' chrathaidh a ta labhairt ni is fearr na *fuil Abeil*," (Eabh. 22—24.) *O ! Sliabh sin Shioin, an Ieusalem nèamhaidh, a' Chuideachd do àireamh do dh' ainglean, agus Dia breitheamh nan uile, agus Spioradan nam fìrean air an deanamh foirfidh, agus Iosa, bha iad sin gu léir tait neach dhomhsa anns an àite ud ; chunnaic mi ann an so agus tha mi dearbhte ás, ni nach urrainn mi aithris am feadh a bhios mi air an t-saoghal so : chunnaic mi fìrinn anns an*

sgriobtur so :—“ D’am beil sibh a’ toirt gràidh, ged’ nach faca sibh e ; agus ged’ nach eil sibh a nise ga fhaicinn air dhuibh a bhi creidsinn ann, tha sibh a’ deanamh mòr-ghàirdeachas le aoibhneas do-labhairt agus làn do ghlòir.” 1 Ped. i. 8.

323. Cha robh fhios agam riamh ciod e an ni Dia a sheasamh làimh rium aig gach tiunn-dadh, agus aig gach ionnsaidh thug Sàtan air mo shàrachadh gusan tàinig mi do’n àite so ; oir mar a thaisbean uabhasan iad-féin, b’ionnan a nochd deagh-dhòchas agus misneach iad-féin ’nan aghaidh, seadh an uair a chlisg mi mar gu’m b’ eadh roimh m’fhaileas féin gun chùis eagail sam bith eile bhi ann ; seadh a thaobh gu’n robh mòr thruas aig Dia rium, cha dh’fhuilig e dhomh a bhi air mo bhuaireadh, ach dheanadh e le aon sgrìobtur no sgrìobtur eile mo neartachadh ’an aghaidh nan uile ; ionnas gu’n tubhairt mi gu minig nam biodh e ’na ni laghail gu’n guidhinn air-son trioblaid ni bu mhò air sgàth na comhfhurtachd a thigeadh ’nan aghaidh, Ecles. vii. 14 ; 2 Cor. i. 5.

324. Mu’n tàinig mi do’n phrìosan chunnaic mi n’a bha tighinn, agus bha an dà roimh-smuain so agam blàth air mo chridhe ; b’e ’cheud aon diù, cia mar a rachainn an co-dhail a’ bhàis n’am be sin mo chrannachar, air son na ceud smaointe bha’n sgrìobtur so ’na mhòr sheòladh dhomh se sin r’a ràdh, guidheadh air Dia mo “neartachadh leis an uile neart a réir



a chumhachd ghlòrmhoir-san chum an uil fhoighidinn agus fhad-fhulangais maille ri gàirdeachas." (Col. i. 11.) B'aineamh uair a rachainn a dh'ùrnaigh mu'n do chuireadh sa phrìosan mi gun na briathran no na h-iarrtasan taitneach so tighinn a steach gu m'inntinn a' chomhairleachadh dhomh na'm be agus gu'n rachainn gu bràth tre fhad-fhulangas, gu'm feumainn f'ighidinn, gu sònraichte, na'm bu mbath leam fulang maille ri gàirdeachas.

325. A thaobh an dara smaoin, bha na briathran so chum mòr fheum dhomh;—"Ach bha againn binn ar bàis annainn féin, chum nach biodh againn dòigh annainn féin ach ann an Dia a dhùisgeas na màirbh." (2 Cor. i. 9.) Leis an sgrìobtur so thugadh orm fhaicinn, nam be agus gu'm fuiliginn am feasta gu ceart, gu'm feumainn air tùs binn bàis a chuir air gach ni a bhunas da rìreadh do'n bheatha so, eadhon orm féin, air mo mhnaoidh, air mo chlann, air mo shlàinte cuirp, agus air mo thoil-inntinn shaoghalta; agus na h-uile mheas marbh dhomh-féin, agus mi-féin a mheas marbh dhaibh-san.

326. B'e'n dara smaoin a bhi beò air an Dia a tha neo-fhaicsinneach, mar a thuir Pòl ann an àit' eile; is e an dòigh air nach fannaichear,—“a bhi 'g amharc, cha n-ann air nanithibh a tha r'an faicinn, ach air na nithibh nach eil r'am faicinn; oir tha na nithe a chithear, aimsireal; ach tha na nithe nach faicear sìorruidh.” Agus mar so cho-reusonaich mi annam féin; ma tha mi

'g ullachadh a mhain air son prìosain, an sin thig an sgiùrsair gun fhios domh, agus, mar an ceudna am brancas. A rithist, mar a dean mi ach a mhain ullachadh air son so, an sin chan-eil mi uidheamaicht' airson fògraidh, osbarr ma cho-dhùineas mi gur e fògradh as miosa, an sin ma thig bàs tha mi air mo ghlacadh gun fhios domh; air chòr is gu'm beil mi faicinn gur e an dòigh is fearr gu dol tre fhulangas dòchas a chuir ann an Diad tre Chrìosd, a thaobh an t-saoghal a ta ri teachd, agus a thaobh an t-saoghail so: "an uaigh a mbeas mar mo thaigh, agus mo leabaidh a dheanamh ann an dòrchadas, a ràdh ri truailleachd is tu m'athair, agus ris a' chuimh is tu mo mhàthair, agus mo phiùthar." 'S e sin ri ràdh, mi-féin a dheanamh eòlach mu'n ni so.

327. Ach a dh'aindeoin gach còmhnadh dhiu so, fhuair mi mi-féin ann am dhuine air mo chuartachachadh le anmhainneachd; bha deallachadh ri mo mhnaoidh agus ri mo chlann òhochd, dhomh gu minig anns an ionad so mar reubadh m'fheola bho mo chnàimhean, agus cha robh sin a mhain a chionn gu'n robh na tràdcair-ean mòra so ro ionmhuinn leam, ach mar an ceudna chionn gu'n tug mi gu minig a chum mo chuimhne cho liugha cruaidh-chas, truaighe, agus uireasbhuidh a bha coltach ri tighinn an caramh mo theaghlach bochd na'm be agus gu'm bithinn-sa air mo thoirt air falbh uapa; gu sòn-raichte mo leanabh bochd dall a bha ni bu

dlùithe do'm chridhe na càch gu léir. O ! smaointeachadh air a' chruaidh-chas, a shaoil leam fo 'n robh mo leanabh bochd dall gu dol, bhristeadh e mo chridhe 'na bhloidhibh.

328. An leinibh bhochd, arsa mise, ciod am bròn a tha choltas ort a bhi agad mar chrann-achar anns an t-saoghal so ! feumaidh tu a bhi air do bhualadh, déirc iarraidh, acras, fuachd, nochdachd, agus mìle truaighe fhulang, ged nach fuilig mis an dràsta do ghaoth an adhair séid-eadh ort. Ach fòs air dhomh mo smaointean a ghairm air an ais, thubhairt mi, feumaidh mi bhùr n-earbsa gu léir ri Dia, ged bhitheas a bhi g'ur fàgail a' dol tro m' fheadil. O ! chunnaic mi anns a' chòr ud, gu'n robh mi mar dhuine a bha spionadh a nuas a thaighe air ceann a mhnà agus a chloinne, gidheadh, arsa mise, feumaidh mi dheanamh, agus a sin chùimhnich mi air an dà mhart-bhaine a bha gu àirc Dhé a' ghiùlan gu dùthaich eile, agus a bha gu'n cuid laogh fhàgail air an cùl, 1 Sam. vi. 10.

329. Ach b'e an ni a rinn còmhnadh leam fo'n bhuaireadh so, iomadaidh smaointeachadh, agus ainmichidh mi gu sònraichte trì dhiù ann a' so, b'e cheud smaoin smaointeachadh air an dà sgriobtur so,—“Fàg do dhilleachdain, gleidhidh mise beò iad, agus cuireadh do bhantraichean an dòchas anamsa,” agus a rith-ist, “Thubhairt an Tighearna gu cinnteach éiridh gu math do t' iarmad ; gu cinnteach bheir mi air an nàmhaid a bhi bàigheil riut,

ann an àm na h-airc' agus ann an àm a chruaidh-chàis." Ier. xlix. 2; xv. 11.

330. Bha na smaointean so agam mar an ceudna, na'n earbainn na h-uile ri Dia, gu'n d'rinn mi cùmhnanta ris, e cùram a ghabhail de mo ghnothaichean, ach ma thréig mi e 'na shligheachan tre eagal trioblaid a dh'fhaodadh tighinn orm féin no air na bhuineadh dhomh, an sin cha deanainn ach a mhain m'aidmheil a bhreugachadh, ach a mheas mar an ceudna nach robh mo ghnothaichean cho tearainnte 'nam fàgainn iad aig casan Dé feadh a sheas mi dha agus air sgàth ainme, sa bhitheadh iad fo mo chùram féin, ged a b'ann le cùl a chuir ri ròidean Dé. Bha i so 'na smaoin ghoirt agus mar spuirean anm am chliathaich. Chuidich an sgriobtur so i mar an ceudna chum leantainn ni bu dlùithe rium, far am beil Criosd ag ùrnaigh an aghaidh Iudais, gu'n tugadh Dia air gu'n dìobradh a bhaireil e 'na smaointean féineil a rinn a bhrosnachadh a chum a mhaighistear a reic. Guidheam ort leugh gu fòil, an naoidheamh Sàlm thar a' cheud gu crìch, &c.

331. Bha smaoin eil' agam mar an ceudna, agus be sin eagal roì' uabhas ifrinn, ni a bha mi cinnteach a b' éigin dhaibh-san fhulang a thréigeadh le eagal na croise aidmheil Chriosd, a bhriathran agus a lagh anm an làthair chlann nan daoine, smaointich mi mar an ceudna, air a' ghìoir a dh'ullaich e dhaibh-san a rinn 'na chreideamh, 'na ghràdh agus le foighidinn

seasamh 'na ròidean 'nan làthair. Rinn na nithe so tha mi 'g ràdh còmhnadh leam 'nuair a rinn smaointean air an truaighe fo'n robh mi-féin agus na bhuineadh dhòmh buailteach air sgàth m' aidmheil, laidhe gu goirt air m'inntinn.

332. 'Nuair a smaointich mi da-rìreadh gu'm faodadh gu'm bithinn air m'fhògradh air son m' aidmheil an sin chùimhnich mi air an sgrìobtur so ;—“ Chlachadh iad, shàbhadh às a chéil' iad, bhuaireadh iad, chuireadh gu bàs iad leis a' chlaidheamh, chaidh iad mu'n cuairt 'nam *fògaraich*, ann an craicnibh chaorach agus ghobhar, ann an uireasbhuidh, ann an trioblaid ann an cràdh; dream air nach b'airidh an saoghal,” oir leis na h-uile ni a smaointich iad-san, bha iad ro olc gu còmhnaidh agus fantainn maille riu; smaointich mi mar an ceudna air na bhriathraibh so.—“ Gu'm beil an Spiorad Naomh' a' deanamh fianais annsgach baile, gu'm beil geimhlichean agus trioblaid a' feitheamh orm.” Shaoil mi gu deimhinn gu'n robh m'anam agus *na briathran sin* air uairibh a' co-reusonachadh mu thimchioll staid ghoirt mhuladach an fhuadaich agus an fhògraidh, mar a bha *fògaraich* buailteach do dh'acras, do dh'fhuachd, do ghabhadh, do nochdachd, do nàimhdean, agus do mhìle truaighe, agus fa-dheòigh gu'm faodadh gu'm bàsaicheadh iad ann an dìge mar chaora bhochd aonaranaich. Ach ta mi 'toirt buidheachas do Dhia, gu ruige so cha robh mi air mo ghluasad leis na co-reusonachaidhean sin a

b'anmhainne, ach is ann a rinn iad a roghainn air a sin mo chridhe ni b'fhearr a thaobh Dhé.

333. Innsidh mi dhuibh gnothach bìidheach; bha mi aon uair thar chàch uile ann an staid ro chianail agus iosal rè iomadh seachduin, aig an àm sin mar an ceudna cha robh mi ach ann am òg-phrìosanach agus gun eòlas agam air an lagh; bha so agam 'na laidhe gu trom air m'inntinn, gu'm faodadh mo phrìosanachadh crìochnachadh aig a' chroich, air son na bha dh'fhios agamsa, a nis uime sin chuir Sàtan gu cruaidh rium chum mo chridhe mheatachadh leis na smaointean so a chuir do'm ionnsaidh, "ach ciod, ma thig thu da-rìreadh gu bàsachadh, ma bhios tu anns a' chòr so, se sin nach taitneach leat nithe Dhé, agus nach bi dearbhadh sam bith agad mu staid ni's fearr an deigh so?" (oir gu dearbha aig an àm so bha uile nithe Dhé air am falach o m'anam.)

334. Uime sin 'nuair a thòisich mi air tùs air smaointeachadh air a se, bha e 'na mhòr thrioblaid dhomh; oir smaointich mi annam féin, anns a' chòr anns an robh mi nise nach robh mi uidheamaichte air son bàsachadh, ni mò a shaoil mi gu dearbha gu'm b'urrainn mi bàsachadh nam biodh iad air mo ghairm g'a ionnsaidh; osbarr smaointich mi annam féin 'nan deanainn spàirn éigheach gu dìreadh suas ann am fàradh na croiche fòs gu'n deannainn le balla-chrith no le gnè eile do chomharradh laigsinn, aobhar a thoirt do'n eas-caraid masladh a thoirt do shligh Dhé

agus da phobullair son an clagaireachd. Laidh so uime sin le mòr thrioblaid orm, oir air leam gu'n robh nàir orm bàsachadh le aodann bhàn-neulach agus le glùinean critheanach air son cùis' mar so.

335. Uime sin, ghuidh mi air Dia gu'n tugadh e comh-fhurtachd dhomh agus neart chum deanamh agus fulang mar a dh'iarradh esan orm a dheanamh: gidheadh cha tàinig comh-fhurtachd; ach bhunaich gach ni am falach; bha mi mar an ceudna aig an àm so cho dearbh làn do smaointean mu thimchioll a' bhàis, ionnas gur minig a bha mi mar gu'm bithinn anns an fhàradh agus tobha na croiche mu'm mhuineal, ach a mhain bha so 'na rud-eigin misnich dhomh shaoil mi nise gu'm faodadh cothrom a bhi agam air mo bhriathran deireannach a labhairt ris a' mhòr-shluagh a bha mi'n dùil a thigeadh g'am' fhaicinn a' bàsachadh, agus arsa mise, ma dh'fheumas a' chùis a bhi mar so, gu'n iompach Dia aon anam le mo bhriathraibh deireannach-sa cha mheas mi mi-féin air mo thilgeadh air falbh no cailte.

236. Ach fathast, bha uile nithe Dhé air an cumail ás mo làthair, agus lean am buaireadair mi leis a so;—"Ach c' àit' an éigin dut dol 'nuair a dh'eugas tu? Ciod a dh'éireas dut? C' àit' am bi thu air t'fhaotainn anns an t-saoghal eile? Ciod an dearbhadh a ta agad air nèamh, air glòir, agus air oighreachd 'nam measg-san a ta air an naomhachadh?" Bha mi air mo luasgadh mar so ré iomadh seachduin,

agus cha robh fhios agam ciod a dheanainn, fa-dhedigh thuit na smaointean so orm le cud-throm.—“Gur ann air son facail agus slighe Dhé a bha mi anns a’ chòr so,” uime sin bha mi fo chumhnanta gun mi dhol fad leud ròineig’ air m’ais uaithe.

337. Smaointich mi mar an ceudna gu’m faodadh Dia a ròghnachadh co-dhiù a bheireadh e comh-fhurtachd dhomh an dràsta no aig uair a’ bhàis, ach cha b’urrainn mis a ròghnachadh air son sin, co-dhiù a chumainn suas m’ aidmheil no nach cumadh, bha mise ceangailte, ach bha esan aig saorsainn a thoile féin; seadh be mo dhleasan-as fuireach ri fhacal-san co-dhiù a dh’amhairceadh e orm no thearnadh e mi aig a’ chrìch; uime sin, arsa mise, a thaobh gu’m beil a’ chùis mar so tha mi air son buanachadh air m’ aghaidh agus mo staid shìorruidh earbsa ri Criosd co-dhiù a bhitheas no nach bi comh-fhurtachd agam anns an t-saoghal so; mar a tig Dia leumaidh mi bharr fàradh na croiche sùil-chòmhdhaichte chum na sìorruidheachd co-dhiù as dol fodha no snàmh dhomh, do nèamh no do dh’ifrinn,—A Tighearn Iosa ma ghlacastu mi dean sin, ged nach glac, earbaidh mi riut air sgàth t’ainme féin.

338. Cha bu luaithe bha mi air mo cheangal leis an rùn-sheasach so na thuit na briathran so orm, “An ann a nasgaidh a tha eagal Dé air Iob?” mar gu’n abradh am fear-casaid;—“A Thighearna, cha n-eil Iob ’na dhuine coimhlionta agus dìreach, tha e a’ deanamh



séirbheis dhut air son a *bhuanachd féin*. nach do chuir thu gàradh mu'n cuairt air féin, agus mu'n cuairt air a thaigh? obair a làmh bheannaich thu agus dh'fhàs a mhaoin mòr san tìr; Ach cuir a nise mach do làmh agus bean ris gach nì a ta aige agus às an eudann mallaichidh e thu." Ciod a nise! arsa mise, an e so comharradh an duine thréidhirich, déidh a bhi aige air seirbheis a dheanamh do Dhia 'nuair a tha gach nì air a thoirt uaithe? Am beil e 'na dhuine diadhaidh a nì seirbheis do Dhia a nasgaidh a roghainn air toirt thairis? Gu ma beannaichte gu'n robh Dia, uime sin tha dòchas agam gu'm beil cridhe treidhireach agam, oir tha mi cuir romham (mar bheir Dia neart dhomh) gun m'aidmheil àicheadh am feast, ged nach biodh mi sam bith agam air son mo shaoithreach; agus am feagh a bha mi mar so a' smaointeach' bha'n sgriobtur so air a chuir ann am làthair;— "Reic thu do shluagh gu'n fhiach, agus cha do mheudaich thu *do mhaoin* le'n luach." Sàlm xliv. 12.

339. Bha m' *inntinn* làn comh-fhurtachd oir bha dòchas agam gu'n robh *mo chridhe* dileas, cha bhithinn as eugmhais na deuchainn no'n dearbhaidh so *orm féin* air son mòrain, tha mi 'faotainn suaimhneis na h-uile h-uair a chuimhnicheas mi air, agus tha dòchas agam gu'm beannaich mi Dia gu bràth air son an teagaisg a fhuair mi uaithe, b'urrainn mi iomadaidh eile do dhéiligidhean Dhé do'm

thaobh aithris. Ach so, “ás na cathaibh agus ás na creachaibh choisrig *mi tabhartais* a chàradh taigh’ an Tighearna.” 1 Eachd. xxvi. 27.

---

*An Co-dhùnadh.*

1. Do na h-uile buaireadh a choinnich mi riamh ann am bheatha, is e teagamh a chuir ann am bith Dhé agus ann am fìrinn a Shoisgeul is measa dhiubh, agus is deacaire ri ghiùlan, ’Nuair a thig am buaireadh, so bheir e air falbh uam mo chris-leasraidh, agus gluaisidh e na bunaidean fodham. O ! smaointich mi gu tric air na briathraibh so, “bidheadh bhur leasraidh air an crioslachadh le fìrinn,” agus air a so,— “Ma sgriosair na bunaidean, ciod a ni am fìrean?” Salm xi. 3.

2. Air uairibh an déigh dhomh peacadh a chuir an gnìomh, dh’amhairc mi air son smachdachadh goirt o làmhan Dé; ach b’e’n dearbh ath ni a fhuair mi uaithe an àite sin foillseachadh air a ghràs. Air uairibh, an uair a gheibhinn comh-fhurtachd, ghairm inn amadan diom-féin air son mi dhol sìos mar sud fo dhiobhail misnich, agus fo thrioblaid; agus sin a rithist ’nuair a bhithinn air mo thilgeadh sìos, shaoilinn nach robh mi glic air son comh-fhurtachd mar sud a ghabhail do’m ionnsaidh; le leithid sud do neart agus do chudthrom bha iad le chéile ormsa.

3. Bha'n ni so a' cur mòr iongantais orm ; a dh'aindeoin cho math is da'n d'fhiosraich Dia m'anam le foillseachadh beannaichte dhe féin, fòs fhuair mi rithist, gu'n robh uairean mar so do'm leanmhainn an déigh sin, gu'n robh mi air mo lionadh ann am inntinn le dòrchadas cho mòr is nach b'urrainn mi uibhir a's aon uair a thuigsinn ciod an ni a b'e Dia no 'n comh-fhurtachd sin leis an robh mi air mo neartachadh.

4. Chunnaic mi air uairibh ann an aon sreath do'n Bhìoball n'a bu mhò na b'urrainn domh innseadh cia mar a dh'fhaodainn seasamh fodha : agus a rithist aig àm eile, bha'm Bìoball uile dhomh mar mhaide tioram, no roghainn air a sin, bha mo chridhe cho marbh agus cho tioram dha is nach b'urrainn mi an t-aiteal bu lugha fhaotainn uaithe ged' sheallainn thairis air gu léir.

5. Do na h-uile h-eagal, is iad na h-eagail ta air an deanamh do dh'fhuil Chrìosd is fearr agus do na h-uile h-aoibhneas is e 'n t-aoibhneas is mìsle a ta air a cho-mheasgadh le bròn os ceann Chrìosd ; O ! is ciatach an ni sinn a bhi air ar glùinean le Chrìosd 'n-ar glacaibh ann an làthair Dhé. Tha dòchas agam gur aithne dhomh rud-eigin mu thimchioll nan nithe so.

6. Tha mi faotainn gus an latha an diugh seachd gràinealachdan ann am chridhe.—(1.) Claonadh a dh'ionnsaidh as-creideimh.—(2.)

An gràdh agus an tròcair a ta Criosd a' foill-seachadh a dhì-chuimhneachadh gu h-obann.—(3.) Mi bhi leagail mo thaic air obraichinn an lagha.—(4.) Seacharan agus fuaralachd a thaobh ùrnaigh.—(5.) Ullamh gu monmhor a dheanamh a chionn nach eil barrachd agam, agus fòs ullamh gu na th' agam a mhi-ghnàthachadh.—(6.) Cha n-urraim mi aon ni do na dh'àint Dia orm a dheanamh, gu'n mo thruaill-eachd a bhi ga sparradh féin a steach;—“'Nuair a b'àill leam math a dheanamh, tha olc a làth-làthair maille rium.”

Nan nithe so tha mi do ghnà a' faicinn agus a' faireachadh, agus tha mi air mo phianadh agus air mo shàrachadh leò, gidheadh tha gliocas Dé ga'n òrduchadh a chum mo mhatha.—(1.) Tha iad a' toirt orm gràin a ghabhail diom-féin.—(2.) Tha iad a' toirt orm gun earbsa chuir á mo chridhe.—(3.) Tha iad a' toirt dearbhachd dhomh air neo-fhoghainteachd gach féin-fhìreantachd.—(4.) Tha iad a' leigeadh ris domh am feum a ta agam air teicheadh gu Iosa.—(5.) Tha iad ga mo theann-sparradh gu ùrnaigh a dheanamh ri Dia.—(6.) Tha iad a nochdadh dhomh am feum a ta agam air faire dheanamh agus a bhi stuaim.—(7.) Agus ga mo bhrosnachadh gu achanaich ri Dia tre Criosd a chum còmhnaidh leam agus mo ghiùlan trid an t-saoghail so.

*Eachdraidh Beatha Iain Bhunian air a lean-  
tinn air a h-aghaidh; a' tòiseachadh far an  
do sguir e-féin d'i, agus a' co-dhùnadh aig àm  
a bhàis agus adhlaicidh; maille ri dearbh-  
chliù [no cunntas] mu thimchioll, &c.*

#### A LEUGHADAIR,

THUG ùghdar saothreach agus dìchiollach an leabhair so dhut cheana, cunntas drùiteach mu dhéibhinn tùs agus meadhon lathaichean a chuairt air thalamh; agus a chionn gu'm beil rud-eigin fathast r'a aithris a ta airidh air aire agus spéis, a thachair aig deireadh a bheatha nach d'fhàg e-féin 'na dhéigh sgrìobhte le cion ùine, no le eagal gu'n cuireadh cud-eigin ro-thuaileiseach as a leth gu'n robh e ro dhéidheil air cliù bho dhaoine. Uime sin mar fhìor charaid agus seann fhear-eòlais do dh'Iain Buinian, a chum gu'm bi a dheagh chrìoch air a deanamh aithnichte cho math ri dhroch thòiseachadh, ghabh mi orm o'm fhiosrachadh féin agus o'n chunntas a b'fhearr agus a b' fhìrinneiche a fhuair mi bho chuid eile de a chàirdean, so a shnaimheadh ris an t-snàithean a bha gu ro luath air a bhriseadh, agus a shniomh a mach gu ruig a dhol a steach do shìorruidheachd.

Dh'innis e-féin dhuibh cheana, gach mi mu thimchioll a bhreith agus fhòghlum, droch cleachdadh agus truailleachd òige, na buairidhean ris an robh e cho tric a' gleachd, agus a'

comhstrigh ; an tròcair, an comh-fhurtachd, agus an teisriginn a fhuair e, agus mar a ghabh e air féin tòiseachadh air searmonachadh an t-Soisgeil, an sgaineal am mi-chliù, agus am prìosanachadh a bha ga leanmhainn, agus an dol air aghart a rinn e a dh'aindeoin gach ni, (le còmhnaidh gràis Dé,) cha n-eil teagamh a chum iomadh anam a theàrnadh. Uime sin, gabh na nithe so, mar a sgrìobh e-féin gu h-eagarra sìos iad ann an briathraibh na fìrinn, agus mar sin rach air t'aghaidh chum na tha fathast ri aithris.

An déigh dha 'bhi air a shaoradh o phrìosan anns an robh e air a chumail tuilleadh as dà bhliadhna dheug air son neo-aontachd [*do'n Eaglais Shasunnaich,*] far an d'fhuair e ùin' gu iomadh leabhar a sgrìobhadh a chum math an t-sluagh, &c. agus an *t-Olla Barlo*, Easbuig *Lincoln*, agus pearsachan-eaglais eile a dhùsgadh suas le dheagh fhoighidean gu truas a ghabhail ri fhulangas gun aobhar, sheas iad dha mar chàirdean dealaidh a chum a shaorsainn a' chosnadh, oir theagamh gu'm bàsaicheadh e ann an sin le gleadhraich agus mi-ghnàthachadh an àite.

Air dha a bhi mise, tha mi' g'ràdh, a rithist aig saorsa, agus a gheimhleichean corporra a chrathadh dheth tre thròcair Dé, oir bha na geimhlichean a bha air anam air am briseadh roimhe sin, leis na gràsan pailte a lion a chridhe ; chaidh e dh'fhiosrachadh na muinntir sin a bha

'nan comh-fhurtachd dha 'na thrioblaid a' toirt buidheachais daibh mar chriosdaidh air son an caoimhneis agus an seirc; a' toirt misneach dhaibh tre eiseamplair féin, nam be 'n crannachar aig àm sam bith tuiteam fo àmhghar no trioblaid, iad a dh'fhulang gu foighidneach air sgàth deagh chogais agus air ghaol Dé ann an Iosa Criosd a thaobh an anma; agus le iomadh dian-earrail chàirdeil eile, a' cumail suas cuid aig an robh an inntinnean air tuiteam sìos le eagal a' chunnairt a bha maoidheadh air an gnothaichean saoghalta, ionnas gu'n d'fhuair am pobull sòlas iongantach o theagasg agus o chomhairlean.

Cho tric 'sa gheibheadh e cothrom cho-chruinnicheadh se iad r'a chéile, (ged a bha 'n lagh anns an àm sin 'na neart an aghaidh choinneamhan cràbhaidh,) ann an ionadan iomchuidh, da'm beathaichadh le "baine fìorghlan an fhacail" a chum gu'n fàsadh iad suas ann an gràs leis. Dhaibh-san a bh' aig àm sam bith air an glacadh agus air an cuir am prìosan air son nan cùisean so, rinn se e 'na earrann eile dhe a ghnòthach a sheirc a chuir am farsuinneachd agus déire a thrusadh do cho liugha dhiù sa bha 'n uireasbhuidh.

Ghabh e mòr chùram ann a bhi fiosrachadh muinntir thinn agus an neartachadh an aghaidh cagarsnaich a' bhuaireadair a ta air uairibh gu ro mhinig, air chòr is gu'n robh aobhar ac' air Dia a bheannachadh gu sìorruidh, air son an ni sin

a chur 'na chridhe aig a leithid do dh'àm, a chum an teasraiginn o chumhachd an leòghain bheucaich leis bu mhiann an slugadh suas: ni mò a chaomhain e a shaothair a thaobh coiseachd, no siubhail; ged a b'ann a chum nan dùthchannan a b'iomallaiche, far am fiosraicheadh, no far an smaointicheadh e sluagh a bhi gabhail còmhnaidh a bha feumach air a chobhair; a thaobh nan cuairtean fiosrachaidh so a thug e 'nam measg, uair no dhà sa bhliadhna, thug cuid-eigin ged a b'ann mar sgèig, "Easbuig Buinian," mar ainm air, 'nuair a ghabh cuid eile fàirmead ris air son a bhi cho dian-shaoithreach ann am fion-lios Chrìosd; gidheadh chuir e sìol an fhacail rè na h-ùine sin ann an cridheachan a' cho thionail air uisgeachadh le gràs Dé, a' toirt pailteas toraidh ann an toirt a staigh dheisciobail gu Eaglais Chrìosd.

Chaith e cuibhrionn de ùin' a' réiteachadh aimhritean, no deanamh réite eadar muinntir a bha cur a mach air a chéile, ni leis an do chuir e stad air iomadh lochd, agus leis an do chùm e iomadh teaghlach o bhi air an léir-chreach, no air an sgrios, agus ann an cùisean mar so bha e do ghnà a' saothreachadh gus am faigheadh e meadhon gu sìth a thoirt mu'n cuairt, agus a bhi na fhear-deanamh na sìthe, neach do 'm beil sonas air a ghealltainn anns an Sgrìobtur naomha; agus gu dearbha b'ann a' cur na dreuchda so an gnìomh, faodar a ràdh, a bha e 'nuair a dh'àireamh e suas a lathaichean, oir



be gnìomh dhiù sin, an obair ma dheireadh a ghabh e os-làimh anns an t-saoghal so, mar a chithear aig deireadh an leabhair so.

Ri linn riaghladh deireannach Rìgh Seumas, 'nuair a fhuair am pobull do gach creideamh agus creud saorsa cogais, [‘se sin a bhi ‘g aidmheil a’ chreidimh sin bu ròghnaiche leo,] cho-chrunnaich Iain Buinian ri chéile a cho-thional ann am *Bedford*, far an robh e mar bu tric a’ chòmhnaidh, agus far an do chuir e seachad a’ chuid bu mhò de a bheatha, agus a thaobh nach robh àite goireasach ann ri fhaotainn air son co-thional sluaigh cho mòr sa bha ga leantainn-sa air sgàth a theagaisg, labhair e riu mu thimchioll taigh-coinneamh a thogail, agus thug gach neach seachad a chuideachadh féin, a chum na crìche sin gu suilbhear, sunntach ; agus aig a’ cheud uair a shearmonaich e anns an taigh sin bha e air a lionadh cho dòmhail ‘s gu’m b’éigin do chuid fuireach a muigh ged a bha ‘n taigh glè fharsuinn, na h-uile neach a bha do’n aon aidmheil ris féin, a’ strìgh air son compairteachadh dheth a theagasg, agus an deagh-ghean a thaisbeanadh dha le bhi làthair aig ceud fhosgladh an taighe ; agus anns an àite so ghabh e còmhnaidh ann am mòr shuaimhneas agus, shìth inntinn, ga dheanamh féin teangeil, toilichte, leis a’ bheagan sin a bhuilich Dia air, ga dhealachadh féin o gach obair thalmhaidh chum i sin a bhuineadh da ghairm a dh’ionnsaidh na ministearachd a

leanmhainn, oir mar a thuir an Tighearna ri Maois ;—“ Is comasach dhasan a rinn am beul agus an cridhe, deas-chainnt agus gliocas a thoirt seachad ;” gun fhòghlum ro anabarrach ionnsachadh ’san àrd- thaigh-fòghlum.

’Nuair a bhiodh e aig socair gun a bhi sgrìobhadh no teagasg rachadh e gu minig suas do Lunndainn, agus rachadh e air feadh cho-chruinnichidhean luchd-àicheadh eaglaise suidhichte *Shasuinn* agus ghnàthaicheadh ea thàlant an a bha gu ro-thaitneach le ’luchd-éisdeachd agus eadhon cuid a fhuair mi-theist mu thimchioll a thaobh a bheag ionnsachaidh, bha iad dearbht’ ás a luach a thaobh eòlais air nithibh naomha, air faicinn daibh gu’n robh e ’na dhuine ag an robh breithneachadh fallain a’ labhairt gu soilleir agus gu cumhachdach, ionnas, is cuid a thàinig mar luchd-amhairc air son annais, a roghainn air a bhi air an teagasg agus air an ath-leasachadh, gu’n d’fhalbh iad làn-riaraichte leis na chual’ iad, a’ gabhail iongantais mar bha na h-Iùdhaich ris na h-abstoil ; *se sin ri ràdh* “ cia as a fhuair an duine so na nithe so.” Mar so chaith e a bhliadhnachan deireannach a’ leanmhainn eiseamplair a mhòr Thriath agus a Mhaighistear an t-Iosa sìor bheannaichte ; chaidh e mu’n cuairt a’ deanamh matha, ionnas nach b’urrainn, eadhon, mi-rùn féin sàl no ball-dubh fhaotainn air a dheagh-chliù.—Ach dlùthaicheamaid ri pùngaibh sònraichte, agus àmannan aimsir, a chum meoghair na h-aiteam

sin d'a'n eòl a shaothair agus fhulanghas ath-ùrnachadh, agus a chum taitneas na h-aiteam sin gu léir a leughas an leabhar so.

An deigh dha dearbhadh soilleir fhaotainn air staid aingidh a bheatha agus a ghiùlain, agus a chaidh iompachadh o dhorchadas gu solus, chaidh a bhaisteadh a chum a cho-thionail, agus bha e air a ghabhail a steach 'na bhall do'n eaglais sa' bhliadhna 1655, agus dh'fhàs e gu h-obann 'na fhear-aidmheil fìor eudmhor, ach aig ath-aiseadh Rìgh Tearlach a chum a' chrùin anns a' bhliadhna 1660, cnaidh a ghlacadh air an dara latha deug do cheud mhìos a' Gheamhraidh, air dha a bhi teagasg cuid do dheagh phobull a thàinig an ceann a' chéille chum éisd-eachd an fhacail, agus chaidh a chumail a steach ann am Prìosan *Bhedford* rè shè bliadhna, gus an robh achd saoraidh an t-sluaigh a dhealaich ris an eaglais shuidhichte air a thoirt mu'n cuairt; fhuair e a shaorsa le eadar-ghuidhe luchd-earbsa' agus cumhachd a ghabh mòr thruas ri fhulangas; ach aig ceann shé bliadhna an deigh sin, bha e air a ghlacadh a rithist anns a' bhliadhna 1666, agus bha e an sin air a chumail a steach fad shé bliadhna eile; an sin ghabh fear-gleidhidh a' phrìosain a leithid do thruas ri chruaidh fhulangas, air chòr is gu'n do bhuin e ris mar rinn fear-gleidhidh a' phrìosain Eiphitich ri Ioseph; chuir e an t-uile chùram agus an earbsa 'na lamhaibh. 'Nuair a chaidh a ghlacadh aig an àm so, bha e a' searmonachadh

air na briathraibh so :—“ Am beil thusa a’ creidsinn ann am Mac Dhé ?” Agus mhair am phrìosanachadh so ré shé bliadhna, agus an uair a chaidh iad sin seachad, thuit àmhghar eile gu chuibhrionn, a bhi air a chumail ann am prìosan fad leth-bhliadhna eile an deigh sin. Rè nan caochla àmannan so a bha e air a chumail am prìosan sgrìobh e na leabhraichean so a leanas ; —“ MU THIMCHIOILL URNAIGH TRE ’N SPIORAD ;” —“ AISÉIRIGH NA CATHRACH NAOMHA ;” —“ GRAS AM PAILTEAS ;” —agus “CUAIRT AN EILTHIRICH ;” an ceud earrann.

Air a’ bhliadhna mu dheireadh do’n dà bhliadhna dheug a bha e anns a’ phrìosan chaochail ministear co-thionail *Bhedford* agus chaidh esan a rógnachadh a chum cùram nan anmannan sin a ghabhail, air an dara latha deug do mhìos mheadhonach a Gheamraidh, sa’ bhliadhna 1671. Feadh a bha e fo’n chùram so bu mhinig a bha connsachadh eadar e-féin agus sgoileirean a thàinig a chuir ’na aghaidh a’ smaointeachadh gu’n robh e ’na dhuine aineolach ; agus ged nach do rinn e ach connsachadh dìreach, no réidh, le sgrìobtur air a thaobh, gun bhriathran dian-chiallach sam bith eile a ghnàthachadh, gidheadh, chuir e ’na thòst fear a thòisich air diosbaireachd ris anns a’ cho-thional le fheòraich, “co dhiù a bha, no nach robh na fìor leabhraichead do na ceud Sgrìobturaibh againn ;” agus fear eile a fhuair coire dha ’na shearmoin a’ cur neo-sheircealachd às a leth, air son e ràdh ;

“ gu'm bu chruaidh an ni do'n chuid mhòr do'n t-sluagh a bhi air an teàrnadh :”—ag ràdh, gu'n tuirt e anns na briathraibh sin, a' chuid bu mhò do'n cho-thional ; ach chonnsaich e 'na aghaidh agus chuir e 'na thòst e le sàmhla an talmhuinn chlachaich, agus le Sgriobturaibh eile o'n treas caibidil deug do Shoisgeil Mhata, ann an sear-moin ar Slànaighear as an luing. B'e sheòl dearbhaidh leantainn dlù ris na Sgriobturaibh, agus an ni nach dh'fhuair e air a dheanamh cinnteach anna sin, cha'n fheuchadh e idir r'a chòmhdachadh, no beachd sam bith a thoirt-seachad mu thimchioll.

Ach gun a bhi toirt luaidh ni's faide air a leithid so, tha e 'na ni dearbhte gu'n d'rinn e uile ghnòthaichean le riaghailt cho ceart, mar gu'm biodh e 'na chùram air thar gach ni eile nach tugadh eaobhar oilbheum do neach sam bith, ach a roghainn air a sin gu'm b'annsa leis iomadh anacothrom fhulang na tòiseachadh ri trod no ri càineadh, ach 's ann a bheireadh e achmhasan daibh-san a bha buailteach da leithid ; mar a bha e 'na choludair a's ambail a ta e air a leigeil ris anns na leabhraichean sin a chuir a mach ann an làthair an t-saoghail.

Chùm e suas 'na theaghlach cràbhadh lathail le teann ùmblachd do dh' oilean na diadhachd, a thaobh ùrnaigh agus chomhairlean ; air dha a bhi coltach ri Iosua, mar thubhairt an duine caomh sin ;— *Cia be air bith mar a ni muinntir eile* “ air mo shonsa agus air son mo thaighe, ni

sinne seirbheis do'n Tighearna," agus gu dearbha bha beannachd a' leanmhainn a shaoithreach agus a dhìchill, ionnas gu'n robh a bhean mar a thubhairt an Sàlmadair,—“mar fhionan tarbhach ri taobhan a thaighe a chlann mar òg chroinn ola timchioll a bhùird; feuch mar so beannaichear an duine air am bì eagal an Tighearna.” Agus ged nach robh a mhaoin shaoghalta ro mhòr a thaobh na calldach a thàinig 'na charamh o chuir am prìosan, agus euslaintean cosgail, &c. bha ni bu leòir aig chum a thoirt troimhe gu h-eireachdail agus gu measail, agus mar sin shealbhaich e an t-ionmhas sin, ni is e toileachas-inntinn; oir mar a thuir an duine glice,—“Is cùirm a ghnà an cridhe äit,” (Gnà. xv. 15.) oir, far am beil toileachas-inntinn a chòmhnaidh tha eadhon an bothan bochd mar lù-chairt rìgh, agus bha 'n sonas so aige-san rè a bheatha, gun a bhi gabhail ro-chùram do'n t-saoghal so, air dha fios a bhi aige gu'n robh e bhos an so mar fhear-cuairt agus mar choigreach, agus nach robh aige baile buan no maireannach air thalamh; oir bha sùil aige ri baile nach do thogadh le làmhaibh, sìorruidh anns na nèamhaibh is ro-àirde.

Ach fa dheireadh air dha a bhi air a chaith-eadh ás le fulangas, sean aois, agus gnà theagasg, thàinig lathaichean a chaochlaidh am fagus; agus rinn am bàs a chuireas prìosan an anma fa-sgaoil a chum a mheudachadh air son

aitreabh is ro ghlòrmhoire, stad a chuir air a shaothair ann an ionad na bàsmhorachd so air thalamh ; tha nèamh mar phrionnsaibh saogh-alta 'nuair a ta cogadh a' maoidheadh tòiseachadh, do ghnà cho bàigheil is gu'n gairm e dhachaigh a thosgairean, mu'm bris an cogadh sin a mach. Agus eadhon be an gnìomh mu dheireadh a rinn esan obair ghràidh agus sheirce ; oir thàrladh do dhuin-ualas bu choimhearsnach do dh'Iain Buinian diùmadh athar a chosnadh agus bha'n t-òganach fo mhòr thrioblaid da chionn, a thaobh gu'n cual' e gu'n robh athair a' dol a thoirt na h-oighreachd a bha dligheach dha do neach eile, air son mar thàinig eatorra ; uime sin shònraich an t-òganach Iain Buinian mar an duine a b'iomchuidh a chum athar a réiteachadh ris, agus ghabh Iain Buinian, a bha toileach gach math a b'urrainn e dheanamh, sin os-làimh, agus mharcaich e suas gu baile do'm b'ainn *Reading* ann an *Siorramachd-Bheirc* far an robh athair an òganach a' chòmhnaidh, agus ghnàthaich a leithid do dh'argamaidean drùidhteach, agus do reusonachadh an aghaidh féirge agus lasain, agus air taobh cathranais agus réite, ionnas gu'n robh an t-athair air a réiteachadh ris a' mhac le innidh agus tàirisneachd.

Ach 'nuair a shocraich Iain Buinian gach ni a b'fhearr air son réite chuir air dòigh, phill e air ais do Lunnainn, agus air do dh'aimsir fhliuch le trom fhrasan a bhi aige fad a thuiris thàinig e gu thaigh-cairtealan anabarrach fliuch, fuar, agus

dh'fhàs e gu tinn le fiabhras trom fo'n d'fhuilig e le m' r bhunailteachd agus fhoighidinn, a' labhairt mar nach biodh e 'g iarraidh ni sam bith ach caochladh, agus a bhi maille ri Criosd a' meas bàis anns a' chör sin 'na bhuannachd, agus beatha 'na h-uallach; agus air dha a bhi mothachadh neart bhall na beatha ga thréigsinn, shochraich e inntinn agus a ghnathaichean cho math sa cheadaicheadh giorrad ùime agus braisead a thinnis da sin a dheanamh; le foighidinn sheasmhach agus chriosdail, agus thiomnainn e suas anam ann an làmhan Fhir-saoraidh ghràs-mhoir a' buanachadh air aghaidh 'na eilthireachd o Bhaile-an-léir-sgrios, a chum an Nuaidh-Irusalem; bha anam do ghnà an sin, ri naomh smaointeachadh, a' plogartaich agus ag analadh an déidh air a' mhana fhalaichte, agus air uisge na beatha. Dheug e ann an taigh duine do'n goirte *Maighstir Straddock* ceannaich bha cumail bùth' aig combarradh na réillt' air *Cnoc-an-t-sneachd* ann an sgìreachd *Naoimh Sephulchres*, an Lunnainn, air an dara latha deug do cheud mhìos an Fhogair, sa' bhliadhna 1668, an deigh tinnis dheich latha, aig aois thrì fichead bliadhna; agus chaidh a thiodhlaicheadh anns an réilig ùir, fagus do thalamh nan gunnaichean mòra, far am beil e 'na chadal gu madainn na h-aiséirigh, a' feitheamh ri dùsgadh glòrmhor a chum neo-bhasmhorachd gun truailleachd; an aoibhneis agus an t-sonais, far nach cuir trioblaid no bròn càmpair air ni's mò, agus



far am bi na h-uile deur air an siabadh air falbh, 'nuair a bhitheas na fireanan air an aonadh ri chéile mar bhuill do Chrìosd an ceannard, agus a rìghicheas iad maille ris mar rìghribh agus mar shagartaibh gu sìorruidh !

---

TEIST AGUS TUAIRISGEUL IAIN BHUINIAN.

SHAOILTE bho choltas a ghnùise, gu'n robh e do nàdur gruamach neo-thairis, ach bha e 'na chòmhradh ciùin agus suairce, gun a bhi buailteach do mhòran bruidhne no conaltraidh am measg cuideachd ; mar a biodh fìor aobhar aig' air a shon, a' toirt fainear do ghnà gun uaill a dheanamh às féin, no á phàirtean ach ag amharc iosal 'na shealladh féin, ga leigeadh féin fo bhreitheanas dhaoine eile, a' seachnadh bhreug agus mhionnan le gràin ; a' cumail ri fhacal gu pungail cho fad' sa b'urrainn e, neo-dhioghaltach, déidheil air réite, agus air sìth ; agus a bhi ann an càirdeas ris na h-uile duine. Bha shùil geur, luaineach, agus romhath gu daoine bhreithneachadh, glé thuigseach agus ullamh 'na fhreagairt ; agus air uairibh 'na dheagh fhear-cuideachd.— Bha e àrd 'na phearsa, ged nach robh e trom no

dòmhair, rud-eigin ruiteach 'na ghnùis, 'sa shùil-ean dealrach, le feusag fhada air a bheul-uachd-air, mar bu nòs do na seanna Bhreatuinnich, bha fhalt ruadh, ach 'na lathaichean deireannach bha e air a cho-mheasgachadh le ròineagan liatha ; a shròn air a deagh shuidheachadh, gun a bhi togte suas no cròm, a bheul rud-eigin mòr, a bhathais rud-eigin àrd, agus a thrusgan do ghnà neo-rìmheach, stuaim. Mar so thug sinn seachad tuaireisgeul neo-chlon-bhreitheadh air leth-a-steach, agus leth-a-mach duine a bha gu mòr air ionndrann, agus air a chaidh aig àm a bhàis,—duine a bhlais air fàilte, agus air gruaim aimsir ; nach robh air a shéideadh suas le saibhreas, no air air a leagadh sìos le daoibhreas, do ghnà a' gabhail an t-saoghail mar a thigeadh e gu taingeil, toilichte.

Ann-san dhealraich buadhan nan triùir fhiùgaidh mór,  
 Am bàrd, an seanachaidh, a's am firean còir,  
 Nis laidheadh e gu ciùin 'san ùir 'na chluain,  
 Gu Aiséirigh nan naomh, a dhùisgeas latha-ruaim.

## FATH-SGRIOBHADH.

'NA chuairt a so air thalamh rinn Dia a bheannachadh le ceithrear chloinne, agus bha aon diù da'm b'ainm Màiri, dall, agus chaochail i bliadhnachan roimhe féin, b'iad a chlann eile, Tòmas, Ioseph, agus Mòr; mhair a bhean Ealasaid, beò gus am fac' i e a' toirt buaidh thar a shaothair agus a bhròn, agus a' fàgail na beatha so gu duais a ghniomharran fhaotainn, ann am beath' is fearr, ach cha robh i fada beò 'na dhéigh; oir chaochail i anns a' bhliadhna 1692, i a chum a h-eilthireach dileas a leantainn o'n t-saoghal so a chum an t-saoghail eile, far an robh e air triall roimhe; feadh a tha obair maireann anns am beil trì fichead leabhar a chum an leughadair a theagasg suas, agus cliù an ùghdair.

## A' CHRÌOCH.





*Gaelic Books Sold by MacLachlan and Stewart,*

	<i>s.</i>	<i>d.</i>
Harp of Caledonia, Gaelic Songs, 32mo, <i>sewed</i> ,	0	3
History of Animals Named in the Bible, ... ..	0	6
History of Prince Charles, fcap. 8vo, <i>cloth</i> ,	3	0
Ditto ditto <i>cheap edition, sewed</i> ,	1	6
Jacobite Songs, with Portrait of Prince Charles,	1	0
James' Anxious Enquirer, 12mo, <i>sewed</i> ,	1	0
Joseph, Life of, by Macfarlane, 18mo, <i>cloth</i> ,	1	6
Joseph, History of, 18mo, <i>sewed</i> ,	0	4
Laoidhean Eadar-Theangaichte o'n Bheurla, 12mo. <i>cl.</i>	0	6
Lessons on the Shorter Catechism and the Holy Scriptures, by Forbes, 18mo, ... ..	0	4
M'Alpine's Gaelic Grammar, 12mo, <i>cloth</i> ,	1	6
M'Callum's History of the Church of Christ, 8vo,	4	0
... The Catholic or Universal Church, ... ..	0	6
Maccoll's Mountain Minstrel, Clarsach Nam Beann, 18mo, <i>cloth</i> , 1s. 6d. The same, English, ...	2	6
Macdonald's (Mac Mhaistir Alistir) Gaelic Songs, <i>(in the Press.)</i>		
Macdonald's (Rev. Dr) Gaelic Poems, 18mo, <i>cloth</i> ,	2	6
... Waters of Jordan, 18mo, <i>sewed</i> ,	0	2
M'Farlane's Manual of Devotion, 12mo, <i>bound</i> ,	2	0
M'Gregor's (Rev. Dr) Gaelic Poems, 18mo, <i>cloth</i> ,	0	8
M'Intyre's (Duncan Ban) Poems and Songs, with an English Translation of "Coire Cheathaich" and "Ben Dorain," 18mo, ... ..	2	0
M'Intyre (Rev. D.) on the Antiquity of the Gaelic Language (in English), ... ..	1	6
Mackay's (Rob Donn) Songs and Poems, 18mo,	2	6
Mackenzie's (A.) History of Scotland, Eachdraidh na H-Alba, 12mo, <i>cloth</i> ,	3	6
Mackenzie's Beauties of Gaelic Poetry, rl. 8vo. ...	12	0
... Gaelic Melodist, 32mo, ... ..	0	4
Macleod, Rev. Dr., Sermon on the Life of the late, by Rev. John Darroch, 8vo, <i>sewed</i> , 1s. for	0	6
M'Lauchlan's (Rev. Dr) Celtic Gleanings, or Notices of the History and Literature of the Scottish Gael (in English), fcap, 8vo, <i>cloth</i> ,	2	6
M'Naughton (Peter) on the Authenticity of the Poems of Ossian (in English), 8vo, ... ..	0	6

*Gaelic Books Sold by Maclachlan and Stewart,*

---

	<i>s.</i>	<i>d.</i>
Macneill's <i>Neniae</i> , and other Poems, <i>cloth</i> , ...	2	0
Macpherson's "Duanaire," a New Collection of Songs, &c., <i>never before published</i> , 18mo, <i>cl.</i>	2	0
Menzies' Collection of Gaelic Songs, 8vo, <i>cloth</i> ,	6	0
Mountain Songster, Collection of Original and Selected Gaelic Songs, <i>sewed</i> , 6d; <i>per dozen</i> ,	4	6
Munro's Gaelic Grammar, 18mo, <i>bound</i> , ... ..	4	0
... Gaelic Primer and Vocabulary, 12mo, ...	2	0
... Selection of Gaelic Songs, 32mo, ... ..	0	4
Ossian's Poems, revised by Dr M <sup>l</sup> Lauchlan, <i>cloth</i> ,	3	0
Peden's Two Sermons and Letters, 18mo, <i>sewed</i> ,	0	6
Philipps' Seven Common Faults, translated by Rev. H. Maccoll, 12mo, ... ..	1	6
Prayers and Admonitions, (series of six, large type,) in packets of 2 dozen, <i>sorted</i> , ... ..	0	6
Psalm Book, (General Assembly's Version), large type, 18mo, <i>bound</i> , <i>gilt edges</i> , ... ..	2	6
Do. do. 18mo, <i>cloth</i> , ... ..	1	0
Do. Smith's or Ross's, large type, 18mo, <i>bd.</i>	2	0
Do. Gaelic and English, on one page, ...	1	6
Ross's (William) Gaelic Songs, 18mo, <i>cloth</i> , ...	1	6
Sinner's (The) Friend, 12mo, <i>sewed</i> , ... ..	0	3
Sixteen Short Sermons, 12mo, <i>sewed</i> , ... ..	0	2
Smith's (Dr) Sean Dana, with English Translation and Notes, by C. S. Jerram, ... ..	2	6
Smith's Gaelic Psalms and Paraphrases, 18mo, ...	1	0
Sum of Saving Knowledge, 12mo, <i>sewed</i> ... ..	0	4
Thomson's (Dr) Sacramental Catechism, 18mo, <i>sewed</i> ,	0	2
The Seer: a Historical Tale of the Highlands of the 17th Century, ... ..	0	6
Watts' Divine Songs, with Cuts, ... ..	0	2
Whitfield's Sermons, 18mo, <i>sewed</i> , ... ..	1	0
Willison's Sacramental Catechism, 12mo, <i>sewed</i> ,	0	8
—		
New Testament for Schools, 12mo, <i>bound</i> , ...	1	0
Job to Ecclesiastes, (for the use of Schools), ...	0	2
Proverbs of Solomon, do. do. ...	0	2

BIBLES, TESTAMENTS, AND PSALM BOOKS,  
AT VARIOUS PRICES.

